



Saoghal Thormoid – Norman's World: Synopses and Transcripts

Norman Maclean in Conversation
with Gordon Wells, Sabhal Mòr Ostaig

Foreword by Professor Conchúr Ó Giollagàin,
University of the Highlands and Islands

June 2017

With funding support from the Soillse Small Research Fund



University of the
Highlands and Islands
Oilthigh na Gàidhealtachd
agus nan Eilean



Contents

Foreword.....	3
Introduction	5
Method	6
Acknowledgements.....	6
Synopses	7
Monday.....	7
Tuesday.....	7
Wednesday	7
Thursday.....	7
Friday	8
Transcripts.....	9
Monday: Sinnsireachd	9
Tuesday: Foghlam	18
Wednesday: Coimhearsnachdan	28
Thursday: Cruthachalachd	42
Friday: Gàidhlig	54

Foreword

Tormod MacGill-Eain is one of the most engaging and accomplished individuals to emerge out of Gaelic culture. His accomplishments encompass music, song, literary creativity, broadcasting, entertainment, and a talent for public engagement as a wit and multi-faceted raconteur. His talents and achievements are both a product of and a testament to the society and civilisation which fostered his exceptional personality. Tormod's generosity of spirit allows him to acknowledge how others, and his participation in collective culture, contributed to his development and successes, while at the same time not being unduly sentimental about their effect on his own frailties. His personal drive and varied gifts were destined to propel him into the public gaze. This did not always sit easily with the inner world he experienced.

He is famed for winning both the Bardic Crown and the Gold Medal at the same Mòd in 1967, while his piping and literary output have also been acknowledged by similar public acclaim. His various books: *Cùmhnantan* (1997), *Keino* (1999), *Dacha Mo Ghaoil* (2005), *Slaighearan* (2007), *The Leper's Bell: The Autobiography of a Changeling* (2009), and *Eavesdropping on Myself: An Outsider's Boyhood in Glasgow* (2015) demonstrate a perceptive and witty mind, as well as a capacity for different styles of narrative. The autobiographical aspects of his publications reveal a solitary honesty in how Tormod perceives and contends with personal fragility.

Tormod is the product of two geographies, urban and Highland; two languages, Gaelic and English; and two civilisations, the scholarly inheritance of Scottish modernity and Gaelic 'late-traditional' oral learning. He consciously fostered this marked duality in his identity and he honed it as an intellectual resource by which he could dissect and make sense of the world around him.

Looking to the future, this collection of authentic speech material covering the journey from traditional society to post-modernity through the eyes of an active participant and acute observer will be invaluable. Saoghal Thormoid comprises enthralling insights on this journey, and on the transformation of the bilingual condition during this period. Tormod's compelling perspective on the Gaels as a minority language group, and their relationship with the dominant linguistic culture mediated through English, is informed by a bicultural competence emanating from his urban and rural upbringing. These recordings will provide fruitful material for further ethnographic research on the experience of participating in various aspects of Gaelic culture over the past 7 or 8 decades.

Being raised as a Gael in Glasgow, Lochaber and Benbecula, he has cultivated a strong capacity for creative expression. His nuanced awareness of dialect, stylistic variation and turn of phrase give an air of ease to his communicative prowess. Tormod, in conjunction with Gordon Wells, deserves our gratitude for producing this valuable archive of speech. Given the contemporary fragile societal presence of Gaelic in Scotland today, generations to come will be grateful to Tormod for producing these narratives of aspects of his life and family history, investigations of personal and social identity, and his perceptions of the various social transformations which he has witnessed throughout his life. Saoghal Thormoid will prove to be a vital linguistic point of reference to those who wish to delve into a reflective and reflexive examination of Gaelic culture and its interaction with the dominant culture of English-speaking Scotland in the 20th and early 21st Centuries. Anyone who has had the pleasure to sit in Tormod's company and to engage him in conversation, will be struck by the linguistic assuredness in which he expresses himself both in Gaelic and in English. This

archive is both a celebration of Tormod's life and thoughts, as well as a linguistic and cultural inheritance for those who wish to listen to one of the greatest living exponents of natural Gaelic speech. Tormod's life is an acknowledgement of the cultural wealth of Gaelic society, and by virtue of this archive, he represents an ambassador to its future.

Conchúr Ó Giollagáin

Gaelic Research Professor, University of the Highlands and Islands

Introduction

On consecutive days in the last week of April 2016 Gordon Wells recorded a series of Gaelic conversations with famed writer and entertainer Norman Maclean, in which Norman spoke reflectively of his memories and impressions of Gaelic life in Glasgow and the Hebrides from the middle of the Twentieth Century up to the present day.

The five videos, ranging between 35 and 55 minutes in length, have been posted online. Word for word transcriptions are also available on Clilstore, enabling instant one-click vocabulary checking for Gaelic learners. All in all, there are 27,000 words and over three and a half hours of listening material in this collection, forming a unique new resource for serious study by learners and researchers.

Over the week the conversations ranged over a wide variety of topics, including potentially uncomfortable perceptions and depictions of identity. In broad terms, however, each day had a different central focus, as shown in the table below. The hyperlinks in the third column of the table will take online readers to relevant Island Voices pages. The Wordpress post gives a one-paragraph summary of the day's conversation, with onward links to the materials. The Clilstore link provides a full scrollable wordlinked transcript with embedded video. The YouTube link supplies the free-standing video alone without supplementary material.

The “Saoghal Thormoid” project is a collaboration between Soillse, the inter-university research partnership which funded the recordings through its Small Research Fund, and Guthan nan Eilean (Island Voices), the bilingual community project and archive which posts online video clips of Hebridean life and work. All recordings are free to access. The full body of work has also been incorporated into the Digital Archive of Scottish Gaelic at the University of Glasgow, through the Soillse partnership.

	Topic	Island Voices Links
Monday	Ancestry	Wordpress post Clilstore transcript YouTube video
Tuesday	Education	Wordpress post Clilstore transcript YouTube video
Wednesday	Communities	Wordpress post Clilstore transcript YouTube video
Thursday	Creativity	Wordpress post Clilstore transcript YouTube video
Friday	Gaelic	Wordpress post Clilstore transcript YouTube video

The main purpose of this document is to supply a printable copy of all the transcripts in the series, in cases where online access is not preferred, or is difficult or not available. A brief description of the project method and acknowledgements are given below, followed by short synopses of each day's conversation. These are followed by the transcripts themselves in the final section.

Method

After securing Norman’s agreement to take part in this project, Gordon visited him in his home to discuss the format and content of the recordings. During this discussion, they settled on a rough plan for the sessions – namely that they would aim to record for a maximum of one hour per day on consecutive days in the chosen week, and that each session would centre on a different topic. Gordon also supplied Norman with the list of topics they should try and cover and some probable questions, while at the same time stressing that Norman should not feel constrained by the list and should consider himself free to bring in additional issues or anecdotes wherever he felt it appropriate.

The recordings were made simultaneously on two different cameras (one on each speaker). The cameras were allowed to roll from the start of the session to the end without stopping. The material was then edited together to produce a finished product in which both interlocutors could be seen speaking in turn. During the editing process the opportunity was taken to delete a few sections – principally where Norman needed to take a rest or a drink of water, or if the session was interrupted, for example by visitors coming into the room while they were speaking. A small number of ‘cutaway’ shots was used in the editing process to minimise the visual impact of such interruptions.

On completion of the video editing, the conversations were transcribed verbatim by Gordon. These drafts were then checked by Soillse researcher Pàdruig Moireach. When the drafts were completed Gordon showed them to Norman, together with the video edits, in case he wished to make any changes. He was able to clear up any remaining transcription questions and approve the final versions.

Finally, the materials were placed online – with the videos being posted on the Island Voices YouTube channel, and the transcripts uploaded to Clilstore.

Acknowledgements

This project was supported by the Soillse Small Research Fund, without which it could not have been attempted. Gordon Wells would also like to record his thanks to a number of individuals who made special contributions. Pàdruig Moireach provided very valuable assistance and advice in checking the draft transcripts. The project owes its genesis to a suggestion by Professor Conchúr Ó Giollagáin, and he continued to offer essential support throughout its duration, culminating in writing the Foreword to this document. Finally, of course, a very special word of thanks is due to Norman himself, for his patience and understanding in accommodating this prolonged intrusion into his daily life and routine, and for his sheer stamina in regaling us all with his fascinating store of insights and tales, all beautifully expressed in a quality of Gaelic that nowadays is all too rarely heard. Taing mhòr mhòr, a Thormoid!

Views expressed by participants in Soillse research do not reflect any official opinion of the Soillse partnership.

Synopses

Monday

“Every Gael knows who he is.” Norman talks about his genealogy, on both sides of the family, and how these family networks played an important part in his early upbringing in Glasgow, Lochaber, and Benbecula. He has clear memories of his paternal grandfather teaching him songs, a man who himself won a prize for Gaelic singing at the Falkirk Tryst of 1878. His maternal grandmother, meanwhile, migrated to Glasgow from North Uist and never learned to speak English, functioning socially just within the Gaelic-speaking community of the Glasgow of that time. Norman reflects on how community relations were experienced from different perspectives in his childhood.

Tuesday

After offering some further thoughts on the dominant Catholic-Protestant divide in the Glasgow of his youth, Norman goes on to trace his educational journey, with customary vivid detail and illustrative anecdote, through primary schools in Lochaber, Benbecula and Glasgow, and on to Bellahouston Academy and Glasgow University. He discusses the constraints on, and the opportunities for, varied language choices he and others made in these contexts, within and outwith home and school environments, reflecting also on the Gàidheal-Gall relationship in Glasgow, and some of the wider educational choices he made at that time.

Wednesday

Norman describes and reflects upon changes he has witnessed in Gaelic community life over the years, both in Glasgow and in the Hebrides, highlighting some paradoxes and tensions. In former times geographical horizons may have been much closer in comparison with the global awareness and contacts modern connectivity enables, yet the latter may not lead to a sense of greater connectedness. He discusses how, while the Gaelic community in Glasgow may have tended to envisage itself, in his eyes, in a higher or somewhat exclusive position in relation to other Glaswegians, there was nonetheless a strongly felt imperative to acquire their language. Conversely, while young Gaels might be envied by their peers in some ways, they did not feel their language was respected by non-speakers, with apparent racial imprecations sometimes experienced. Lastly, in discussing how broadly the term “Gàidhealach” might be applied, he depicts in more detail the links and fissures, as he saw them, between Glasgow communities of Irish and Scottish Island/Highland extraction.

Thursday

Norman is invited to discuss his personal creativity as a teacher, writer, poet, musician, and comedian. He reflects on the varied influences of others, from backstreet singers to Billy Connolly, and discusses figures and trends in various art forms, and offers his opinions. He also recites a recently composed example of his own poetry, and other verses that have impressed him. In discussing how his bilingual background contributed to shaping his material, he also reflects on how commentators’ propensity to place performers in pigeonholing categories could result in narrow or distorting descriptions of his work, for example as a “Gaelic comedian”.

Friday

On the last day, Norman is invited to turn his thoughts specifically to Gaelic and its place in people's hearts and minds, and to Gaelic development efforts. Acknowledging the challenges the language faces in today's world, he reflects on the complex interplay and relationships between Gaelic and English, and on various ways in which bilingualism can be viewed. In emphasising its benefits he counsels against the dangers of a monolingual "English ghetto", colourfully invoking his own observations on the nomination campaign for the American presidential election. In contemplating bi-directional bilingualism he discusses the challenges of, and offers his own advice on, the learning of Gaelic and, in particular, the place of literacy. Finally, he relates the language issue back to the culture from which it springs, sharing personal thoughts on how his sense of belonging reinforces his sense of identity, and emphasising his own willingness and commitment to pass on his knowledge to others.

Transcripts

Monday: Sinnsireachd

GW 00.20

Ma thèid againn air rudeigin a dhèanamh eadar an-diugh is Dihaoine, dìreach bruidhinn mu dheidhinn na cuspairean air an robh sinn a' bruidhinn...

So, a' chiad rud, bha mi a' smaointinn, 's dòcha an-diugh, Diluain, nam b' urrainn dhuibh innse dhomh mu na h-antecedents agaibh mar gum biodh, a' tòiseachadh le cò leis sibh.

TM 00.45

Tha fhios aig a h-uile Gàidheal cò e. M' athair, 's e Niall Mòr, mac Iain Èoghainn Ruaidh à Cillmoluaig, Tiriodh. Maclean, a h-uile dàrna fear ann an Tiriodh 's e Maclean a th' orra. Ach sin mise air taobh m' athar. An gille aig Niall Mòr, mac Iain Èoghainn Ruaidh. Air taobh mo mhàthar, mo mhàthair Peigi Bheag, nighean Anna Bige. Nis 's e Anna Bheag a bha seo mo sheanmhair, 's i nighean Aonghais 'ic Iain Mhòir à Hacleit.

So, ach às a' Cheann a Tuath o chionn 's gun do phòs mo sheanmhair – 's e bànn Bhaoghlach a bh' inntse – phòs i fear às a' Cheann a Tuath, Tormod MacFhionghain an t-ainm a bh' air. Agus 's e m' ainm, 's e an t-ainm orm fhìn, Tormod. Tormod Ailein a chanar. So, mo mhàthair 's i nighean Anna Bige à Beinn na Faoghla, nighean Thormoid Ailein à Uibhist a Tuath, Cladach a' Bhaile Shear. Agus mise a' chiad ghille aca, a rugadh ann an Glaschu.

Agus chan eil fhios agam an robh mi fortanach no dè, ach nuair a thòisich an dàrna cogadh chaith mo sgiùrsadh suas gu bràthair mo sheanmhar, fear Seumas Mòr mac Aonghais 'ic Iain Mhòir, Baoghlach eile. Bha esan na chìobair aig Ceann Loch Arcaig, ag obair do Loch lall. Agus chuir i mise suas còmhla ris an teaghlach aige fhèin. Agus bha mi fhìn agus Crìsdean 's Murchadh, na gillean, bha sinn a' dol chun sgoile as lugha anns a' rioghachd – Sgoil an t-Srathan. Chuala mi dìreach bho chionn leth-bhliadhna gun deach an sgoil bheag a tha siud a leagail. Cha robh ann ach zinc, mullach zinc 's rudan mar sin.

Ach sin Srathan Academy, a' chiad sgoil dhan deach mi-fhìn. O chionn 's gun do dhùin an sgoil, o chionn 's gun deach an tè a bha – an tidsear a bh' againn, Miss Maclean – chaith i far a cinn, agus thàinig posse às Craig Dunain agus thugadh air falbh i, an truaghag. So, an uair sin, chaith mo chur a Bheinn na Faoghla an uair sin gu cousin dham mhàthair, Seumas Mhurchaidh, mac Aonghais 'ic Iain Mhòir. Seumas, agus bha esan ann an Grìminis, agus bha mi a' coimhead air aodann a mhic an-diugh fhèin. Benbecula Accordion and Fiddle Club, bha an DVD aca san Trianaid. Agus chunna mi Kenny Sheumais a' cluich a' bhocsa.

So, bha mi a' fuireach anns an teaghlach sin, agus 's ann an uair sin a chaith mi gu Sgoil Chnoc na Mònadh, Torlum Academy, no bha aig Iain...ri Iain... Iain, ars esan Torlum University.

So, bha mi an sin, chan eil fhios agam, bliadhna gu leth, dà bhliadhna. An uair sin thàinig Niall Mòr, m' athair, thàinig e air ais gu tir, a Ghlaschu, agus thàinig e suas, thàinig e gu ruige an t-Òban son mo thogail 's gam thoirt air ais a Ghlaschu. Agus mar sin an treas sgoil dhan deach mi, bun-sgoilean – Sgoil an t-Srathan, Sgoil Chnoc na Mònadh, an uair sin Bellahouston. Agus bha deuchainn aca an uair sin ris an canadh iad "qualifying examination", agus – oh, bha mi sgràthail fhèin math san sgoil, 's e

show-off a th' annam – agus fhuair mi bursary airson a dhol gu Hutcheson's Grammar no rudeigin, ach cha d' rachainn ann. 'S chùm mi orm agus chaidh mi gu Bellahouston Academy, agus, oh, cha do rinn mi dona.

GW 05.37

Ach, dìreach a' tionndadh air ais rud beag dhan teaghach agaibh, 's e Uibhistich air taobh ur màthar, ach Tiristich air taobh ur n-athar.

TM 05.53

Sin e. Ach, ann an dòigh – chionn 's gu robh m' athair aig muir – ghabh mise taobh bho na h-Uibhistich, thoradh bha mi a' cluinniann na stòrannan aig mo mhàthair, mu Chladach a' Bhaile Shear, is mu Chàirinis, agus mu Bheinn na Faoghlais mu Ghriminis, well, àite far an robh mo sheanmhair. Bha ise a' fuireach ann an – chan eil an t-àite ann – an t-seanmhuiilinn, gu math faisg air an eaglais ann an Grìminis, an eaglais Chaitligeach, an t-seanmhuiilinn. Bhon rathad ma thionndaidheas tu gu do làimh chlì chì thu an tobhta aig Aonghas mac Iain Mhòir.

So, mar sin, bha mi, mar gum biodh, air mo bhàthadh ann an stòrannan Uibhisteach. Cha robh mi ro eòlach air Tiriodh ann. Bhiodh mo mhàthair gam thoirt ann, gun teagamh.

GW 06.57

Ciamar a thachair iad ri chèile – bhur màthair agus bhur n-athair? An ann ann an Glaschu a thachair iad ri chèile?

TM 07.03

'S ann, 's ann. In fact, tha stòiridh co-cheangailte ri sin, a Ghòrdain. An uair ud, ann an Glaschu, 's e priomh àite nan Gàidheal an drochaid. Bhiodh iad a' coinneachadh aig an drochaid, agus an oidhche bha seo, 's e oidhche na Sàbaid a bh' ann, tha mi a' creidsinn, bha mo sheanmhair – bha taigh aice – 's e flat a chanadh iad an-diugh, ach 's e taigh a chanadh iad an uair sin – ann an tenement ann am Mair Street, ann am Plantation, ann an Glaschu, thoradh bha i a' feitheamh gun tigeadh an duine aice, Tormod Ailein, an Tuathach, gun tig e air tìr.

Co-dhiù, oidhche na Sàbaid a bha seo, choimhead i a-mach air an uinneag agus chunnaiic i an nighean aice, Peigi Bheag, agus i a' bruidhinn ri dithis, fireannaich mòr a bh' annta. So, bha a' chailleach cho nosy, ars ise, "Cò am fear mòr a bha siud ris an robh thu a' bruidhinn, muigh aig a' chorner ann an shin?"

"Oh," ars mo mhàthair, "'s e fear Maclean a th' ann. 'S ann à Tiriodh a tha e. Neil Maclean, an t-ainm a th' air. Tha e aig muir. Ach ged is ann à Tiriodh a tha e, bha e a' dol dhan sgoil ann an Loch nam Madadh."

"Oh," ars a' chailleach, "Nach e a chaidh air an astar airson foghlam fhaighinn!"

Ars mo mhàthair an uair sin, "No, no, 's e a bh' ann, fhuair athair (sin mo sheanair, Iain Èoghainn Ruaidh) fhuair e obair aig Taigh Òsta Loch nam Madadh." Bha e uabhasach math le eich, agus an obair a bh' aige, 's e a bhith a' toirt na h-uaislean timcheall air Uibhist a Tuath ann an gige le each.

Sin an obair a bh' aige. Chan eil fhios agam... dè an obair, ach... Agus m' athair, a' chiad sgoil dhan deach e, 's e sgoil Loch nam Madadh.

Ach, gu mì-fhortanach, chaidh mo sheanair, Iain Èòghainn Ruaidh, an Tiristeach, chaidh e a dh'obair gu MacAmhlaidh Mòr, ann an Cladach Chirceabost, agus bha e fhèin gu math crosta, agus bha iad a' sabaid latha air choireigin a thaobh beathach-eich a bh' aig MacAmhlaidh, agus shaoil e nach robh mo sheanair a' dèiligeadh leis a' bheathach tha seo – tha mi a' smaointinn gur e Arabian stallion a bh' ann – ro mhath. Agus thòisich iad air buillean agus chaidh Iain Èòghainn Ruaidh agus an gille beag, m' athair, chaidh an sgiùrsadh a-mach às Uibhist. Agus chaidh iad air ais a Thiriodh.

So, sin a bha mo mhàthair a' feuchainn ri ràdh. “S e fear dhe na daoine againn fhìn a th' ann, a mhàthair. Ged is ann à Tiriodh a tha e, chaidh e dhan sgoil ann an Loch nam Madadh.” Ars a' chailleach, cho aimseach, ars ise “Aidh, nach e a chaidh air an astar airson foghlam fhaighinn”. Gun robh e a' traveladh eadar Tiriodh agus Loch nam Madadh a h-uile latha airson a dhol dhan sgoil.

GW 10.30

So, an e beatha Gàidhealach a bh' aca, fiù 's ann an Glaschu?

TM 10.35

Oh, 's e, ann an Glaschu. Well, nach eil e neònach, 's e beath caran neònach a bh' agamsa. Broinn an taighe, 's e Gàidhlig a bha a' dol. Agus tha sin a' meanigeadh – na nàbaidhean, bha iad uile Gàidhealach. Bha tà timcheall a' chorner, Midlock Street, pal a b' fheàrr, tha mi smaointinn, aig mo mhàthair, tha, Màiri Fhraochain a chanadh iad rithe. 'S ann à Loch a Chàrnna a bha Fraochan fhèin. Uair dhen robh 'n saoghal tha mi a' smaointinn gur e harbour master a bh' ann ann an Loch Baghasdail. Ach bha Màiri, bha i pòsta aig fear ìleach, MacGibbon. Agus chòrd MacGibbon rium, bha e math gu seinn. Agus bhiodh mo mhàthair gam thoirt suas a chèilidh air Màiri, agus bhiodh am bodach a' seinn, gu h-àraidh ma bha dram aige.

Ach bha feadhainn às gach clobhsa timcheall, bha feadhainn Ghàidhealach ann. Na Martins, 's ann à ìle a bha iad. Na Smiths, 's ann à Leòdhas a bha iad, agus 's e “Miff” a bh' agamsa air a' chailleach. Bha i uabhasach laghach, agus bha triùir nighean aice, agus 's iad an fheadhainn a bha really laghach ri mo phiuthair. Agus bha fear eile ann sa ghang againn fhìn, an gille aig Anna an t-sealgair a chanadh iad, Macdonald, 's ann à Uibhist a Tuath a bha esan. Bha tòrr de Ghàidheil san oisean a bha siud – Sgitheanaich, Maclean, agus Leòdhasaich, Matheson a-rithist.

So, mar sin, broinn an taighe, 's e a' Ghàidhlig a bha a' dol. A-muigh – diofraichte, gu tur eadar-dhealaichte. Bha mar gum biodh – chanainn-sa gun robh deichnear de Thormodan timcheall an uair ud. Bu chòir dhomh Sybil a chur orm mar ainm – multiple personality. Bha cainnt nan gangsters, an fheadhainn a bha a' cluich còmhla rium. Bha sin agam. Bha a' Ghàidhlig agam a-staigh. Bhithinn ag atharrais air cainnt nan Leòdhasach bho chailleach “Miff”. Agus nuair a chaidh mi dhan sgoil ann an Glaschu, chanainn-sa gun robh modified demotic Glaswegian agam airson nan tidsearan. Mar a thuirt mi, 's e multiple personality a bh' annam.

Ach cha do shaoil mi dad dheth. Nis, seo an rud. Tha mi a' smaointinn, an latha an-diugh, tha daoine cho mionaideach a thaobh dè a' chainnt a chleachdas iad. Saoilidh mi gu bheil tòrr dhiubh, gu h-àraid aiseirigh na Gàidhlig a tha seo, tha iad a' saoilsinn nan cinn-eanchainn ma bhrùthas iad putan 's e a'

Għàidħlig a thig a-mach. Agus mura brùth iad am putan a tha seo 's e Beurla, mar as trice, a thig a-mach. Ach cha b' ann mar sin a bha, nuair a bha mise a' fàs an àird. Cha do shaoil mi, cha do shaoil mi. Gun a dhol ro dhomħainn a-steach do obair mo chinn-eanchainn – tha mi air a bhith a' leughadh rudeigin mu dheidhinn ceann-eanchainn agus smuaintean mar gum biodh – bha mise, mar a tha a huile duine eile, tha mi a' smaointinn – bha mi dhen bheachd gun robh am priomh oifis air choireigin air cùl mo chinn, a bhiodh a' toirt seachad òrduighean. "Bruidhinn Gàidħlig". "Bruidhinn Beurla".

Ach, mar a tha fhios agad – well ma leughas tu dad sam bith mu dheidhinn neuroscience – tuigidh tu gu bheil an ceann-eanchainn, tha e ag obair fad an t-siubhal gun fhiosta dhut. Neurons a' losgadha thall's a bhos. Ach nam bharail-sa chan ann mar a tha Dawkins idir, tha mi a' smaointinn. Tha esan dhen bheachd gu bheil a h-uile rud dìreach – chan eil fhios agad dè tha a' tachairt. Tha mise a' smaoineachadh gu bheil rud beag de shaorsa agam. Rud beag de shaorsa agam a nì suas, right, tòrr dhe na thig a-mach às mo bheul, chaidh sin a-mach gun fhiosta dhomh. Ach 's mi a tha a' tighinn chun cho-dhùnaidh gur e a' Għàidħlig a tha mi a' dol a bhruidhinn an ceartuair, agus air an ath mhios nuair a thèid mi gu Colonna san Eadailt, "Prego, signore, scusi", 's e Eadailts a bhruidhneas mi, agus cha bhi cus agam ri smaointeachadh ma dheidhinn. Tha e nas nàdarrache, o chionn nuair a bha mi beag bhithinn a' tionndadh, cha mhòr, ceithir tursan san uair.

GW 16.09

Dè mu dheidhinn bhur pàrantan ge-tà? An robh iadsan cho comhfurtail sa Bheurla, no bhur seanair no bhur seansmhair?

TM 16.17

Well, nach eil e neònach. Lean mise cleas mo mhàthar. Thachair an aon rud rithese. Chaidh a cur gu Cladach a' Bhaile Shear còmhla ri a h-uncail, bràthair mo sheanar, Aonghas Ailein MacPhionghain, Chladach a' Bhaile Shear. Agus chaidh i a Sgoil Chàirinis, ach, Tormod Ailein, a h-athair, agus mo sheanair, chaidh a bhàthadh san nèibhidh. Agus nuair a thachair sin, bha a' chailleach fhathast ann an Glaschu – seo Anna Bheag – dh'iarr i air mo mhàthair agus a bràthair – Tormod a bh' airsan cuideachd – a thighinn air ais a Ghlaschu. So chan eil fhios agam dè an aois a bha mo mhàthair an uair sin, 's dòcha na deugaire, bhiodh i mu thrì-deug no ceithir-deug, ach cho luath 's a ràinig i Glaschu bha i cho fileanta ann an Weegie. Agus chun latha a bhàsaich i 's e take on sgràthail a bh' innte. Nan cluinneadh tu Peigi Bheag a' bruidhinn Beurla, chanadh tu "och a wee Glesga woman, you know", agus an uair sin bheireadh i dhut sgleog, thionndaidheadh i gu Gàidħlig agus shaoileadh tu dìreach gun do ràinig i, gun do dh'fhàg i cidhe Loch nam Madadh an-dè.

Bha i uabhasach math air sin agus sin cleas a chleachd mi fìn nuair a bha mi a' dèanamh stand-up. Bhithinn a' tarraing às an luchd-èisteachd. Ge britħ ciamar a bha mi a' bruidhinn aig toiseach na hoidhche, tron oidhche bhithinn ag atharrachadh gu dubh. Bhithinn a' bruidhinn Gàidħlig no a' bruidhinn Fraingis no a' bruidhinn Weegie, Glaswegian, agus gheibheadh tu, gan cumail air an corri-biod, mar gum biodh.

So bha mo mhàthair uabhasach math air sin. An taca ri m' athair bha i gu math Gallda nuair a bha i a' bruidhinn Beurla. An taca ri m' athair bha i na bu Ghàidhealaiche a' bruidhinn Gàidħlig. Bha i cho tuathach, agus bhithinn-sa tarraing aiste "Na tuathaich, tha iad cho sgleogach." Sin am facial a bh'

againne am Beinn na Faoghla. Bha iad cho sgleogach air bruidhinn. 'S ann mar sin a bha mo mhàthair. Bha an dà chainnt gu tur eadar-dhealaichte.

Nis, m' athair, air an làimh eile, 's dòcha nach robh e cho math air a' Ghàidhlig. Bha e ga bruidhinn agus bha e ga tuigsinn. Ach, well, tha cuimhne agam aig Blìadh'n Ùr, bhiodh e a' bruidhinn, bhiodh a bhràthair Eòghainn, bhiodh esan a' tighinn le uisge-beatha, bhiodh m' athair a' feuchainn ri seinn "Lag nan Cruachan" 's bhiodh iadsan a' bruidhinn ann an Gàidhlig, ach chanainn-sa – 's dòcha gu bheil mi ceàrr, cò aige a tha fios – nach robh e cho comhfhurtail sa Ghàidhlig 's a bha mo mhàthair. Ach ann am Beurla bha e gu math Gàidhealach a' bruidhinn. Oh bha, dh'aithneachadh tu gur ann à Tiriodh a bha e. Bha e fhèin gu math sgleogach, 's bha glottal stops gu leòr ann. "Well, a' bhalaich, ciamar a tha thu?" Mar sin, so sin mar a bha iad.

GW 20.01

Agus a bheil cuimhne agaibh air Gàidhlig bhur seanmhair?

TM 20.05

Tha, tha cuimhne agam air an sin. Tha deagh chuimhne agam. Bhiodh mo mhàthair gam thoirt suas a choimhead air mo sheanmhair, agus chan eil fhios agam – well, chan urrainn dhut seo a ràdh, cha chreid mi gun robh Beurla idir aig mo sheanmhair. Cha robh, cha deach i dhan sgoil riamh. Mar a tha an sgeulachd a' dol, rugadh i ann am Bhàlaigh, Uibhist a Tuath. Tha mi a' smaointinn gun robh a h-athair, Aonghas mac Iain Mhòir a bha seo, 's e ciobair a bh' ann, gun robh esan ag obair ann am Bhàlaigh, ma dh'fhaoidte aig àm breith na h-uain no rudeigin. Ach rugadh mo sheanmhair ann am Bhàlaigh agus cha do bhodraig iad a cur dhan sgoil. Dè am feum a bha an sgoil a' dol a dhèanamh do bhoireannach? "Thalla a-staigh dhan chidsin, thalla a-staigh agus dèan nigheadaireachd."

Ach, 's e cailleach smart a bh' innte. But, thuirt mo mhàthair, an uair ud ann an Glaschu, cha ruigeadh i leas Beurla a bhith aice. Bha uiread de Ghàidheil timcheall oirre, agus bhiodh i – daoine a' bruidhinn mu dheidhinn Muslim isolation is gnothaichean – cha do rinn i oidhrip sam bith Beurla ionnsachadh. Bha nighean aice a sgriobhadh litrichean dhith – seo mo mhàthair. Chan e gur e Nobel prize-winner a bha nam mhàthair, ach, you know, bha comas sgrìobhaidh aice. Bhiodh ise a' sgriobhadh. Bha na gillean, Tormod is Seumas is Cailean – rachadh iadsan dha na bùithtean dhi airson biadh, agus, recreation mar a chanas iad, well rachadh i a thaigh a' Bharraich air Paisley Road, chan eil fhios agam cò am Barrach a bh' ann, air neo rachadh i aig Ciorstaidh Eachainn – 's e cailleach às a' cheann a tuath, 's i seanmhair Alasdair Gillies am piobaire, Ciorstaidh Eachainn – agus cho fad 's is aithne dhomhsa, och bha tòrr dhiubh ann an uair ud ann an Kinning Park agus Plantation so mar sin..

GW 22.36

So, 's e beatha gu tur Gàidhealach a bh' ann?

TM 22.40

Cha leigeadh i leas falal Beurla a bhith aice. Tha mi a' creidsinn gun tuigeadh i yes and no. But bha ise really Gàidhealach. Mo mhàthair, bha i dubh is geal, an dà chuid – Weegie, Uibhist a Tuath. M' athair, fhad 's is cuimhneach leam, cha robh e cho math air a' Ghàidhlig – well, 's dòcha gur e an rud

a bh' ann, bha mise na b' eòlaiche air cainnt nan Uibhisteach na bha mi air cainnt nan Tiristeach. But, cha robh esan cho..

GW 23.21

Ach bha ur seanair a' fuireach ann an Glaschu cuideachd, nach robh?

TM 23.25

No, air taobh m' athar? Iain Eòghainn Ruaidh an seinneadair. Thàinig e a dh'fhuireach còmhla rinn nuair a bhàsaich a bhean. Thug m' athair a-staigh e. Chan eil fhios agam dè cho fad 's a bha e còmhla rinn. Cha robh mise ach beag an uair sin.

GW 23.44

An e Gàidhlig a-mhàin a bhiodh aigesan?

TM 23.46

Oh, 's e Gàidhlig a bhiodh aigesan. Agus, 's e, tha mi a' creidsinn, a dh'fhosgail dorsan a' chiùil dhomhsa. Bhiodh e ag ionnsachadh mar a sheinninn. Agus nach eil e neònach. 'S ann dìreach o chionn ghoirid a thuig mi – na h-òrain a b' fheàrr leis a' bhodach – nis, seo fear a fhuair bonn airgid aig cruinneachadh na h-Eaglaise Brice. Bha cruinneachadh aca, Falkirk Tryst a chanadh iad ris. Agus bhiodh dròbhairean às gach àite a' cruinneachadh aig an Eaglais Bhreac a tha seo, Falkirk. Agus bhiodh farpaisean aca, agus 's e am bodach ann an 1878, tha am bonn aig a' bhean san Òban – "Awarded for original Gaelic song to J MacLean".

Bha esan math gu seinn, tha e coltach, ach na h-òrain a dh'ionnsaich e dhomhsa cha chluinn thu an-diugh iad ann. A' mhòr-chuid dhiubh, 's ann à lile a thàinig iad. Agus chan eil cuimhne aig daoine, 's chan eil diù aig daoine, cho math 's a bha na h-lìlich gu òrain a dhèanamh.

Ochòin, a Rìgh, gur e mi tha muladach,
Nach robh mi 'n lile 's mo rìbhinn lurach ann,
'S i thogadh m' inntinn le briodal cuireideach,
'S a dh'fhàg fo chìs mi mur till i tuilleadh rium.

An eilean uaine nan cluaintean glacagach,
A dh'fhàg mi gruagach a's uaisle cleachdaidhean;
Gur tric mi bruadar mo rùn bhith 'n taice rium,
Ach nuair nì mi dùsgadh mo rùn chan fhaicear leam.

Tha sin doirbh a bhalaich. Agus a' chiad òran a dh'ionnsaich mi riamh.

Och, och mar tha mi 's mi seo nam aonar,
Gur cianail dh'fhàg thu mi 'n dèidh do chòmhradh,
Mo chreach 's mo dhìobhail nach robh mi 'n lile,
'S mo chruinneag lileach a' dol ga phòsadh.

Cha chreid mi gu bheil duine air thalamh air fhàgail a-nis a sheinneas sin. Paul McCallum, 's dòcha, don't know.

GW 26.25

Tha na faclan agaibhse fhathast.

TM 26.27

Oh tha, tha, thoradh bha dòigh teagaisg a' bhodaich – bhithinn-sa, cha robh mi ach beag, eadar a dhà chas mar sin, agus bhiodh grèim aige air mo ghualainn, 's gam chrathadh "Ochòin, a rìgh, gur e mi..." Chan eil fios agam dè cho fad 's a chùm e air. Ach bha e a' còrdadh riumsa.

Agus a-rèir mo mhàthar, bha e gu math brònach a' fàgail Uibhist. Chòrd Uibhist a Tuath ris, uabhasach math. 'S e dìreach cruaidh fhortan gun deach e fhèin 's MacAmhlaidh Ruadh far a chèile. Bha e air fuireach an seo, well an Uibhist a Tuath, gu siorraidh. Ach co-dhiù, cha robh e an dàn dha.

So, sin agad Iain Èòghaninn Ruaidh, seinneadair, bodach laghach, agus Anna Bheag mo sheanmhair air an taobh eile. Chanadh tu gur e Sicilian matriarch a bh' innte. Bha i uabhasach dorcha sa chraiceann. Agus 's e an rud a bh' ann, agus lean e mo mhàthair cuideachd. 'S i a bu shine dhen teaghlach agus bha tòrr bhràithrean aice – boss lady. Boss lady, agus 's e an fheadhainn a bh' air fhàgail, na bràithrean, Alasdair is Aonghas agus Murchadh – sin an aon fhear a dh'fhan am Beinn na Faoghla, Murchadh – bhiodh i gam bossadh-san. Agus Murchadh a bha seo, sin agad athair Seumas Mhurchaidh, seanair Kenny Sheumais Mhurchaidh. Sin am Murchadh a bh' ann.

Co-dhiù tha mi a' dol far mo sgeòil. Bha mi fortanach leis na pàrantan agam. Bha mi gu math fortanach. Cha do thuig mi sin gus an robh mi nam dhuine mòr. Ach, nuair a bha mi beag, bha mi gu math fortanach. Ach, 's e an rud bu mhotha, 's e gun d' fhuaire mi blasad dhan Ghàidhlig, agus chan e rud mòr cudromach a bh' ann a bhith ga bruidhinn. Bha e dìreach gu math nàdarrach, agus chùm mi orm mar sin, 's mo mhàthair an aon rud.

Bha i ann an sheo. Bha i aig, dè chanas tu ris, Lachlann Phàdruig, cousin dhi, Lachlann Phàdruig. No, no, 's e màthair Lachlainn Phàdruig, Magaidh Lachlainn Bhig às na Ceallan, bha i fhèin agus mo mhàthair nan co-oghaichean, first cousins, so Lachlann 's e second cousin dhomhsa a bh' ann. Nis bha i ann nuair a rugadh am fear òg, Pàdruig, Pàdruig òg, fear a' bhocsa, agus bha i cho nàdarrach a' bruidhinn riutha-san. Bha i gu math èibhinn, mo mhàthair, a' bruidhinn. Ach, mar a thuirt mi, cho luath 's a thill i a Ghlaschu, thionndaidh i, mar sin.

So, mar sin, cha do smaointich mise gun robh e cudromach, no gun robh còir agam a bhith a' gabhail ealla ris a' chainnt a bha mi a' bruidhinn. Bha e dìreach – an rud a thigeadh bhom bheul. Na neurons a' losgadh agus pìos ann an shiud, sa phriomh oifis air a chùlaibh a ràdh...

GW 30.26

Agus cha bhiodh iadsan a' smaointeachadh mu dheidhinn nas mothà.

TM 30.29

Cha bhiodh, cha bhiodh.

GW 30.31

An robh e cudromach dhaibh – an robh iad a' smaoineachadh orra fhèin mar Ghàidheil, no Tiristeach, no Uibhisteach?

TM 30.38

Oh, bha gu dearbh. Agus nuair a smaoineachas mi air an-diugh, dè thuirt Obama mu dheidhinn an rud a thuirt Boris craicte mu dheidhinn Kenyan colonial background? Ars Obama, 's e cho fireanta, ars esan, "I detect a dog whistle racism there". Dog whistle racism. Tha mise smaointinn, nuair a choimheadas mi air ais, gun robh an aon rud aig na Gàidheil a bha timcheall oirnn. Bha sinn a' smaointinn gun robh sinn nas àirde na muinntir Ghlaschu. Bha, oh bha gun teagamh.

Agus, bha muinntir Ghlaschu, a' chlann, caran farmadach, thoradh a h-uile samhradh bhiodh clann nan Gàidheal a' falbh suas dha na h-eileanan, dhan Eilean Sgitheanach, dha Leòdhas, dha na Hearadh, ìle, Tiriodh. Cha robh iadsan a' faighinn a' chothruim sin. Bha iadsan stuck eadar Glaschu agus Saltcoats. Sin an cuid. Ach bha na Gàidheil, na h-Eileanaich a bha timcheall, bha iadsan a' saoilsinn gun robh iad os cionn muinntir Ghlaschu.

GW 32.03

So, socially, cha bhiodh daoine a' measgachadh?

TM 32.10

Na daoine mòra? Dh'fheumadh iad, dh'fheumadh iad. Ach curidh mi mar seo e. 'S dòcha gun robh Mrs Martin sa chorner thall, Jamie Martin – sin an duine aice – 's dòcha gum biodh i a' bruidhinn ri nàbaidhean sa chlobhsa – oh cho trom 's a bha Jamie Martin air an deoch – bha e trom air an deoch – ach cha robh airgead aca an uair sin, oidhche Haoine 's dòcha oidhche Shathairne. 'S dòcha gum biodh i a' gearain ri Mrs Murphy shìos a' staidhre, 's dòcha gum biodh i a' faighneachd de Mrs McGuffie, an ath doras, cò an tarraing a bh' ann gu bhith a' glanadh a' chlobhsa, ann am Beurla agus a' faighinn air adhart leotha math gu leòr. Ach ma bha i airson a bhith toilichte, ma bha i airson oidhche a chòrdadh rithe a bhith aice rachadh i gu taigh mo mhàthar no taigh Màiri Fhraochain no taigh "Miff". So tha mi a' ràdh, bha iadsan a' smaoineachadh gun robh toileachas ri fhaighinn am measg nan daoine aca fhèin. Ach, dh'fheumadh iad, of course, a bhith a' fuireach còmhla ris na Goill cuideachd. Bha an dà chuid aca.

GW 33.48

An robh pàirt aig creideamh ann, eadar na Caitligich agus na Pròstanaich?

TM 33.54

Bha, an uair sin ann an Glaschu – agus tha e annamsa fhathast. Nach eil e neònach. An uair sin ann an Glaschu cha robh rud cho cudromach ri sectarianism, ri creideamh. Mas ann Caitligeach a rugadh tu, bha thu Caitligeach rid mhaireann, 's e Celtic an sgioba bhall-coise a bhiodh agad gu sìorraidh, agus bha gràinne agad air Rangers. An aon rud an aghaidh na ranna. Mas ann Pròstanach a rugadh tu, gu nàdarrach bhiodh tu airson Rangers, agus duine sam bith a bha airson Celtic 's e nàmhaid a bh' ann. Agus bidh snodha-gàire orm...

GW 34.50

Fiù 's taobh a-staigh na coimhearsnachd Gàidhealach?

TM 34.52

Nis, nach eil e neònach, cha robh iad a' bodraigeadh, thoradh, ag innse na firinn sa choimhearsnachd Ghàidhealach, mar shamhla, bha coinneamh aig Comann Uibhist is Bharraidh a chanadh iad, a h-uile oidhche Shathairne, agus chanainn-sa gun robh e leth-cheud leth-cheud no 's dòcha gun robh barrachd Chaitligich ann, chan eil fhios agam. Ach 's ann san Orange Hall a bha iad a' coinneachadh. Nis cha robh guth an uair sin eadar muinntir Èirisgeigh, no Uibhist a Deas, no Barraigh agus na Pròstanaich à Beinn na Faoghla 's Uibhist a Tuath. It didn't mean a thing.

Ach nach eil e neònach, bha a' chlann, bha sinn a' dol gu diofar sgoiltean. Agus tha mi a' dol a sgur an ceartuair a Ghòrdain, gabh mo leisgeul. Innsidh mi dhut rud neònach a thachair. Cho searbh 's a bha na daoine an uair ud.

Thàinig mise dhachaидh à Uibhist. Agus cò bha còmhla rium ach am fear a bha seo, an t-ogha aig Fraochan à Loch a' Chàrnan, Iain MacGibbon. Agus chaithd sinn suas gu Bellahouston Primary. Bha e gu math faisg, eadar seo agus an cattle grid a-muigh an sin. No bother, mi fhìn is Iain toddladh suas gu Bellahouston Primary. Chan eil fhios agam cò an clas air an robh mi, 's dòcha Primary Five no Primary Six. Iain rim thaobh. Shuidh sinn sìos còmhla, 's thuirt Miss Wilson, an tidsear, ur beatha dhan dùthaich a' chlann, ann am Beurla, "We have two new pupils today, Iain MacGibbon and Norman Maclean. This is Norman. Raise your hand. This is ..." A' chlann eile a' clapaigeadh. Bha e gu math taitneach, an rud a thachair.

Ach, as dèidh seachdain cò thàinig suas dhan sgoil ach an sagairt, Father Hickey a chanadh iad ris, agus an uair sin thugadh an gille Iain MacGibbon a-mach às a' chlas agamsa agus an dearbh latha chuir iad gu ruige St Xavier's e ann an Govan, mu an aon astar eadar na dachaighean.

Ach tha cuimhne agam, cha do thuig mi carson a bha seo. Nis, nach eil e neònach, an dà bheachd-smuain a ghlèidh mi nam cheann. Cha robh mi a' tuigsinn carson a thugadh Iain MacGibbon, leth-Dheasach mach às a' chlas agamsa, 's chuir iad gu sgoil Chaitligeach e, ach bha mi a' tuigsinn math gu leòr an t-adhbhar a bh' aca Francis Aloysius Carrabine, a bha a' fuireach san ath chlobhsa, carson a bha esan a' dol gu St Xavier's. Bha sin sgrìobhete sa chlàr aig m' aois – muinntir Ghlaschu, Caitligeach, St Xavier's.

Tuesday: Foghlam

GW 00.20

Bha sinn a' bruidhinn mu dheidhinn Caitligich is Pròstanaich.

TM 00.22

Bha gu dearbh fhèin, a Ghòrdain. Ach nach eil e neònach mar a bha m' inntinn ag obair nuair a bha mi beag. Nuair a bha mi còmhla ri muinntir Għlaschu, còmhla ris a' chloinn, cha robh ann ach dà roghainn san t-saoghal. Cha robh ann ach dà threubh – Pròstanaich is Caitligich. Agus cha robh iad a' tighinn ri chèile uair sam bith.

Nis, nach eil e neònach, leis a' chloinn aig an robh pàrantan às Uibhist a Deas, 's à Èirisgeigh 's à Barraigh, Caitligich, cha robh dad sam bith, cha robh cnap-starra sam bith eadar an dà threubh, ach le muinntir Għlaschu bha e cho soilleir, bha e dìreach ann an dubh 's an geal. Agus, nach eil e neònach, tha am beum a tha seo eatorra nam cheann fhathast.

Bidh mi a' coimhead an telebhisean agus ma chì mi ainm, tha mise a' saoilsinn, "Uh oh, 's e Èireannach a tha siud, Mulcahy, agus cò a-nis a tha siud, tè Murphy, oh no. Caitligich a tha siud. Muinntir Għlaschu." Agus tha mi nan aghaidh, gun a bhith a' smaointinn air. Tha e a' tighinn thugam gu nàdarrach. "Nàmhaid a tha sin." Tha fhios agam – 's e faoineas a th' ann. Ach nach eil e neònach cho làidir 's a bha e a' brùthadh orm nuair a bha mi beag. Dh'fheumadh tu d' inntinn a dhèanamh suas, a bheil thu air an taobh-sa dhan loidhne còmhla ris na Pròstanaich no a bheil thu air an taobh eile còmhla ris na Caitligich.

Ach, 's e rud annasach ma dheidhinn, mas e Dòmhnaill MacAonghais no Dòmhnaill Phàdraig MacAonghais an t-ainm a bh' ort agus bha do mhàthair is d' athair à Uibhist a Deas no à Barraigh bha sin taghta. Cha robh e a' dèanamh dragh sam bith dhomh. Bha, mar gum biodh, gun robh an cànan na bu làidire na creideamh leis na Gàidheil. Ach leis na Goill 's e creideamh, agus tha mi air mo nàrachadh ga ràdh, tha e annam fhathast. An góraiche a tha siud. Ach co-dhiù. Nì sinn ar dìcheall an-diugh gun a bhith a' càineadh na dìolachan-dèirce. Tha mi cho caochlaideach.

GW 03.04

Seadh, co-dhiù, an-dè bha sinn a' bruidhinn mu dheidhinn an teaghlaich agaibh. Agus bha mi smaointinn, 's dòcha an-diugh, nam b' urrainn dhuinn beagan focus a chur oirbh fhèin aig an aois a bha sin nuair a bha sibh nur balach òg. Bha sibh ag ràdh gun robh, bha sibh aig trì sgoiltean eadar-dhealaichte aig aois primary, mar gum biodh.

TM 03.30

Bha gu dearbh aig a' bhun-sgoil. A' chiad sgoil, nuair a – air do shlighe – oh chì thu an-dràsta e. Tha dealbh shuas an sin ris a' bhalla, agus chì thu frith de bheinn a tha siud air do làimh chlì. Agus chì thu bothag. Sin a' chiad sgoil dhan deach mi. Sgoil an t-Srathan, agus cha robh ann ach – tha mi smaointinn gun robh còig againn ann, agus triùir dhiubh 's e cousins dhomh fhìn a bh' annta. Oh agus bha dithis, agus bhuineadh am pàrantan dhan Eilean Sgitheanach, Robasdanaich an t-ainm a bh' orra. Thoradh na ciòbairean air fad aig Loch lall – bha iad uile Gàidhealach. Bha iad uile

Gàidhealach, cha bhuiineadh iad do Loch Abar ann. 'S e Sgitheanaich agus Uibhistich a bha aig cìobaireachd shuas an sin.

GW 04.30

So, bha sibh air a' Ghàidhealtachd ann an dòigh.

TM 04.32

Oh bha. Dhà no trì de cìobairean. Bha sin ceàrr. Tha mi a' smaointinn gun robh – dè chanas tu ris, am bodach MacGregor, well, 's ann à Lios Mòr a thàinig a mhàthair, Leacsaidh, agus 's e bana-bhuidseach a bh' innte. Dha rìreabh, dha rìreabh.

Nam biodh ise a' tighinn faisg air an taigh agad, dh'fheumadh tu an crodh a chur a-staigh dhan bhàthach. Chuireadh i buidseach orra 's i a' coimhead ort. Agus nam faiceadh i bàta air an loch. Mar gum biodh daoine uasal ag iasgach, 's cha robh e a' còrdadh rithe, 's e a dhèanadh i – choimhead i air an loch, chuireadh i a ceann shìos eadar a dà ghlùn, agus chanadh i rudeigin 's rachadh am bàta shìos. Oh bha cumhachd aice. Leacsaidh à Lios Mòr. MacGregor a bh' oirre. Chan fhaca mi am bodach MacGregor riamh.

Agus bha mac aice air an robh Geordie. Agus seo an fhìrinn għlan. Tha cuimhne agamsa uair sa mhìos – bhiodh Loch lall, bhiodh e a' cur an ambulance, a chanadh iad – 's e seann ambulance a bh' ann – mar bhus a' toirt na cìobairean agus na mnathan aca dhan Għearasdan, airson gum faigheaddh iad biadh is rudan a bhiodh iad a' feumachdainn. Agus na fireannaich, rachadh iad dìreach dhan Imperial, agus bhiodh iad air an dalladh ro thrì uairean.

Ach, co-dhiù, tha cuimhne agam air aon oidhche, well feasgar, chanainn-sa gun robh e a' ciaradh, mu chòig uairean. Mi-fhìn agus Crisdean, cousin dhomh, chaidh sinn a-steach dhan Imperial far an robh na fireannaich. Agus an ceò, agus a h-uile duine a' smocadh, pìoban smocaidh agus bha feedhainn dhiubh a' gabhail snooisean cuideachd, agus bha a h-uile duine a bha aig a' bhàr, bha plusfours orra, agus furasta aithneachadh gun robh iad ag obair cha mhòr mar sgalagan aig na h-oighreachdan timcheall.

Ach, co-dhiù, tha cuimhne agam, aon oidhche, bha mi fhìn is Crisdean nar suidhe air beingidh. Chan eil fhios agam an robh lemonade againn no rudeigin, is bha na fireannaich a' cabadaich.

GW 07.23

Dè an aois a bha sibh aig an àm?

TM 07.25

Chanainn-sa gun robh mi an uair sin mu shia bliadhna a dh'aois. Ach Geordie MacGregor, sin agad mac na bana-bhuidsich, 's e – bha aigesan ri deoch a cheannach do chàch. Agus mhothaich sinn – bha e a' sporghail na phòca, is an ath rud thug e a-mach bonn òir. Agus chuir e air a' chunntair, agus a' lionadh dramannan agus bha am pathadh air na cìobairean agus dh'òl iad e. Ach bha mise airson faighinn a-mach dè am bonn òir a bha siud. Airgead – chunna mi notaichean, chunna mi airgead pàipear as d' fhiach deich tastan. Ach chan fhaca mi bonn òir riamh.

So chaidh mi gu Johnny MacDonald, 's e a bha air cùl a' chunntair. Ars mise, ann am Beurla, "Can I see that coin?" Agus shin e dhomh e, agus 's e Louis d'or a bh' ann. Agus, well chan eil fhios agam an e mo mhac-meanmna a bh' air gleus, ach smaointich mi gun d' fhuair Geordie MacGregor, Murlagain, gun d' fhuair e grèim air an airgead Frangach a thàinig a-null as dèidh a' Phrionnsa Theàrlaich.

'S dòcha gun robh e san abhainn am badeigin. Agus mhionnaich mi an uair sin, "Uaireigin, a Thormoid, tha an t-àm agad faighinn air do chasan agus Geiger counter fhaighinn agus a dhol suas gu Murlagain, feuch am faigh thu na Louis d'ors a thug na Frangaich leotha".

Ach siud an fhìrinn, 's e Louis d'or a bh' ann. 'S dòcha gur e dìreach gun robh fear dhiubh siud san teaghlaich, ach chan fhaigh thu iad tric an Loch Abar agus gu dearbh fhèin chan fhaigh thu, chan fhaic thu mòran dhiubh sna taighean-òsta, sa Ghearsdan.

Cò air a bha mi a' bruidhinn?

GW 09.50

An sgoil fhèin. Taobh a-staigh na sgoile.

TM 09.52

Oh, cha robh i ach beag, agus 's iomadh uair a dh'innis mi – an tidsear a bh' againn, 's e Miss Maclean a bh' oirre. An seòrsa chuimhne a th' agam, cha chreid mi nach ann às an Eilean Sgitheanach a bha i.

GW 10.07

An robh Gàidhlig aice?

TM 10.09

Oh bha, bha, ach bha dementia oirre cuideachd. Oh bha i cho gòrach ris na h-uiseagan. Thòisich i a' chiad char – well, cha robh mise ach glè bheag an uair sin. Bha mi 's dòcha ceithir bliadhna gu leth nuair a chaidh mi innte an toiseach, thoradh cha robh e a' còrdadh rium càch, Murchadh agus Crìsdean a' falbh chun sgoile, is Nan is Bella, 's mise air m' fhàgail leam fhìn aig an taigh. So, thuirt e "Ach well faodaidh e dhol ann". So chaidh mise ann tràth.

Agus goirid as dèidh dhomh a dhol innte theann Miss Maclean, dh'fhàs i neònach. Bhiodh i a' cur a-mach, soithichean sa mhadainn. An àite leabhrachean 's e truinnsear a bha sinn a' faighinn, truinnsear tiona agus bhiodh i a' dèanamh Cremola air an stòbh. Bha stòbh ann. Agus bhiodh i a' dèanamh Cremola, is an ath rud chanadh i, "Right, siuthadaibh." Bhiodh i a' dol timcheall, agus bha làn spàin mhòr aice, is bhiodh i a' dòrtadh an Cremola dha na truinnsearan againn. Bheireadh i dhuinn spàinteal agus an uair sin chanadh i, "Nis, a' chlann, ithibh!" Agus gun bhainne, gun sian, bha againn ri ithe an rud buidhe grannda a bha seo.

Agus nuair a bhiodh na truinnsearan falalmh, chanadh i, "Nis, pasgaidh tu do làmhan, a' chlann pasgaibh sibh ur làmhan, agus cuiribh ur cinn air ur gàirdean. Caidlibh!" Agus bha sinn a' tuiteam nar

cadal. Agus mu thrì uairean feasgar, bha i gar crathadh agus a' ràdh, "Right, an t-àm agaibh falbh dhachaidh. Chì sinn a-màireach sibh." 'S dh'fhalbh sinn, 's bha e mìorbhaileach.

Nis, chan urrainn dhomh le mo làmh air a' Bhìoball a ràdh dè cho fad 's a mhair seo. Saoilidh mi gun do mhair e mìosan, 's tha e na mhòrbhail gun tèid agam air sums a dhèanamh a-nis, ach co-dhiù, bha e a' còrdadh ruinne. Bha e glè mhath.

Ach, mar a chanas iad ann am Paris no ann am Malbec, "Cherchez la femme". Tè a bh' ann ach nighean Robasdan a bha seo. Feasgar àraig, thuirt a h-athair rithe, "Seadh a ghràidh, dè fhuair sibh san sgoil an-diugh?"

Ars ise, "Fhuair Cremola. Mar as àbhaist. Tha sinn a' faighinn Cremola a h-uile..."

Obh, chaidh an ceòl air feadh na fidhle. Chaidh brath a chur gu Loch lall fhèin, agus an ath rud thàinig dithis – tha cuimhne agam mar a bha iad dreaste, bha lèinteag geal agus briogaisean geal orra – à Craig Dunain. Agus thugadh air falbh Miss Maclean. Agus 's e "Soraidh leat, a nighean". So sin agad a' chiad sgoil, agus dhùin an sgoil an uair sin.

GW 13.35

Seadh. Dìreach aon cheist. Bha Gàidhlig aicese. Agus bha Gàidhlig aig a' chlann gu lèir?

TM 13.42

Aig a' chlann. Oh bha.

GW 13.44

Ach an robh Gàidhlig a' dol san sgoil? No an robh a h-uile dad a tha seo..

TM 13.48

Oh, ann am Beurla. Comann sam bith, dh'innseadh i ann an Gàidhlig, los gum biodh fhios againn dè bha a dhith oirre. Ach fhad 's is cuimhneach leamsa bhiomaid a' litreachadh faclan ann am Beurla. "C A T – Cat. M A T – Mat" airson a bhith ga leughadh. Ach, agus cuideachd an aon rud le àireamhan. 'S e "Two and two makes four", agus bha sinn ga dhèanamh mar a tha na Sinich – by rote. Sin an dòigh a bh' aice. Ach mar a thuirt mi, nuair a thugadh air falbh i dhan taigh chaothaich, dhùin an sgoil. Cha b' urrainn do Loch lall tidsear sam bith eile a tharraing dhan àite. Agus sin a chuir mi fhìn agus Crìsdean a Bheinn na Faoghla.

Agus chaidh Crìsdean a dh'fhuireach còmhla ri uncail dha mhàthair, fear Crìsdean Mòr MacRath an t-ainm a bh' air. Tha mi a' smaoineachadh gur e nàdar de dhuine uasal a bh' ann san àite aig an àm. 'S e fear mòr, agus chan fhaca mise riamh e, Crìsdean Mòr, ach, mar a thuirt mi, 's e uncail do Mhàiri Paterson, mhàthair aig Crìsdean. Chaidh esan a dh'obair, ach bha mise fortanach. Chaidh mise a Ghàidhlig, còmhla ri Seumas Mhurchaidh, agus cha chreid mi nach robh – an tug mi iomradh air Murchadh 's air mo sheanmhair fhìn, Anna Bheag, nighean Aonghais 'ic Iain Mhòir.

So, bha mise còmhla ri Seumas, agus bha dithis nighean ann, Mòrag agus Seonag agus aon ghille – dh'innis mi dhut, chunna mi dealbh, an t-aodann aig Kenny Sheumais Mhurchaidh air an DVD san Trianaid an-dè. So, an uair sin chaidh mi a Sgoil Chnoc na Mònadh. Ach bha mi deiseil air a shon.

GW 16.05

Seadh, agus a-rithist 's e Gàidhlig a bhiodh aig a h-uile duine.

TM 16.09

Gàidhlig aig a h-uile duine. Agus tha mi a' creidsinn gun do dh'innis mi dhut, gum feumadh tu Gàidhlig a bhruidhinn an uair ud. Bha Gàidhlig aig a h-uile duine, agus gu bhith a' bruidhinn Beurla, well bha Beurla agam.

GW 16.28

Ciamar?

TM 16.30

Chan eil fhios agam. Bha mi a' leughadh. Thòisich mi air leughadh, agus tha mi a' creidsinn gun robh – bhiodh sinn ag èisteachd na naidheachdan.

An aon rud a bha cunntas nar beatha air an oidhche, na naidheachdan. Agus co-dhiù bha rud beag de Bheurla agam. Ach cuimhnich cuideachd, bha mi greiseag bheag ann an Glaschu mun deach mi suas a Loch Abar, so bha prabalais de Bheurla agam, well de Bheurla nan sràidean agam nuair a bha mi ann am Beinn na Faoghlach.

Ach cha do chleachd mi mòran dheth, thoradh 's e Gàidhlig a bh' aig a h-uile duine. Dh'innis mi dhut an stòiridh mu dheidhinn Peter Devlin. An do dh'innis mi dhut – am bodach a bha seo, bhàsaich a bhean ann an Townhead, agus bha teaghlaich mòr ann. Chan eil fhios agam co mheud a bh' ann. Co-dhiù, choinnich e ri tè òg – à Creag Ghoraidh a bha i. Macdonald an t-ainm a bh' oirre, co-dhiù. Agus għluais e fhèin agus na gillean 's na h-ìghnean à Townhead ann an Glaschu a Chreag Ghoraidh ann am Beinn na Faogħla.

Nis, bha Peter, bha e air an aon deasg leam fhìn, agus cha robh facial Gàidhlig aige nuair a thàinig e a-staigh. Sin bu choireach gun do chuir an tidsear rim thaobh e. "Tha Beurla aig Tormod, so.." "What are you doing? Where are you from? Townhead? No I was never there." So, bha sinn a' cabadaich.

An fhìrinn ghlan. Gun tigeadh onfhadh orm mas e breug e. An ceann mìos bha Peter Devlin cho fileanta ri duine sam bith. B' fheudar dha. Ma bha e airson cluich còmhla ris na gillean eile, dh'fheumadh e Gàidhlig ionnsachadh, so rinn e sin. Agus cuimhnich nam biodh duilgheadas sam bith ann, bha a mhàthair ann. Dh'haodadh e ràdh, "Hey, mammy, what did that man mean when he said Chan eil annam ach an trustar?" Dh'innseadh a mhàthair dha. Ach ceithir seachdain, bha a' Ghàidhlig air a theanga. Nach eil e neònach.

GW 18.54

Ged 's e Beurla a bhiodh na tidsearan a' bruidhinn taobh a-staigh na sgoile.

TM 18.59

'S e. Bha iad a' teagastg tro Bheurla, bha. Agus 's ann a thòisich an uair sin, thàinig miann orm, miann bàis gu bhith a' leughadh orm fhìn. Ghoid mi leth-bhreac de Dombey and Son, tha mi a'

smaoineachadh gur e Dombey and Son – 's dòcha gur e – no, Dombey and Son a bh' ann. Agus a h-uile duine eile a ràdh, "Oh, tha e cho dull, cha do chòrd an leabhar idir rium". Chòrd e uabhasach math riumsa.

Ach co-dhiù, bha e na chleachdad agam as dèidh siud – rud sam bith a bha sgriobhte, a bhith ga leughadh. Agus tha mi air an aon chleas fhathast, 's mi a' streap ri ceithir fichead bliadhna.

GW 19.47

Agus bha sin aig àm a' chogaidh?

TM 19.50

Bha e dìreach goirid as dèidh a' chogaidh. Fuirich gum faigh mi ceart e. Àm a' chogaidh, tha thu ceart. Chaidh mi ann, chanainn-sa gun deach mi ann mu dà fhichead 's a trì. Tha cuimhne agam, aidh, thoradh chaidh Coinneach, Coinneach – sin, well, 's e Coinneach Sheumais Mhòir a chanadh iad ris – ach 's e gille diolain a bh' ann a bh' aig a mhàthair mun do phòs i Seumas Mòr. Ach thug Seumas Mòr ainm dha, agus 's e Kenny a bh' air, Kenny MacDonald. Chaidh a mharbhadh aig El Alamein, 1943, tha cuimhne agam air an siud. Bha a h-uile duine cho brònach. Cha robh e ach 's dòcha bliadhna air fhichead a dh'aois nuair a chaidh a mharbhadh.

GW 20.50

Na tidsearan a bh' ann. An robh na tidsearan fhèin Gàidhealach?

TM 20.55

Bha, bha.

GW 20.57

So, bhiodh Gàidhlig aca ach bhiodh iad a' bruidhinn Beurla taobh a-staigh na sgoile.

TM 21.00

Seo an rud, ach seo mar a bha e air feadh nan eilean, tha mi a' smaointinn.

GW 21.06

Cuimhne agam air mo mhàthair fhèin. Bha ise na tidsear ann an Ceann a' Bhàigh, aig an aon àm.

TM 21.10

Oh, an robh?

GW 21.12

Bha, agus Gàidhlig gu leòr aicese of course, ach an rud a bha i ag innse dhomhsa gun robh i gu math moiteil gun robh i a' bruidhinn Gàidhlig ris na sgoilearan taobh a-muigh na sgoile co-dhiù. Cha robh cead aice a bhith a' bruidhinn riutha sa Ghàidhlig taobh a-staigh na sgoile, agus bhathas an dùil gum biodh i a' bruidhinn Beurla riutha fiù 's taobh a-muigh na sgoile, ach bha ise deònach Gàidhlig a bhruidhinn leotha.

TM 21.42

'S e an aon charry-on a bh' againne. Taobh a-muigh na sgoile, aig a' phleidhe, bha a h-uile duine a' bruidhinn Gàidhlig. Tha cuimhne agam air an sin. Agus bhiodh na tidsearan, can Valerie no, dè an t-ainm a bh' irre, boireannach na bu shine na ise – bha buintealas aice ri – co-dhiù thig e air ais thugam – thigeadh i a-mach às an sgoil, is chanadh i "Right, staigh sibh a-nis. Siuthadaibh, siuthadaibh, air ur socair." Agus cho luath 's gheibheamaid broinn na sgoile, "Right, Miss Macdonald's class, go to Room 3. Room 2, Miss Maclean," agus bha i a' bruidhinn Beurla.

Agus cha do shaoil mise sian dheth. 'S dòcha gun robh e na chnap-starra do dh'fheadhainn, ach cha robh – mar a bha mi a' feuchainn ri innse dhut an-dè, bha pàirt dha mo bheatha a bhith a' measgachadh cainntean, agus cha do rinn e dragh sam bith dhomh. Bha, thuig mi na riaghailtean sa bhad, mar gum biodh. Taobh a-muigh Gàidhlig, taobh a-staigh Beurla. Nam biodh e an aghaidh na ranna bha an aon rud riumsa.

GW 23.10

Agus nam biodh sibh a' tachairt ris na tidsearan taobh a-muigh na sgoile?

TM 23.13

Well, nach eil e neònach. Cha b' urrainn dhut bruidhinn riutha, really. Bha iadsan shuas an siud, you know. Mar a bha an dotair agus am bancair, agus am ministear 's an sagairt. Cha robh thu a' bruidhinn riuthasan ann. Falbh cho similidh.

GW 23.36

An ann mar sin a bha?

TM 23.38

'S ann.

So sin agad e, agus an uair sin air ais a Ghlaschu. Agus bha mi a' dol a ràdh gur e sgleog a fhuair mi, ach cha b' e, thoradh bha seòrsa de chuimhne agam air a' chiad triop a bha mi ann an Glaschu. Bha mi poille san sgoil ann an Glaschu, 's dòcha dà mhìos, mun deach mi a Loch Abar.

So, cha d' fhuair mi sgleog idir. Bha fhios agam mu dheidhinn na riaghailtean. Agus, an rud as cudromaille, bha mi eòlach, b' aithne dhomh na riaghailtean a bha co-cheangailte ri bhith a' cluich còmhla ris na gillean eile air na sràidean. Agus mar sin, cha d' fhuair mi duilgheadas sam bith, a' dol air ais a Ghlaschu.

Ach, mar a bha mi a' ràdh an-dè, aig an taigh 's e Gàidhlig a bhiomaid a' bruidhinn, agus 's e Gàidhlig a bhiodh aig na daoine a bhiodh a' tadhail air an taigh againn. Cha robh an fheadhainn Ghallda a' tighinn chun an – well cha robh sinn gan leigeil a-staigh idir.

Nach eil e neònach, bha mi ag innse, tha – ogha Anna an t-sealgair, Macdonald a bh' air à Uibhist a Tuath, Beef Macdonald – cha robh aigesan ach prabalais de Ghàidhlig, ach leigeadh mo mhàthair esan a-staigh a choimhead orm, you know. Bha e rud beag na bu shine na mise. In fact, tha mi a' smaoineachadh gu bheil stòraidh ma dheidhinn san Eavesdropping – Beef Macdonald. Bha e a'

feuchainn ri innse dhomh dè bu chòir dhomh a dhèanamh a thaobh burraidh a bha seo a bha ag obair orm aig a' football, ach co-dhiù, nach eil e neònach, dh'fhaodadh esan tighinn chun an dorais agus leigeadh mo mhàthair a-staigh e. Ach, nan tigeadh Francis Aloysius Carrabine chun an dorais, an robh mise a' tighinn a-mach gu cluich, dh'fheumadh e feitheamh air an staran, gum bithinn deiseil is rachamaid sìos an staidhre còmhla. Cha robh muinntir Ghlaschu a' faighinn a-staigh idir.

Sin mar a bha mi a ràdh mu dheidhinn – tha mi a' smaoineachadh gun robh, mar a chanadh Obama, dog-whistle racism sin. Bha mise a' smaoineachadh gun robh siud àdarrach gu leòr, thoradh 's dòcha gun robh mi fhìn air rudeigin a thogail caran coltach ri sin. Bha sinn a' smaoineachadh gun robh sinn na b' fheàrr na muinntir Ghlaschu. You know, cha robh sinn a' marbhadh dhaoine, cha robh duine dha na daoine againne a' falbh le ràsairean nam pòcaid. 'S e muinntir Ghlaschu, na hooligans...

GW 26.56

So, 's e Gàidhlig a bh' agaibh taobh a-staigh an taighe.

TM 26.59

Taobh a-staigh, Aidh.

GW 27.02

An robh Gàidhlig idir ann air na sràidean, air neo san sgoil ann am Bellahouston, no?

TM 27.10

Well, bha feedhainn ann. Bha fear ann, 's dòcha gun cuala thu an t-ainm – bha e na b' òige na mise. Fear Malky Maclean. Cha chreid mi nach ann às an Eilean Sgitheanach a bha a chuideachd. Bha Gàidhlig aigesan, agus bha – oh aidh, bha feedhainn eile às an Eilean Sgitheanach a b' aithne dhomh, agus bha iadsan gu math fileanta.

Ach cha bhiodh e iomchaidh a bhith a' bristeadh a-staigh do Ghàidhlig agus an crowd eile timcheall ort, dhe na hooligans. Bhiodh iad a' magadh oirnn, you know.

GW 27.49

Cha bhiodh e cool idir.

TM 27.55

Bha fhios againn cuine bha e freagarrach a bhith ga bruidhinn, 's cuine nach robh e freagarrach.

Ach, mar a thuirt mi an-dè, cha robh e, well nam cheann-sa co-dhiù, cha robh e cudromach dè an cànan a chleachdamaid. Ma bha thu deònach bruidhinn ann an Weegie, glan fhèin, dhèanainn fhìn sin. Ma bha thu deònach bruidhinn ann an Gàidhlig, bha sin glè mhath cuideachd.

GW 28.32

Ach bha Gàidhlig ann mar chuspair ann an cuid dhe na sgoiltean ann an Glaschu, nach robh?

Oh, bha, bha. Ann am Bellahouston cuideachd. Nach eil e neònach – bha ann am Bellahouston, ach cha do bhodraig mise. Well cha robh e na roghainn dhomh. Mar a thuirt mi, 's e rionnag a bh' annam nuair a bha mi dusan bliadhna a dh'aos. Agus fhuair mi na bh' ann de bursaries airson a dhol air adhart ann an Hutchie no Allan Glen's no Glasgow High School. Dhiùlt mi iad air fad agus chaidh mi dhan secondary. Ach – 's dòcha gun robh sin fortanach ann an dòigh – bha tidsear òg ann, Robasdhan, John Robertson, agus bha e a' feuchainn ri Ed.B fhaighinn – postgraduate degree.

Agus air sàillibh sin, a h-uile sgoilear a thàinig a-staigh aig an Nollaig, chan eil fhios agam cò a' bhliadhna a bh' ann, canaigh sinn naoi ceud deug 's a leth-cheud, thug iad deuchainn dhuinn agus lìon sinn a-staigh e, thoradh bha sinn an dèis qualifying a shuidhe. So cha robh seo ach dìreach – 's e intelligence test a bh' ann, ach cha robh fhios againn dè a bh' ann. Agus cha robh, cha tug e cnap-starra sam bith a dhèanamh. Lìon sinn e.

Ach 's e a rinn e, nuair a dh'fheuch e ris a h-uile duine a thomhas, thagh e an dà cheud a b' fheàrr, a b' àirde, agus thuirt e ris a' mhaighstir-sgoile, fear John C MacFarlane, 's e leth-Leòdhasach a bh' ann fhèin, "Tha mi airson dà chlas speisealta a dhèanamh, agus 's e S a bhios nan ainm. 1SL – sin an fheadhainn a bhios a' foghlam Laideann. Agus 1SG – sin an fheadhainn a bhios a' dèanamh foghlam ann an Gearmailtis. Agus bidh iad uile a' dèanamh Fraingis co-dhiubh." Bha a h-uile duine an uair ud a' dèanamh Fraingis.

So chaidh mise, chaidh mo stiùireadh gu céarnaichd sònraichte, Classics. Agus cha robh guth air Gàidhlig an uair sin ann. 'S ann às dèidh Highers a dh'fheuch mi, well a fhuair mi a-mach gun robh an leithid de chuspair ann mar Gàidhlig, agus mi-fhìn agus gille eile – bhuineadh a chuideachd do Bheàrnasdal san Eilean Sgitheanach – John, tha mi air ainm a dhìochuimhneachadh, pal dhomh cuideachd – co-dhiù, 's e a rinn sinn, rinn sinn Higher Gàidhlig ann am bliadhna.

Ach cha robh sin doirbh, thoradh 's e dìreach comas sgrìobhaidh is comas leughaidh a dh'fheumamaid ionnsachadh. Agus bha sinn caran sean an uair sin, sia bliadhna deug, seachd bliadhna deug. Cha robh e doirbh idir.

Ach eadar aois dusan bliadhna agus, canaigh sinn, seachd bliadhna deug cha robh guth agam air Gàidhlig mar chuspair. 'S e Laideann a bha mi a' dèanamh, beagan Ghreugais, agus Fraingis. Chan eil fhios agam an robh mi ceart. No, no, rug mi air an fheadhainn eile, mi fhìn is Furnessan an t-ainm a bh' air, mi fhìn is John Furnessan, rug sinn air an fheadhainn a bha a' gabhail Gàidhlig, mar gum biodh, on chiad bhliadhna. Rug sinn orra, agus rinn sinn an gnothach orra.

Agus an uair sinn chaidh mi dhan oilthigh agus rinn mi rud ris an canadh iad an uair sin Ordinary Celtic. Nis, 's e Roinn Ceilteach san robh sinn, agus dh'fheumadh tu an uair sin beagan dhen Chuimris ionnsachadh. Dh'fheumadh tu beagan de Ghàidhlig na h-Èirinn, Gaeilge, ionnsachadh. Chan e mòran, ach gu leòr. Ach, chan ann mar sin a tha an-diugh, tha e coltach. Ach, co-dhiù, thig sinn air ais gu sin a-rithist, 's dòcha.

So, tha mi ann am Bellahouston Academy, agus bha e a' còrdadh rium a bhith nam dhuine mòr còmhla ris an fheadhainn eile. 'S dòcha gun robh e na b' fheàrr nan robh mi air mo chur gu dùbhlann ann an Hutcheson's Grammar, no rudeigin mar sin. Tha fhios agam, nan robh mi air a dhol chun High School of Glasgow, mar a bha dùil aig a' mhaighstir-sgoile, gu cinnteach gu cinnteach, cha b' ann

dhan oilthigh Ghlaschu a rachainn. Bhiodh iad gam chur gu Cambridge no Oxford, agus aig amannan bidh an t-aithreachas orm nach deach mi ann. Ach, bha dòigh agam fhèin ann, ach bha mi cho leisg. Nan robh mi air dèanamh na b' fheàrr ann an Glaschu san oilthigh, bha mi air Snell Exhibition fhaighinn, 's bha mi air faighinn a Cambridge, but, cho leisg.

Bha mi na bu dhèidheil air ruith na bàraichean ann am Partick, 's ann an West End, agus a' ruith bhoireannaich aig an àm sin, ach co-dhiù, cha dèan e math dhuinn cus aithreachais a bhith oirnn. Sin an roghainn a rinn mi.

Wednesday: Coimhearsnachdan

GW 00.20

Bha mi a' smaointinn an-diugh – well, tha ceistean a' togail ceann fad na h-ùine, ach tha cuspairean agam cuideachd. Agus bha mi a' smaointinn an-diugh – tha sinn air a bhith a' bruidhinn mu dheidhinn an teaghlach agus mur deidhinn fhèin nuair a bha sibh òg. Bhiodh e math, 's dòcha, a bhith a' smaoineachadh mu dheidhinn na coimhearsnachd, nan coimhearsnachdan 's dòcha, far an robh sibh, agus mar a tha iad air atharrachadh on uair sin. 'S dòcha Glaschu air aon taobh, agus Uibhist air an taobh eile.

TM 00.57

Well, Beinn na Faoghla, really. Seadh. Glè mhath, well, faodaidh sinn.

GW 01.05

'S e beatha Gàidhealach a bh' agaibh san dà àite.

TM 01.09

'S e, ach ann an Glaschu, cha robh ach pàirt dham bheatha Gàidhealach. An còrr, a' chuid bu mhotha, 's ann am measg muinntir Ghlaschu a bha mi, agus bha mi, mar gum biodh, ga leantail-sa a-muigh air na sràidean. Ach nuair a thiginn a-staigh, 's e muinntir Ghàidhealach a bha a' tighinn a chèilidh oirnn, agus bhithinn ag èisteachd riutha-san.

Ach tha atharrachadh mòr air tighinn air an dà chuid. Chan eil Glaschu an aon rud nas motha an-diugh. In fact tha Glaschu dìreach mar a tha mi a' creidsinn mar a tha York an-diugh. Tha a h-uile duine sgapte bho chèile, agus tha iad, tha iad a' faighinn eòlas air a' chèile tro na h-innealan.

Chan eil iad faisg air a' chèile ann. Agus tha an aon rud ann an Glaschu agus tha sna Ceallan shìos. Chan eil daoine – tha iad mar gum biodh air leth bho chèile, ann an Glaschu agus air a' Ghàidhealtachd.

Ach ann an Glaschu nam latha-sa, bha daoine, mar gum biodh, well, bha cnapain de dhaoine agus iad gu math faisg dha chèile. Far an robh mise, chanainn-sa gun robh – an fheadhainn air an robh mi eòlach, de Ghàidheil – mura biodh iad ann an Govan, bhiodh iad ann an Ibrox, no 's dòcha Kinning Park, gu h-àraig na teaghlaichean Caitligeach – bha iadsan buailteach a bhith a' fuireach ann an Kinning Park thoradh bha eaglais aca ann an shin, St Margaret's, agus bhiodh iad a' cruinneachadh timcheall air an eaglais.

Sin agad na Gàidheil, ach a thaobh an fheadhainn Ghallda, nam, well, mo chompanaich, bha iad ann an àite beag, chanainn-sa gun robh iad eadar ceithir sràidean – Paisley Road West, an uair sin Ibrox Street, 's an uair sin Middleton Street, 's Brand Street. Sin e. Cha b' aithne dhuinn dad mach às na crìochan sin.

So mar sin, bha sinn gu math air leth ann an dòigh, ach bha sinn, mar gum biodh, air ar dinneadh a-staigh le chèile. Bha sinn fada na b' fhaisge dha chèile na daoine an latha an-diugh. Agus cha leig mi leas a ràdh – Beinn na Faoghla, 's e an aon rud. B' aithne dhomh a h-uile taigh ann an Grìminis mar shamhla, agus 's iomadh taigh ann an Cnoc na Mònadh. Ach, well, b' aithne dhomh, bha mi a' dol a

ràdh – cha robh mi cho eòlach air Baile nan Cailleach agus air Baile a' Mhamaich, ach bha. Bha baidhsagal againn, agus bha clann a' Phì, bha iadsan a' fuireach ann an taigh mòr Mhic 'ic Ailein. Bhithinn a' dol a chèilidh orrasan.

Cuideachd bhithinn a' dol a Bhaile a' Mhamaich gu taigh, dè chanas tu ris, Neilie Ruairidh, well 's ann le Neilie a tha an-diugh, Ruairidh Fhearchair, taigh Ruairidh Fhearchair, MacLennan's, thoradh bha iadsan tìtheach air piobaireachd, agus bhithinn-sa a' dol an sin.

Ach, mar a bha mi a' feuchainn ri ràdh cha robh sinn cho èasgaidh, agus cha robh e cho furasta siubhal a dhèanamh ann am Beinn na Faoghla, nuair a bha mi beag. Bha thu, mar gum biodh, leat fhèin ann an Grìminis. Sin e.

Corra uair bhitheamaid a' dol suas gu deas, mi fhìn is Kenny Sheumais Mhurchaidh, thoradh bha làraig aig Donnchadh, uncail Khenny, Donnchadh Mhurchaidh a chanadh iad. Bha esan, bha bùth aige sa Chlachan Bheag ann an shin. Chan eil fhios agam a bheil duine a' fuireach ann an Clachan Beag a-nis. Chan aithnich clann an latha an-diugh cà' bheil e. Ach chanainn-sa, eadar ceann-rathaid Ghrìminis agus taobh an lar, gur e An Clachan Beag am baile – well, chan e baile a bh' ann, ach dìreach cruinneachadh de thaighean beaga a bu mhotha a bh' againn.

Mar a thuirt mi, bha bùth aig Donnchadh Mhurchaidh. Bha làraig aige. Bhiodh e a' toirt feamainn suas dhan fhaictaraidh ann an Uibhist a Deas.

GW 06.22

An robh cabhsair ann aig an àm?

TM 06.25

'S e drochaid a bh' ann. Bha iad a' faighinn a-null mar sin. Agus, oh bha e a' toirt ùine a bha sgrathail, nuair a smaoinicheadh mi. Ach mar a b' fhaide a bha, 's ann na b' fheàrr a bha e a' còrdadh ruinne. Oir bhiodh e a' tadhal air bailtean beaga ann an Uibhist a Deas. Chan eil cuimhne agam, Stadhlaigearraidh, Ormacleit, is bailtean mar sin. Bha an gnothach aige, agus bha sinn direach ga leantail, ach tha cuimhne agam, Loch Baghasdail, bha sinne a' smaoineachadh gur e siud prìomh bhaile an t-saoghaill. Bha Loch Baghasdail ann, is bha na ròin ann. An dà chuid.

Bha esan a' dol suas dhan taigh-òsta agus chitheamaid gillean eile timcheall air a' chidhe ann an shin, is rachamaid a bhruidhinn riutha...

GW 07.18

So an robh sibh na b' eòlaiche, ma tha, air ceann a deas na..

TM 07.23

Oh, bha, ceann a deas Uibhist, bha. Bha. Chan e gun robh mi uabhasach eòlach air – well, bha mi meadhanach eòlach air an lochdar, thoradh bha taigh ann an shin. A bheil cuimhne agad, a' chailleach, Johnson an t-ainm a bh' oirre, bean Lachlann Johnson – bha bus aige sa ghàradh, agus bha slige-chreachain air a' bhus. Well, a' chlann aig Lachlann Johnson, sin na piobairean a b' fheàrr

ann an Uibhist nam latha-sa. Bha fear ann, Seòras – bhàsaich esan an uiridh, chuala mi. Agus bha fear eile ann, Raghnall – bhàsaich esan mu ochd bliadhna bhuaithe.

Bhithinn-sa a' dol dhan ìochdar a dh'èisteachd ri Seòras is Raghnall, agus bha na h-ìghnean math cuideachd. Bha tè ann, tha i beò fhathast. Agus nach mi a tha mi-mhodhail ga ràdh, tha i rud beag nas sine na mi-fhìn, ach chì mi naidheachdan air Facebook ma deidhinn. Bha ise math air a' phìob cuideachd.

So, bha – meadhanach eòlach air an ìochdar. Creag Ghoraidh, bha, thoradh bha bùth ann an Creag Ghoraidh. Ro mo latha-sa bha e aithnichte fon ainm bùth, bùth – ainm neònach – co-dhiù, 's e Ruairidh Mac an Tòisich a bha ga ruith – Bùth Fanny an t-ainm a bh' air a' bhùth ron uair sin. Agus bhithinn-sa – bha mise nam phony express rider – bhithinn a' dol gu na taighean faisg air làimh 's a' faighneachd an robh iad ag iarraidh dad aig Creag Ghoraidh sa bhùth. Bhithinn a' falbh air a' bhike agus – chan e gur e paragon of virtue – well, 's e leisgeul a bh' ann, faighinn a Chreag Ghoraidh, thoradh nan d' rachainn dhan bhùth dh'fhaighinn suiteas dhomh fhìn agus bhiodh iad a' toirt tastan no sia sgillinn dhomh.

GW 09.44

Agus an robh mòran luchd na Beurla ann aig an àm?

TM 09.48

Cha robh really, cha robh. No, cha robh. Tha mi a' feuchainn ri cuimhneachadh cò na coigrich, mar gum biodh, a bhiodh ann.

Bha taigh Orr ann. Chan eil fhios agam cò bh' ann an Orr. 'S e ainm Gallda a bh' ann.

GW 10.10

Well, mar a bha sibh ag ràdh an-dè, mura robh Gàidhlig agaibh nuair a thàinig sibh bha agaibh ri a h-ionnsachadh.

TM 10.10

Bha e cho math dhut clag a bhith timcheall air d' amhaich. 'S e lobhar a bh' annta. 'S e leper a bh' annta an uair sin. So, dh'fheumadh tu.

Agus tha mi a' creidsinn gur ann mar sin a tha leis a h-uile cànan. Nan d' rachamaid le chèile gu, canaидh sinn, Saint Ors san Dordogne san Fhraing cha dèan e math dhut a bhith a' bruidhinn Beurla nam measg, dh'fheumadh tu Fraingis ionnsachadh.

GW 10.53

Ach dh'atharraich sin ann an sheo. An e process leantainneach a bh' ann, no an robh tipping point ann?

TM 11.02

Bha dà rud ann. Thàinig daoine à Tìr Mòr. 'S e economic migrants a chanas mise riutha, agus 's e sin a th' annta. Thoradh – daoine às an Eaglais Bhreac, à Dùn Èideann, à Glaschu nach robh a' faighinn air n-adhart uabhasach math far an robh iad. Shaoil iad, no chuala iad gum biodh saoghal na b' fheàrr aca shuas sna h-Eileanan. Is thàinig iad nan dròbhan, agus thachair an aon rud ann an Sasann.

Thàinig iad a-staigh, agus cha do smaoinich – a' mhòr chuid dhiubh, nach b' fhiach e Gàidhlig ionnsachadh. Feadhainn dhiubh, dh'fheuch iad gun teagamh. Feadhainn dhiubh, dh'fheuch iad, agus tha iad a' feuchainn fhathast.

GW 11.57

An do shoirbhich leotha?

TM 11.58

Feadhainn dhiubh, tha e coltach.

GW 12.02

Dè an diofar a bh' ann, mar eisimpleir? Bha sibh a' bruidhinn an-dè mun bhalaich òg a bha na shuidhe còmhla ribh san sgoil, agus fhuair esan Gàidhlig dìreach anns a' bhad.

TM 12.19

Bha e a' bruidhinn rium sa Ghàidhlig, agus bha e a' bruidhinn ris a h-uile duine.

Chan ann mar sin – chan ann air daoine mar sin a bha mise a' feuchainn ri bruidhinn. Daoine a thàinig a-staigh on uair sin, agus thàinig suailichean dhiubh a-staigh bho chionn ghoirid.

Nis bidh fhios agad fhèin. Tha foirm agad, chan eil fhios agam, ann am màileid air choireigin. Bha Peigi a' cruinneachadh, agus cha chreid mi nach eil Eairdsidh, mac Cathy Eairdsidh Mhòr – tha esan a' dèanamh an aon rud, agus an nighean bheag Catriona. Gheibh sibh a-mach gu bheil tòrr de dhaoine, tòrr de thaighean an seo air an eilean, agus chan eil falal Gàidhlig aca. Chan eil mi fàgail coire orra. Ach, sin mar a tha e.

Mar a chanadh De Gaulle, uair dhen robh 'n saoghal, "Les choses, ce qu'ils sont". Sin cor an t-saoghail. Thàinig iad às Manchester, Norwich, agus smaoinich iad, mar a h-uile economic migrant, "Bidh beatha nas fheàrr againn ann an Uibhist", agus tha.

Tha deagh bheatha aca. Tha e math dhan chloinn. Agus ged a bhios feedhainn dhe na pàrantan a' gearain mu na sgoil, nam bharail-sa, nam dhuine, agus bha mi nam thidsear ùine mhòr cuideachd, tha Sgoil Lìonacleit math. Math gu leòr dhan chloinn agamsa.

Okay, chan fhaigh thu clasaichean ann an Creative Lego. Chan fhaigh thu clasaichean ann an Neuroscience. Chan eil iad a' bodraigeadh mu dheidhinn sin. Ach cha chreid mi gu bheil iad a' bodraigeadh mu dheidhinn ann an Eton no Harrow. Cò aige a tha fios? Tha iad a' dèanamh glè mhath.

So, tha an sgoil glè mhath, agus an dùthaich math, an èadhar bheannaichte a-muigh, gun cus chàraichean air an rathad. 'S e deagh àite airson a bhith beò. So, tha mise air an taobh, tha mi a' gabhail fadachd gus an tig na Romanians agus na Bulgarians an seo. Tha e neònach nach eil iad a' tighinn. Thàinig na Pòlaich, thàinig iadsan, agus tha iad a' cur luach orra, tha iad math gu obair.

Ach, co-dhiù, 's e a tha dhith air na h-eileanan a tha seo, well air an eilean-sa, agus ceann a tuath, agus ceann a deas, cupalan òga le cloinn. Sin a tha dhith oirnn, airson na sgoiltean a chumail, àireamhan nan sgoilearan a chumail an àird. Agus tha mise a ràdh, "Mo bheannachd ort, ged is ann à Newcastle a thàinig tu, no Novo-Sibirsk ann an Rùisia, dì-beathte, thigibh a-staigh."

GW 15.39

Tha sinn feumach air daoine.

TM 15.40

Oh, tha sinn feumach air daoine, tha.

Ach, sin mar a bha an uair ud. Bha sinn, mar gum biodh, air ar dinneadh a-staigh gu cnap beag. Agus tha sin a' toirt a-staigh muinnir Ghlaschu, luchd na Beurla, agus luchd na Gàidhlig. Nis, an-diugh, 's ann an aghaidh na ranna a tha e a-nis. Dh'fhaodadh tu a bhith muigh air an t-saoghal ma tha iPad agad, agus tha thu a' bruidhinn ri cuideigin ann an California, 's dè tha a' dol. Tha an saoghal fada nas fharsaing, ach – nach eil e neònach – chan eil na daoine a tha a' fuireach san t-saoghal faisg dha chèile idir. Tha iad sgapte. Paradox, mar a chanas iad.

GW 16.40

Agus, ann an Glaschu, saoghal nan Gàidheal ann an Glaschu an latha an-diugh, an tacá ri mar a bha aig àm a' chogaidh...

TM 16.50

Chan eil fhios agam, ag innse na firinn.

GW 16.54

Cuine a dh'fhàg sibh fhèin Glaschu, a-nis. Dè cho fad 's a tha sibh air a bhith a' fuireach ann an sheo, on a dh'fhàg sibh Glaschu?

TM 17.01

Seachd bliadhna. Seach bliadhna on a thàinig mi seo. Agus mun do dh'fhàg mi Glaschu, oh bha saoghal nan Gàidheal air atharrachadh gu mòr. Bha iad air faighinn a-mach às an inner city mar a chanadh iad, sgìrean mar Kinning Park, Govan, Ibrox, Partick, Finnieston. Chaith an sgiùrsadh a-mach – Castlemilk, Pollok, Drumchapel, Easterhouse, na sgeamaichean a-muigh.

GW 17.44

Ach an robh network ann fhathast?

TM 17.46

Tha mi a' smaoineachadh gu bheil. Chan eil mi ro chinnteach. Chì mi litrichean a' tighinn bho dhaoine. Mar shambla, "Cuimhnichibh, a chàirdean, tha cruinneachadh bliadhna Comunn Uibhist agus Bharraidh" – tha sin a' dol fhathast, aon oidhche sa bhliadhna. Chan eil fhios agam a bheil na Leòdhasaich a' dol fhathast. 'S dòcha gu bheil – Lewis and Harris.

GW 18.13

Agus an ann sa Ghàidhlig a bhiodh iad gan cumail fhathast, a bheil sibh smaointinn?

TM 18.18

Tha e cho doirbh a ràdh. 'S e an co-dhùnadh a tha seo, a Ghòrdain, mu dheidhinn a bheil thu a' dol a bhruidhinn Beurla no a bheil thu a' dol a bhruidhinn Gàidhlig – tha e doirbh.

Cuimhnich cuideachd gun robh am beachd-smuain a bha seo ann an cinn nan Gàidheal, 's fhada on uair sin, bha iadsan dhen bheachd ma bha deagh Ghàidhlig agad bha sin a' ciallachadh gum biodh droch Bheurla agad. Droch chomharra a tha sin.

So, mar sin, bha taobh aca ris a' Bheurla, agus bha iadsan dhen bheachd nuair a bha deagh Bheurla agad, cha leigeadh tu leas bodraigeadh mun Ghàidhlig, you know. Cha leigeadh tu leas ionnsachadh mar a sgrìobhadh tu a' Ghàidhlig, mar a leughadh tu a' Ghàidhlig. Nis, nam bharail-sa, cànan sam bith aig nach eil comas leughaidh no sgrìobhaidh sa chainnt sin tha e dol bhàs, tha e gus a bhith marbh.

Feumaidh daoine a bhith litreachail, agus sin an rud nach robh sinn a' bodraigeadh mu dheidhinn, nam latha-sa, agus ann an latha mo phàrantan. Nis, cha do thachair e mar sin ann an Llanfairpwllgwyngyllgogerychwyrndrobwll. Carson? Obair na h-eaglaise. Bha iadsan a' dol dha na chapels, mar a chanadh iad, agus bha iad ag ionnsachadh mar a sheinneadh iad na sailm 's na laoidhean agus dh'fheumadh iad comas leughaidh sa Chuimris a bhith aca. Cha robh sin againn ann.

Correction. Rewind. Corra ghinealach, mar shambla, seanaidh na mnatha agam Peigi an Ullaich air a' Bhac. Bha ise dhen bheachd, agus tha mi ga creidsinn – sgoil dhan deach a seanaidh ann an Leòdhas, tha mi a' smaoineachadh gur e am Propagation of Christian Knowledge no rudeigin mar sin, bha comas sgrìobhaidh acasan. Agus bhiodh am bodach a' sgrìobhadh gu na mic aige ann an Gàidhlig, an àite Beurla.

Nis, nach eil sin neònach, agus am bàrd a b' fheàrr a bh' againne sa cheann a tuath, Dòmhnull Ruadh Chorùna, cha sgrìobhadh e facial Gàidhlig. Cha sgrìobhadh mo mhàthair fhèin, cha sgrìobhadh i a h-ainm ann an Gàidhlig.

Ach sin an rud a tha mise a' creidsinn. Mura bi an sluagh litreachail, tha an cànan a' dol sìos, tha e a' dol bàs, nam bharail-sa. Agus sin a chaidh ceàrr againne. Tòrr dhe na Gàidheil ann an Glaschu nam latha-sa – oh, bha iad a' bruidhinn Gàidhlig gun teagamh, ach dh'aithnicheadh tu orra gun robh barrachd ùidh aca gum biodh a' chlann aca ag ionnsachadh Beurla. Agus bha iad ceart gu leòr.

GW 21.51

Ach, 's e paradox a th' ann aig an aon àm, ge-tà, nach e? Thoradh bha sibh ag ràdh gun robh na Gàidheil ann an Glaschu, bha iad a' smaoineachadh orra fhèin – bha iad a' coimhead sìos, mar gum biodh, air an fheadhainn Ghallda.

TM 22.10

Well, nach eil sin fior, ach gheibh thu sin gun teagamh. Daoine sam bith a tha mì-chinnteach às an àite cheart aca san t-saoghal, feumaidh iad a bhith a' coimhead sìos air cuideigin. Feumaidh, agus aig an aon àm, na Gàidheil, bhiodh iad a' ràdh, "Ah, sin muinntir Ghaschu, chan eil annta ach na hooligans", bha fhios aca mura leanadh iad eisimpleir nan Gall cha bhiodh piseach sam bith aca. Chan fhaigheadh iad obair mhath, agus sin an rud a bha a' cunntadh. Dh'aithnich iad mu dheireadh thall, nuair a dh'fhàg iad a' chroit sna h-eileanan agus a chaidh iad dhan bhaile mhòr, dh'fheumadh iad obair fhaighinn airson airgead fhaighinn.

Nis, tha e diofraichte mar a bha an ceann-eanchainn aca ag obair. An seo, well chanainn ann an Griomasaidh an seo, 's e fior dhroch bheò-shlàinte a bh' aig na daoine. Tha am fearann an seo grod. Fàsaidh daffodils, tha mi a' smaoineachadh gum faigh thu dhà no trì daffodils, ach chan fhàsadh, mar a thuirt am bodach, "boggy roller". Droch droch thalamh. So mar sin dh'fheumadh na Griomasach a dhol gu muir, ag iasgach. Agus rinn iad math, 's tha iad math fhathast. Tha iad nas fheàrr na na Sgälpaich no na h-Èirisgich, so rinn iad math.

Ach can, far an robh do mhàthair, Ceann a' Bhàigh, Sgìre Phaibeil, talamh torach ann an shin, ach a' dèanamh do bheò-shlàinte cha robh e furasta idir. Cha robh e furasta. A' cladhach le spaid, agus a' dèanamh feannagan – bha sin cruidh orra. Ach, dhèanadh iad an gnothach, well, obviously rinn iad an gnothach, tha sibh ann an-diugh.

Dhèanadh iad an gnothach. Ach nuair a chaidh iad dhan bhaile mhòr, thuig iad gun robh saoghal diofraichte ann, agus gun robh airgead, mar gum biodh, na cheangal eadar iad fhèin agus deagh shaoghal a bhith aca. So mar sin, obair – bha siud cudromach. Agus co-cheangailte ri obair dh'fheumadh comann a bhith agad air Beurla.

So, paradox, mar a thuirt thu. Ged a bha iad fhèin a' smaointinn gun robh iad na b' fheàrr na na hooligans, 's e a bha iad a' meanigeadh gun robh iad, 's dòcha, na bu Chrìosdaidheil. Bha iad morally na b' fheàrr, chan eil fhios agam. Ach aig bonn an cridhe bha iad a' ràdh "S fheàrr dhut aire a thoirt air na tha iadsan a' dèanamh, agus a' chainnt neònach a th' aca an siud, feumaidh tu fhèin a h-ionnsachadh, air neo chan fhaigh thu obair mar, shamhla, draftsman sna yards shìos aig Govan". Air neo nam biodh tu a' coimhead suas 's dòcha rud beag na b' àirde, bha iad a' ràdh, "Well, chan fhaigh mi obair sa post office, agus 's dòcha nach fhaigh mi obair sa phoileas." So, dh'fheumadh iad deagh ghereim a bhith aca air Beurla.

So, mar sin, a' bruidhinn air dualism, bha sin nan cinn fad an t-siubhail. Agus tha mi a' creidsinn gu bheil e ann fhathast. Tha feadhainn dhe na pàrantan an seo, clann Dòmhnaill, clann Aonghais, clann Mhaclosaig, tha iad a' ràdh ris a' chloinn aca fhèin, "Nis, feumaidh tu – tha Higher English ann seachdain Dihaoine. Feumaidh tu uabhasach math a dhèanamh. Mura bi Beurla agad, tha thu cailte." So, tha iad, mar gum biodh, tha barrachd meas aig na pàrantan air Beurla 's a tha iad air Gàidhlig.

GW 26.35

Ach, chan e zero sum game a th' ann ge-tà, an e? Ma tha aon chànan agaibh, chan eil sin a' ciallachadh nach fhaod dà chànan a bhith agaibh.

TM 26.46

Well, sin a tha mise a' smaointinn. Seall, an rud a tha seo. Tha a mi a' dol gu àite ris an can iad Colonna as t-samhradh, agus tha mi ag ionnsachadh Eadailtis. Tha e gu math furasta. Tha mise a' smaoineachadh ma tha thu dà-chànanach an toiseach, tha e furasta gu leòr an treas chànan a thogail, agus an ceathramh.

GW 27.15

Ach bha sinn a' bruidhinn mu dheidhinn na cloinne ann an Glaschu an-dè, agus muinntir Ghlaschu, agus ged a bhiodh farmad aca oirbhse, gum biodh sibh a' dol air ais dha na h-eileanan as t-samhradh, cha robh farmad aca gun robh Gàidhlig agaibh.

TM 27.37

Oh, cha robh. No, no.

GW 27.39

No gun robh dà chànan agaibh.

TM 27.41

Bha iad dìreach a' smaointinn, daoine neònach tha seo. A bheil fhios agad dè bhiodh iad ag ràdh mum dheidhinn-sa, nam biodh mi-fhìn is MacGibbon a' bruidhinn? Bhiodh iad a' ràdh, "Hey, stop, a couple of white Pakis you are." Bha iad a' smaoineachadh gur e "white Pakis" a bh' annam, thoradh bha iad eòlach air muinntir Pakistan a' bruidhinn Urdu no – dè bhios iad a' bruidhinn, an fheadhainn ann an Glaschu?

GW 28.12

Punjabi, 's dochá.

TM 28.14

Punjabi, Punjabi. So, bha iad eòlach air sin, agus duine leis a' chraiceann agamsa a' bruidhinn Gàidhlig, bha iad a' ràdh "White Paki". Bha iad a' coimhead sìos air sin, ach chanainn-sa gu bheil – bha rud beag de làire oirnn. Nam biodh, can, mi-fhìn 's Dòmhnaill Mòr MacRitchie, 's Ross MacMillan, can triùir againne agus gun ach dithis de mhuinntir Ghlaschu, neo-ar-thaing gun robh sinne a' coimhead sìos orra, ach bha iadsan caran – bhiodh an t-eagal orra. Agus chanadh iad an aon rud 's tha iad a' ràdh an aon rud chun latha an-diugh, "Hope you were nae talking about me there."

An cuala tu siud riamh? Nuair a chluinneas fear monoglot, English speaker, nuair a chluinneas e daoine a' bruidhinn cànan eile, sin an t-eagal air, "Were you talking about me there? I hope you were nae." So, tha iad a' sealltainn nam bharail fhèin – "Chan eil ann ach mi-fhìn, mi-fhìn". Chan eil

duine a' bodraigeadh leotha. Tha thu a' bruidhinn mu dheidhinn an t-sìde, no tha thu a' bruidhinn mu dheidhinn dè tha thu a' dol a dhèanamh aig ceann na seachdain. Tha iadsan – tha an aire orra fhèin fad an t-siubhail, "You talking about me?"

GW 29.50

So, fiù 's ged a bhiodh sibh ag iarraidh a bhith a' bruidhinn Gàidhlig measg chàirdean cha robh e furasta dhuibh.

TM 29.59

Cha robh nam biodh feedhainn a bha a' bruidhinn Beurla, cha robh. Agus cuideachd, bha sinn rud beag leòmach, a' mhòr-chuid againn, thoradh bha an dà chànan againn, agus ma bha thusa a' bruidhinn Beurla, seallaidh mise dhut. Agus mar a bha mi-fhìn, bha mi cho bragail 's mi òg – 's dòcha gu bheil fhathast ach – bha e a' toirt cothrom dhomh a bhith a' sealltann dhaibh cho math 's a bha a' Bheurla agam an taca ris a' Bheurla acasan.

So, mar sin, chanainn-sa, nam biodh – thog mise, agus chùm mi orm mar seo, ma tha thu deònach Beurla a bhruidhinn rium, tha Beurla gu leòr agam, ma tha thu deònach Gàidhlig a bhruidhinn rium, tha sin taghta.

Ciamar a tha mi a' faireachdai mu dheidhinn, sin ceist eile. Bha mi a' coimhead air an duilleig phàipeir a thug thu dhomh, agus mu dheidhinn ciamar a tha thu a' faireachdai, dè an diofar eadar a bhith a' bruidhinn Gàidhlig agus Beurla. An-diugh tha mi nas comhfhurtail a' bruidhinn Gàidhlig. Carson a tha sin? Well, tòrr de dh'adhbharan, really.

Cha leig thu leas a bhith a' bodraigeadh mu dheidhinn register, mar a chanas iad. Cha ruig thu leas. Nis, ann am Beurla feumaidh tu a bhith faiceallach. Well, bancair a tha seo, bruidhnidh mi mar seo. Chan eil an seo ach seann chrann-àiteach de thè mhuinntir Ghlaschu, bruidhnidh mi mar seo. Chan eil dragh agad ann an Gàidhlig – dìreach leig d' eich gu aonach saor gun srian. An rud a thig a-mach thig e a-mach.

Beurla, tha e nas duilghe, thoradh tha sinn air ar cuairteachadh le Beurla. Agus ged nach do choimhead mi air a' phàipear naidheachd an-diugh, tha e agam air iPad, agus cho luath 's a dh'fhalbas tu bidh mi a' coimhead air sin. Anns a' bhad, brùthadh air mo cheann-eanchainn. "A bheil sinn a' dol a dh'fhuireach san Roinn Eòropa, bheil sinn a' dol a dh'fhalbh? Dè an diofar a dhèanadh siud dhomhsa? 'S dè a-nis a tha seo, dè bha seo, ministear às Na Hearadh 's chaidh a ghlacadh..."

Tha daonnan rudeigin agus tha trioblaid co-cheangailte ri Beurla. Tha trioblaid co-cheangailte rithe. Chan urrainn dhut, thu fhèin, gnothaichean a ghabhail air do bhlian, mar gum biodh. Thoradh cho luath 's a chuireas tu air an teilidh, chì thu rudeigin a nì dragh dhut.

Mas e, an còrdadh e riumsa nan tigeadh teaghlaich à Romania an ath doras? Chòrdadh e math gu leòr dhomhsa. Ach tha thu air do chur gu dùbhlach ge brith cò an taobh a thionndaidheas tu ann am Beurla. Chan eil ann an Gàidhlig.

'S dòcha gur e sin, a' ciallachadh nach eil sa Ghàidhlig ach cànan cagailte, rud a chuala tu 's tu beag agus tha thu eòlach air, agus tha e a' toirt comhfhurtachd dhut. Na beachdan-smuain a tha thu a' cur

a-mach ann an Gàidhlig, tha iad gu math cumanta, tha thu air a bhith ga dhèanamh fad do bheatha, 's mar sin, tha e furasta, dhomhsa.

Beurla, cunnartach. Tha trioblaidean co-cheangailte ri Beurla, either a bhith ga leughadh, mar a tha mi, gun sguir – seall an nead de rodan a th' agam an seo, pàipearan an latha an-dè – tha mise a' leughadh ann am Beurla – rud beag de dh'Eadailtis an dràsta 's a-rithist – ach Beurla, agus an còmhnaidh, o chionn 's gur e nàdar a bheathaich, tha rudeigin sa phàipear a chuireas bacadh ort. Feumaidh tu a bhith a' ràdh, "Dè mo bharail air an siud? Chan eil fhios agam. Am biodh e math...?" Ach ann an Gàidhlig chan eil draghan mar sin ann.

GW 34.45

Seadh, so tha sibh ag ràdh ann an dòigh gur e cothrom a th' ann a bhith beò ann an saoghal nas simplidh, no nas comhfhurtail.

TM 34.55

Well, seadh, tha mise cho leisg ri duine sam bith, gu h-àraid aig m' aois. Tha mi leisg, agus ma tha dòigh furasta lathaichean a chur seachad, sin an rathad a ghabhas mi. Tha e nas comhfhurtail. Ach, feumaidh tu a bhith faiceallach. Mura bi thu air do phiobrachdainn an-dràsta 's a-rithist, chan ionnsaich thu. So tha e dìreach – the Aristotelian medium, you know – feumaidh tu do chùrsa a stiùireadh eadar an dà chuid.

Tha e laghach a bhith comhfhurtail agus a' faireachdainn blàth, mar gum biodh tu ann an amar uisge teth, ach tha e math cuideachd a bhith a-muigh san fhuachd. Agus feumaidh tu aig amannan do shròin a chur a-mach air an doras. Mar shamhla an-diugh, bha sneachd againn an-diugh. Bha sneachd, is na h-uain bheaga. Oh cha laigh i air an talamh idir, ach bha i fuar.

Agus ann an dòigh – 's e rough analogy a tha seo – tha mise a' smaintinn gur ann mar sin a tha saoghal mhic an duine. Tha mi a' smaintinn gur ann mar sin a dh'fheumas e a bhith – poille comhfhurtail, poille eile mì-chomhfhurtail. Agus leis an dà chainnt, tha mise gu math fortanach, tha an dà chuid agam.

GW 36.43

Gu dearbh fhèin, gu dearbh fhèin. Taing mhòr, a Thormoid. Well, dìreach aon cheist eile, agus air cànan a-rithist.

Bha sibh a' bruidhinn an-dè cuideachd mu na h-Èireannaich a bha a' fuireach ann an Glaschu. Bha fios agaibh cò iad, bho na h-ainmean. Agus an uair sin bha sibh cuideachd a' bruidhinn mu dheidhinn nan Gàidheal, agus an t-àite a bh' aig cànan agus an t-àite a bh' aig creideamh ann a bhith a' smaoineachadh mu dheidhinn daoine. Ach, bha mi a' uandraigeadh – bha caraid agaibh a bhiodh a' dol a Thìr Chonail, bha sibh ag ràdh.

TM 37.42

Bha, Francis Aloysius Carrabine, agus a bhràthair Thomas, agus bha fear eile ann, Gerald.

GW 37.51

Saoil am biodh Gàidhlig na h-Èirinn acasan?

TM 37.55

Chan eil fhios agam an robh. Tha mi a' smaoineachadh gun robh am màthair, bha ise na bu Ghàidhealaiche mar gum biodh na am bodach. Am bodach, tha mi a' smaoineachadh gur e a' chiad ghinealach de dh'Èireannaich ann an Glaschu, so's e prioc beag de mhuinntir Ghaschu a bh' ann. Bha e math gu bogsadh.

Ach, a' chailleach – nach eil e neònach – bha i math leis an t-snàthad. Bhiodh i a' dèanamh embroidery dham mhàthair. Bha mo mhàthair a' fuagheal, agus bha i a' dèanamh dreasaichean bheaga, ach ma bha trusgan a dhith oirre, flùraichean a chur air am beulaibh, 's ann gu cailleach Charrabine a chuireadh i an rud. Bha ise grinn na làmhan leis an t-snàthad.

Ach, far an robh sinne a' fuireach, cha robh ann ach – well, bha trì teaghlaichean, tha mi a' smaoineachadh, a bha Caitligeach, na Carrabines, na Bannans, agus Hughes. Cha robh ann ach aon ghille san teaghlaich sin.

GW 39.00

Ach an do chleachd sibh am facal "Gàidhealach" air an son an uair sin?

TM 39.03

Cha robh, no, dìreach – chanamaid, 's e pàpanaich a bh' annta. Sin a chanamaid. Agus tha cuimhne agam – tha thu a' brosnachadh mo chuimhne – tha cuimhne agam, aon oidhche, bha mi a-staigh againn fhìn, agus cò bha a-staigh ach Màiri Fhraochain, Mary MacGibbon, an tè à Loch a' Chàrnain a phòs an t-ìleach, Jimmy MacGibbon. Ach, co-dhiù bha Màiri Fhraochain a-staigh, agus dh'iarr mise airgead air mo mhàthair.

Thuirt mi rithe, "Bheir mi Lorna" (mo phiuthair) "sìos dhan a' Capitol, agus thèid sinn dha na movies, dhan cinema."

Agus thuirt mo mhàthair, "Dè a th' air air an t-seachdain-sa?" Bha iad ag atharrachadh a' phrògram a h-uile, cha mhòr, dà thriop san t-seachdain.

Agus thuirt mise, "Och, chan eil fhios agam. 'S e film neònach mu dheidhinn Caitligich, The Vision of Bernadette, cha toil leam idir e."

Agus Màiri Fhraochain, agus mo mhàthair. "Dùin do bheul."

Agus bha i ceart, bha e mì-mhodhail. Ach sin mar a bha sinn. Dh'fheumadh tu, mar gum biodh, dh'fheumadh tu innse dhan a h-uile duine gur e Pròstanach beag a bh' annad, agus gur e Rangers an team agad. Agus cothrom sam bith a gheibheadh tu, bhiodh tu a' cur sìos air na Caitligich. Even feadhainn às Uibhist.

Ach, ann an Uibhist fhèin, cha robh sin a' dol. Tha cuimhne agamsa, a' chiad – bha mi beag, beag – mu àm a' Pholitician, bha Seumas Mòr – bha mi shuas air holiday, cha chreid mi gun robh mi even

aois sgoile an uair sin, am Politician a' dol, agus thàinig Barrach le case, agus thugadh a-staigh e. Bha iad a' fuireach ann an Eilean Mòr an uair sin, fhios agad far a bheil an taigh aig Anndra Dhòmhnaill Iain Anndra, an Grìminis?

Air do làimh cheart, 's e Eilean Mòr a chanadh iad ris an taigh, agus bha sinn a' fuireach ann an shin. Agus tha cuimhne agam air Latha na Sàbaid bhiodh feedhainn a bha càirdeach dhuinne fad às, clann a' Mhuncaich a chanadh iad ris, Seonaidh Ailig a' Mhuncaich agus an teaghach aigesan, bhiodh iad a' coiseachd – 's ann à Caolas Fhlodaidh a bha iad. Bha iad a' coiseachd à Caolas Fhlodaidh, Baile a' Mhamaich, Baile nan Cailleach, Grìminis, agus bhiodh iad a' stad an Eilean Mòr airson cupa tì mun do rachadh iad chun na h-eaglaise aca.

So, mar sin, cha robh e a' dèanamh dragh sam bith dhuinne. Bha mise ga shamhlachadh ri dè an dath bha sna sùilean agad. Cha robh ùidh, really, fon ghrèin agam, an ann gorm no uaine no hazel no liath no glas. You know bha fhios agad gun robh iad rud beag diofraichte ach 's e na daoine againn fhìn a bh' annta.

GW 42.36

Seadh, ach na h-Èireannaich ann an Glaschu, bha iad gu tur eadar-dhealaichte, fiù 's nam biodh iad a' cur "Gàidheal" orra fhèin nan cainnt fhèin.

TM 42.48

Well, bha iad diofraichte o chionn cha robh obair ann dhaibhsan. Thàinig iad, well tha fhios agad, san naoidheamh linne deug. Dh'fhàs am buntàta grod agus thàinig iad nan ceudan, nam miltean. Gheibheadh iad passage à Londonderry gu Glaschu airson dà sgillinn no rudeigin, dà thastan, leth chrùn, two and six. Thàinig iad, ach cha robh sgilean aca son a' bhaile mhòr.

Agus tha thu a' dol a ràdh rium a-nis, "Dè na sgilean a bh' aig Dòmhnaill Eairdsidh Dhòmhnaill a' Mhachaire, a' tighinn às an taobh an iar Uibhist a Tuath. An aon rud a bh' aig Eairdsidh Dhòmhnaill Iain – bha e na bu mhotha, is bha e na bu làidire. Bha e air a dheagh bhiadhadh. Na h-Èireannaich, bha iad na bu lugha, agus bha iad na bu chaola, agus cha b' urrainn dhaibh obair fhaighinn anns na gasworks. Cha b' urrainn dhaibh obair fhaighinn anns a' ghranary. 'S e a bha dhith orra sa ghranary ach Gàidheil – daoine mòr foghainteach làidir à Trìodh agus na h-eileanan tha siud.

So, mar sin, bha sinn gu nàdarrach a' coimhead sìos orra, agus cuideachd...

GW 44.14

Cha robh dòigh sam bith ann gum biodh sibh a' coimhead orra mar Ghàidheil eile, mar eisimpleir?

TM 44.18

Oh, cha robh, cha robh really. Bha sinn – well, bha fhios againn gun robh iad leth-chàirdeach dhuinn, thoradh, nach eil e neònach, bhiomaid ag èisteachd ri Radio Èirinn, Athlone, nach eil e neònach, agus ag èisteachd ris a' cheòl aca. Agus bha e furasta, agus tha chun latha an-diugh, aithneachadh gu bheil iad gu math faisg oirnn.

Ach a dh'aindeoin siud, bha sinn a' coimhead sìos orra. Nis, na sinnsirean agam fhìn a thàinig gu Tìr Mòr, fhuair iad obair sa phoileas, ann an psychiatric asylums sin, fire service, gnothaichean mar sin. Agus an ginealach às an dèidh, chaidh iadsan nan accountants, no fir-lugha, no tidsearan, ach na h-Èireannaich, cha d' fhuair iad an cothrom. Cha robh sgilean aca nuair a thàinig iad, agus an aon obair a gheibheadh iad – general labourer sna yards no na h-obraichean a bha timcheall air bruthaichean na Cluaidh. General labourer.

Agus, cuideachd bha e nar n-inntinn nach robh sgoil aca. Cha robh na sgoiltean – seo, bha mise a' creidsinn seo, chan eil mi cho cinnteach an-diugh, ach an uair sin bha mi a ràdh, "Chan fhaod e bhith, chan eil sgoil idir aca. 'S e na Js a tha gan teagastg, agus chan eil dad nan cinn ach creideamh". Ann an dòigh cha robh mi fada ceàrr. Bha tòrr dhen sin ann. Na bràithrean, mar a chanadh iad, Marist Brothers agus na Js a bha a' teagastg sna sgoiltean, 's e a bha fainear dhaibhsan an creideamh aig a' chloinn a chumail làidir. Cha robh iad, cha chanainn-sa gun robh iad coma, ach cha robh uiread de dh'ùidh aca às differential calculus 's gnothaichean mar sin. Bha againne. So, bha sinn dhen bheachd, ma bha iad a' dol gu St Gerrard's Secondary School ann an Govan cha robh iad a' faighinn sgoil ann, nam bharail-sa. Agus 's dòcha nach eil mi cho fada ceàrr.

Neo-ar-thaing, bha deagh sgoiltean Chaitligeach ann. Bha St Mungo's agus St Aloysius'. St Aloysius', cha mhòr nach e fee-paying a bh' ann. So mar sin, suas an seo. Agus St Mungo's airson daoine beag a bha caran gealltanach, bha dòchas aca gun dèanadh iad rudeigin san sgoil.

An-diugh, tha mi a' smaointinn gu bheil sin air atharrachadh. Tha Holyrood, aig ceann a deas a' bhaile, cho math ri sgoil sam bith. 'S tha i mòr, chan eil fhios agam co mheud a bhitheas, mìle gu leth, 's dòcha, de sgoilearan. Agus nam faiceadh tu na Highers aca, tha iad math, ach 's e perception, mar a chanas iad – bha sinne a' coimhead orra, run robh iad na b' ìisle na sinne, thoradh cha robh na pàrantan, cha robh sgilean sam bith aca. Cha b' urrainn dhaibh, mar shamhla, a dhol gu muir, mar a bha na h-eileanaich. Gheibheadh eileanach sam bith, gheibheadh e obair air a' Chluaidh, boatman no na h-aiseagan a bha a' dol air ais is air adhart, an Skye navy a chanadh iad ris an obair a bha sin. Cha robh, cha robh an ceangal a bha sin aig na h-Èireannaich ann.

So, bha iad nan diolachan-dèirce ann an dòigh. Oh, tha e fada – agus cuideachd bha tòrr dhen fheadhainn a b' àirde, mar shamhla, a bha a' toirt seachad apprenticeships, bha iad an aghaidh na Caitligich. A' chiad cheist a dh'fhaighnicheadh iad, "What school did you go to, son?" Agus cho luath 's a chanadh esan, "Our Lady of the.." Mach à seo. Agus bha sin cruidh.

Agus 's beag an t-iongnadh gu bheil an fheadhainn a tha airson Glasgow Celtic cho dileas agus cho dùrachdach. Bha droch bheatha aca. Mar shamhla, bha an aifrinn aca ann an Kinning Park sa phàirc, a-muigh, cha robh togalach aca. Agus 's e a' cho-thional fhèin a thug seachad airgead airson St Margaret's a thogail.

So mar sin, bha e doirbh dhaibh. Ach bha iadsan a' tuigsinn gun robh iad aig bonn a' phioramaid, mar gum biodh. Agus bha fhios againne gun robh fheadhainn ann a bha a' fuireach ann an taighean mòra ann an Dumbreck, is ann am Bearsden 's Milngavie, Newton Mearns. Cha robh fhios againn cò às a bha iad, cò às a bha an t-airgead a' tighinn, ach bha airgead aca.

Bha fhios againn mu dheidhinn, ach gu deimhinne cha robh teagamh aig duine sam bith againn, an fheadhainn a b' ìisle, 's e muinntir Ghlaschu aig an robh pàrantan no sinnsirean às Èirinn. Agus ann an

dòigh, thug sin seòrsa de chumhachd aca. Bha iad coma – rachadh iad a shabaid ri phoileas. Ma tha thu ìseal cho ìseal, chan urrainn dhut tuiteam na b' ìsle. So, bha iadsan gu math deònach rud sam bith fheuchainn. Agus bha iad math gu sabaid, agus cuideachd bha e na chleachdad aca boxing clubs a bhith aca, so bha iad math air bogsadh. Agus an rud a chòrd riumsa mun deidhinn, cha robh an t-eagal orra idir, cha robh an t-eagal orra idir. Tidsearan, policemen, duine sam bith mar sin, cha robh dragh aca.

So bha tarraing annta, ach cha mhòr nach e untouchables a bh' annta nam latha-sa. Muinntir Ghlaschu le sinnsirean às Èirinn, agus really ma smaoinicheas tu, an aon fheadhainn a bha Caitligeach 's iadsan agus deannan às Uibhist a Deas agus Èirisgeigh is Barraigh. Sin e. An còrr, bha iad Pròstanach.

So, tha sin, mar gum biodh, nam chnàmhan fhathast, ach tha mi a' faicinn – tha mi ga fhaicinn nas soilleire an-diugh, tha mi a' smaointinn, you know. Ach sin mar a bha e.

Tha, mar a thuirt mi mar-thà mu dheidhinn perception. Sin mar a bha mi a' coimhead air an t-saoghal an uair ud, nuair a bha mi beag. Bha mi a' smaoineachadh gun robh mise aig ìre mar seo, bha iadsan na b' ìsle, bha fheadhainn na b' àirde. Agus, nach eil e neònach, faodaidh do bharail a bhith diofraichte – tha e a' toirt dham chuimhne an t-òran, 's dòcha nach aithnich thu e. Ciamar a-nis a tha e a' dol. Oh aidh.

Mo nighean dubh, tha bòidheach dubh,
Mo nighean dubh, na tràig mi.
Ged theireadh càch gu bheil thu dubh,
Cho geal 's tha an gruth leam fhèin thu.

Thig stocaidh gheal mud rogha dealbha
Air do chalpa glè-gheal,
Brògan barra-chumh'nn, 's bùcaill airgid,
Oigh air dhealbh na grèin' thu!

Mo nighean dubh, tha bòidheach dubh,
Ged theireadh càch gu bheil thu dubh,
Cho geal 's tha an gruth leam fhìn thu.

Sin mar a tha. Bheil fhios agad, an cleas a tha siud, leis a' ghlainne. A bheil e leteach làn, no a bheil e cha mhòr falamh?

Agus canaidh mi dìreach san dealachadh – làthainchean a tha mi a' dùsgadh agus mas e a' Ghàidhlig air mo bhilean, tha mi caran toilichte, greiseag. Mas e Beurla a th' air mo bhilean, leis na naidheachdan mar sin, tha mi caran an-fhoiseil fad an latha. So sin comhfhurtachd, agus mì-chomfhurtachd.

Thursday: Cruthachalachd

GW 00.20

Diardaoin an-diugh. So, tha sinn air a bhith a' dol fad trì – seo an ceathramh latha againn.

TM 00.27

Nach eil e mìorbhaileach. Cha do dh'fhairich mi fada e idir. Tha e mìorbhaileach, you know, tha an ùine a' dol seachad cliobhar, nuair a bhios tu air do dhòigh.

GW 00.40

Well, fhad 's a tha sinn a' cumail comhfhurtail, le dùbhlán bho àm gu àm, ge-tà. Bha – Diluain, bha sinn a' dèligeadh leis an teaghlaich, Dimàirt leis na sgoiltean dhan deach sibh, bhur foghlam mar gum biodh. An uair sin, an-dè, a' choimhearsnachd, neo na coimhearsnachdan.

TM 01.06

Eadar Beinn na Faoghla agus Govan, aidh. Agus mar a bha iad air an roinn, Caitligeach is Pròstanach, agus na h-eileanaich, bha an dà chuid còmhla. Cha robh diofar eatorra. Ach ann an saoghal na Beurla ann an Glaschu nuair a bha mi beag bha beum fada ann, beum domhainn ann, eadar Caitligich – Èireannaich cha mhòr air fad – agus na daoine againn fhìn, na h-Albannaich mar gum biodh.

Agus gu ìre tha sin fior chun an latha an-diugh, a Ghòrdain. Thoradh, cuimhne agad, fhuair Rangers, fhuair iad àrdachadh o chionn cola-deug. Agus nam faiceadh tu na th' ann de dhaoine a thèid a' dh'Ibrox, agus a Pharkhead, dh'fhaodadh na Sasannaich – bidh mi a' faicinn na daoine, co mheud daoine a thèid gu geama ann an Sasann, English First Division, tha ainm mòr aca, tha mi a' smaoineachadh gu bheil iad a' ràdh gur e Premier League a th' ann, thirty one thousand, thirty five thousand – nis, bidh trì fichead mìle ann am Parkhead an aghaidh Rangers, agus an aon rud Rangers an aghaidh Celtic. So, mar sin, feumaidh gu bheil buaidh aig, well canaидh sinn creideamh, ann an Glaschu fhathast. Bha sinn a' bruidhinn air siud an-dè.

Ach an-diugh cò air a tha sibh a-mach? Dè?

GW 02.53

Well, bha mi a' smaintinn 's dòcha gum b' fhiach e smaoineachadh, well dìreach nam biodh personal reflections agaibh fhèin, mar gum biodh, air dè na toraidhean a thàinig a-mach às a' bhacground a bha sin. Thoradh, tha sibh air a bhith ri teagasc, ri ceòl, ri bàrdachd, ri sgrìobhadh, ri comedy. Tha sibh air tòrr rudan a dhèanamh, agus cò às a thàinig na rudan sin? Carson a tha iad annaibh?

TM 03.23

Chan eil fhios agam, tha mi a' smaintinn gur e, mar a chanas iad sa Bheurla, narcissist a bh' annam. 'S ann a bha mi ag atharrais air daoine eile. Sin mar a thòisich mi, mar shamhla, air sgrìobhadh. Cha robh mi ach naoi bliadhna nuair a sgrìobh mi a' chiad nobhail. Bha mi an dèis a bhith a' leughadh mu Beau Geste agus La Légion Étrangère, agus sgrìobh mise nobhail mu dheidhinn na Gearmailtich, agus na Frangaich, agus na h-Albannaich a bha san airm Frangach a tha sin, sabaid an aghaidh na Tuaregs.

Agus sgrìobh mi e. Bha mi gu math gleusta an uair ud. Dh'fhàs mi gòrach nuair a dh'fhàs mi sean, ach 's e a rinn mi, fhuair mi leabhar san sgoil, agus sgrìobh mi gu mionaideach a h-uile facal ann an dubh 's an geal, agus bheirinn dhut e nan toireadh tu dhomh dà sgillinn agus leth-sgillinn, fad seachdain, dh'fhaodadh tu.

Tha mi a' smaointinn gun do rinn mi, mu dheireadh, rudeigin mar tastan agus sia sgillinn a-mach às an rud. Dh'fhàs na daoine sgìth. Ach bha nòisean agam ri sgrìobhadh.

An uair sin sgrìobh mi fear eile. Bhithinn-sa mu dheich bliadhna no streadh ri dusan bliadhna a dh'aois. Bha mi an dèis a bhith a' leughadh mu Richmal Crompton, agus na Just William.. So bha tòrr sgeulachdan agamsa mu dheidhinn sgioba bheag às Govan a bhiodh a' dol a' ruagadh timcheall air Glaschu agus a' faighinn ann an trioblaid, dìreach a' leantainn eisimpleir Richmal Crompton.

An aon rud, tha mi a' smaointinn 's dòcha gun do rinn mi dà thastan air an fhear ud. Agus an uair sin sgur mi.

Agus riamh on uair sin, nuair a dh'fheuchainn ri obair chruthachail a dhèanamh, 's ann a' magadh no a' leantail eisimpleir cuideigin eile a bha mi. Even bàrdachd, ann an Gàidhlig 's ann am Beurla. Òrain, an aon rud. 'S e a tha mi a' feuchainn ri ràdh, chan eil sradag air an taobh a-staigh dhìom a tha, mar gum biodh, gam bhrosnachadh gu obair chruthachail a dhèanamh. Chan eil ann ach dìreach, 's e deisciobal a th' annam. Bidh mi a' leantail càch.

GW 06.07

Ach tha cruthachalachd shònraichte annaibh ge-tà.

TM 06.12

Well, tha rud ann gun teagamh, agus tha mi a' smaointinn gu bheil gnothach aige ri mar a chaidh mo thogail. Bha mi, gu math tràth dh'aithnich mi gun robh diofar seòrsa de shaoghail nam bheatha, gu math tràth. Saoghal na Beurla, saoghal na Gàidhlig. Saoghal na Beurla sna gangs, saoghal na Gàidhlig còmhla ri mo choimhairsnaich, agus còmhla ri daoine a bha na bu shine na mi.

So, mar sin, tha mi a' smaointinn gun robh, ciamar a chuireas mi e, gun robh strèan ann eadar, mar gum biodh, dà chultar. Agus tha mi dhen bheachd, 's dòcha gu bheil mi ceàrr, gum feum strèan a bhith ann, feumaidh brùth air choireigin a bhith ann, mun tog thu peann gu bàrdachd a sgrìobhadh, no òran a sgrìobhadh, no port pìobadh a dhèanamh. Feumaidh mar gum biodh brùth air choireigin ann. 'S bha sin nam bheatha, is 's ann às an sin a thàinig an rud beag de dh'obair chruthachail a tha mi air a bhith a' dèanamh fad mo bheatha.

Chan eil fios agam an e freagairt math a tha sin, ach an dràsta aig m' aois agus a' coimhead air ais 's ann mar sin a bha e.

Nis, chan eil fhios agam mu dheidhinn sgrìobhadairean eile. Mar shamhla, chan eil fhios agam dè a bhrosnaich an leithid Alasdair McCall Smith, no Irvine Walsh, no Ian Rankin 's na daoine tha sin. Ach tha mi a' smaointinn gun robh iad, ga chur gu simplidh – choimheadadh iadsan air obair eile 's chanadh iad, "Tha sin furasta. Dhèanainn fhìn siud." Agus dh'fheuch iad, agus bha iadsan math. Well, chan eil fhios agam cho math 's a bha iad, ach chòrd na bha iad a' dèanamh ris an t-sluagh, gu mòr, gu mòr.

Bha mi ag innse dhut mu Alasdair McCall Smith, bodach beag geal. Chunna mi dealbh dheth bho chionn cola-deug ann an cafaidh. Bodach beag brèagha a th' ann. Aithnicheadh tu gur e duine uasal a th' ann, sa chlas meadhanach. Tha Burberry blazer air, tha lèine shnog agus taidh, agus dh'aithnicheadh tu nach e borbair cumanta a bha a' dèanamh a ghruaige. Bha i air a gearradh gu snog.

Co-dhiù, 's e a bha e a' dèanamh, bha muga na làimh, agus sgrìobhte air a' mhuga bha na faclan "Scotland Road Coffee", air ainmeachadh as dèidh sreach de novels a tha e air a bhith a' sgrìobhadh mu Scotland Road.

Smaointich. Abair urram. Bha mise a' ràdh rium fhìn, "Saoil, a Thormoid, tha, na Tearaich shuas an siud a tha a' dèanamh gin, saoil an cuireadh iad a-mach seòrsa de gin às na Hearadh, air am biodh e sgrìobhte Leper's Brew – You'll always be alone." Agus dealbh dhìom-sa nam chnap san t-sèithearn sa phub agus càch gam sheachnad. Oh, cha tachair e gu bràth, ach tha mi a' smaoineachadh gur e urram mòr a tha sin do dh'Alasdair, Alexander McCall Smith.

GW 10.21

Bha e shuas ann an Taigh Chearsabhagh, nach robh?

TM 10.23

Bha e ann an Taigh Chearsabhagh, agus sin an rud bu bhrèagha a rinn e riamh. Bha an t-àite làn gu spreadhadh, tha e coltach.

Co-dhiù, cò air a bha mi a-mach? Bha mi a' bruidhinn mu dheidhinn, mar a chanas mise, na draoidhean, na trì draoidhean – three wise men from the east, an àird an ear. Siud an fheadhainn a rinn tomhas dè chòrdadh ri daoine ann an sgrìobhadh. 'S bha iadsan ceart. Na tha iadsan a' sgrìobhadh mu dheidhinn drugaichean, Irvine Walsh, mu dheidhinn Superman Detective Inspector Rebus – tha e dìreach mìorbhaileach, am fear sin. Tha miann bàis aig daoine a bhith a' leughadh an stuth a tha sin.

Agus, gu mì-fhortanach, chan eil dad aca mu dheidhinn na tha mi-fhìn a' sgrìobhadh.

GW 11.35

Tha fhios nach robh iadsan ri ceòl, agus ri seinn, agus ri piobaireachd, agus comedy, agus a h-uile rud eile a tha sibh air a bhith a' dèanamh.

TM 11.44

Faodaidh mise bàrdachd a dhèanamh. Tha mi caran seann-fhasanta leis a' bhàrdachd. Nuair a bha mi san oilthigh bha fèill mhòr air fear à Ratharsair, Somhairle MacGill-Eain. Bha na h-oileanaich eile a' smaointinn gun robh Somhairle mìorbhaileach. Cha robh cus agam fhìn ma dheidhinn ach 's dòcha gur e mise a bha a' fàilligeadh.

No, tha mise a' dol air ais rud beag, nas fhaisge air an ochdamh linn deug. A' bhàrdachd ùr, cha robh mòran agam mu dheidhinn. Chan ann a' dèanamh dì-meas air obair Aonghas Phàdruig, no rudeigin, ach chan e sin an stoidhle bhàrdachd as toil leamsa.

In fact, aidh, faodaidh mi seo, sorry, air an ath mhìos, Paul McCallum, bha sinn a' bruidhinn air Paul còir. Dh'iarr e orm òran a sgrìobhadh do dhuine – dè an t-ainm a th' air – fear MacLeòid a tha na neach-lugha ann an Inbhir Nis. Agus 's e a buannaich bonn òir A' Chomuinn Ghàidhealaich – cha b' ann an uiridh ach a' bhòn-uiridh, dà mhìle 's a ceithir-deug.

Chunna mi e, tha seòrsa de chuimhne agam, duine òg brèagha, agus tartan nan Leòdach air, am fear grannda buidhe a tha siud, ach sheinn e, chan eil cuimhne agam ciamar a sheinn e, ach tha e a' tighinn a dh'Uibhist air an ath mhìos, agus tha oidhche mhòr gus a bhith aca. 'S e Pòl a tha ga ruith, ann an Càirinis. Agus dh'iarr e orm òran a sgrìobhadh dhan duine a tha seo. Cha chreid mi nach e, 's dòcha gur e leth-Sgitheanach, no 's dòcha gur e Hearach a th' ann, 's dòcha gur e Leòdhasach a th' ann, ach MacLeòid an t-ainm a th' air.

Agus innsidh mi dhut carson a tha e. Bheil cuimhne agad air nighean òg – an e Eilidh a bh' oirre – Macdonald à Uibhist a Tuatha a bhàsaich, fhuair bàs uabhasach aithghearr? Aillse, tha mi a' smaointinn a bh' oirre. Cha robh i ach, chan eil fhios agam, sna ficheadan, tràth sna ficheadan. Bhàsaich i fada ro chliobhair, ach co-dhiù. Tha feadhainn ann fo bhratach "A million miles for Eilidh", no rudeigin. So tha seo gus a bhith ann. An leugh mi e? Bheireadh e blasad dhen stoidhle agam, caran seann-fhasanta.

'S e an tiotal "An Oiteag Uibhisteach"

Tha m' inntinn-s' air ghleus
Bhon chunna mi am manadh -
Bàird a' Chinn a Tuath gu lèir
Gam bhrosnachadh gu rannan.
Is aotrom mo cheum
A' trial gu Loch na Lacha
San àit' dhan tug mi spèis,
Gur teann a tha na bannan.

Fhad 's a bhios mi buan
An Uibhist bheag mo sheanar
'S e mo mhìann bhith 'dìreadh suas
Gu Eubhal 's àille sealladh.
On mhullach chì mi bhuam
Tràighean riomhach, geala
Fraoch is locha fuaitlt'
'S na cluaintean pasgan thaighean

Bheir mi luadh thar chàich
Do bhailtean brèagha mo dhaoine:
Am Baile Sear is Bail' Mhic Phàil
Loch Euphort is An Caolas.
Innsidh mis' an-dràst',
Rim bheò cha dèan mi caochladh,
'S cha teirig dhaibh mo ghràdh,
Ged tha an teaghlaich sgaoilte.

Na gaisgich choisinn cliù
MacAsgaill Mòr gum b' fheuch e,
Mac Fhearchair rinn na dàin bho thùs,
Dòmhnull Ruadh 's MacAoidh cho fialaidh.
Tha 'n dileab fhuair sinn bhuap'
Toirt togail bhlàth dhar n-inntinn.
Ach moladh cha bhi buan,
'S cha mhair ainm gu sìorraidh.

'S i 'chrìoch a tha 'n dàn
Dhan t-saoghal seo bhith 'crionadh,
Na beanntan fhèin sna cuantan bàitht'
'S na daoine air am pianadh.
Dh'fhuiling sinn mar thà
Thuit rionnag às an iarmait -
Tè òg a dh'fhalbh tràth
Air oiteag bheag bhon iar-dheas.

Bidh saorsa Dhè 's a ghlòir
A' tiormachadh ar sùilean,
'S cha bhi bàs no bròn
Air talamh 's nèamhan nuadha.
Gabhaidh sinne còir
Air saoghal ùr gun dùbhlann,
Cha bhi osnaich ann nas mò
'S cha chluinnear gal no ùpraid

So, MacAsgaill, sin a bha Pòl a' ràdh, dh'fheumainn iomradh a thoirt air an fhuamhaire. Chan eil fhios agam carson.

GW 17.01

'S toil leam sin. Tha rhythm ann.

TM 17.04

Oh tha, agus gabhaidh – chan eil fhios agam dè cho math 's a tha an gille gu seinn. Rinn mi fonn cuideachd. Ach co-dhiù, sgrìobh mi a-mach an ceòl agus, oh 's fhada on a chuir mi gu Pòl e.

So, tha mi a' gabhail fadachd gun cluinn mi dè nì iad dhen òrain. Chan e am fear a b' fheàrr a rinn mi. Rinn mi feadhainn, tha mi a' smaointinn, nas fheàrr na sin.

Ach co-dhiù, mar a thuirt mi, mura bheil daoine deònach an rosg agam a leughadh, biodh aca, tha sin alright, dh'fhaodadh sibh do thòn a chur rium. Sgrìobhaidh mi bàrdachd, air neo nì mi port phìobaireachd, air neo 's dòcha gun sgrìobh mi film script. Tha tàrr ann a dh'fhaodas mi dèanamh ann an roinn chruthachail.

GW 18.05

Agus bha dà chultar agaibh bho thùs. Ach chan e sin a-mhàin, ge-tà, ach gun robh, well barrachd 's dòcha – bha co-dhiù dà chànan agaibh cuideachd.

TM 18.19

Bha, bha gu dearbh. Agus tha fhathast. Agus, an dràsta, air Diardaoin – chan eil fhios agam cò an latha a th' ann, an e an t-siathamh latha thar fhichead, cà' bheil sinn sa mhìos? – ochdamh latha thar fhichead sa mhìos, dà mhìle 's a sia-deug, tha mi, mar gum biodh, rud beag crosta mu dheidhinn rosg ann am Beurla. Gheibh mi os a chionn. Tha fhios agam. Dìreach an-dràsta tha mi air mo hurtadh rud beag nach eil foillsichear ann am Beurla deònach an obair agam a chur a-mach ann an clò.

Gheibh mi os cionn sin, ach dìreach an-dràsta, so tha mi nas dèidheil, an dràsta fhèin, an-diugh, air Gàidhlig. Agus, cha chreid mi nach tuirt mi riut an-dè, latha sam bith a dh'èireas mi agus Gàidhlig air mo bhilean tha mi gu math toilichte. Agus 's ann mar sin a bha mi an-diugh. Agus 's ann a bha mi a' cuimhneachadh air seann òran. 'S dòcha gum bi ùidh agad às. 'S e òran Sgitheanach a th' ann, agus am bodach – cha chreid mi, well 's e mo bheachd-smuain gun deach a dhèanamh às dèidh Blàr Aboukir Bay, tràth san naoidheamh linn deug, thoradh bha tòrr de Sgitheanaich an lùib a' bhatail a bha siud. "Tha mi 'n dùil, tha mi 'n dùil, tha mi 'n dùil a bhith tilleadh."

Ach am fear seo 's e

O 's toil 's gur ro-thoil leam

Gur e mis' tha fo mhulad
Is nach urrainn dhomh innse

O 's toil 's gur ro-thoil leam

Mi an ospadal Shasainn
Is trom airsnealach sgìth mi

O 's toil 's gur ro-thoil leam

Gun fhios 'am nach e am bàs e
'S nach toir bàta Phortrigh mi

O 's toil 's gur ro-thoil leam

Beir an t-soiridh bhuam fairis
Gu ceannachean Lìte

O 's toil 's gur ro-thoil leam

Gu gillean na Hearadh
Is gu Alasdair Piobair

O 's toil 's gur ro-thoil leam

'S toil leam an t-òran beag a tha siud, thoradh – cha bhi seinneadairean an latha an-diugh a' seinn a leithid, cha bhi idir – ach 's toil leamsa e thoradh tha e a' sealltainn, dhomhsa co-dhiù, uaireigin bha ceangal làdir eadar muinntir an Eilein Sgitheanaich agus na Tearaich. "Gu gillean na Hearadh, is gu Alasdair Piobair."

Agus, cha chreid mi, an rud a bh' ann – 's dòcha gun robh Tearaich san arm còmhla ris, well 's cinnteach gun robh, agus chaidh an trèanadh ann an Dùn Èideann, agus bhiodh iad a' caitheamh tòrr ùine sna taighean-seinnse ann an Lite – "gu ceannichean Lite", "beir an t-soiridh bhuam fairis".

Nach eil e laghach gur ann mar sin a bha iad – gun robh bodach Sgitheanach, a bha an uchd a' bhàis, bha e a' smaointinn air na gillean às Na Hearadh. Agus an rud bu neònaiche air fad mun òrain, 's ann a dh'ionnsaich mise bho Uibhisteach an t-òran. So tha sin a' meanigeadh gun robh iad caran faisg dha chèile.

GW 22.19

Seadh, na Gàidheil a' tighinn còmhla, mar gum biodh.

TM 22.23

'S e Seumas Mòr a bhiodh a' gabhail an fhir ud, agus mar a thuirt mi, chan eil nòisean aig clann an latha an-diugh dha na h-òrain sin. 'S dòcha gu bheil na fuinn rud beag – tha e caran an aon rud, chan eil iad uabhasach tlachdmhor, na fuinn, thoradh, riamh leis na Gàidheil, nam bharail-sa, bha na briathran fada na bu chudromaiche na na fuinn.

Ged a bhios mi fhìn a' feuchainn ri fuinn ùr a dhèanamh tha fhios agam nach robh sin air mullach na craoibhe dha na seann bhàird. Bha iad coma dè am fonn a bhiodh ann. 'S e na briathran a bha a' cunntadh. Agus tha mise an aon rud, chun an latha an-diugh.

GW 23.18

So, a' feuchainn ri seo a chur ri chèile, mar gum biodh, agus na ceanglaichean a mhìneachadh – well, ma tha ceanglaichean ann – eadar an dà chultar, an dà chànan, agus an cruthachalachd a th' agaibh.

TM 23.45

Chanainn-sa an toiseach gun robh e gu math furasta dhomhsa a bhith ag atharrais air Seumas Mòr mac Aonghais 'ic Iain Mhòir, thoradh bha stoidhle aig a' bhodach, agus thuigeadh tu air a h-uile facial a chanadh e, agus 's e performer a bh' ann dheth, gun teagamh.

So, bha e furasta dhomhsa a bhith, chan ann a' magadh air, ach ag atharrais air, agus an toiseach 's ann tro fuaim a bha mi a' dèanamh atharrais, ach nuair a dh'ionnsaich mi mar a sgrìobhainn, 's e sin ann am Beurla – bha mi sean mun d' fhuair mi ionnsachadh mar a sgrìobhainn ann an Gàidhlig, tha mi a' smaoineachadh gun robh mi seachd bliadh'n' deug mu faca mi facial sgrìobhete ann an Gàidhlig, ach co-dhiù – fuaimean, bha mi meadhanach math air, ann am Beurla – thoradh sin agad an lagh an uair ud, 's e an lagh a th' ann an latha an-diugh, feumaidh tu Beurla a bhith agad, feumaidh bhith comas leughaidh is comas sgrìobhaidh agad ann am Beurla – agus bha mi cho neo-choireach, bhithinn a' coimhead air leabhar Richmal Crompton no, cha robh e gu diofar dè a bha mi a' coimhead – Dombey and Son, Bleak House – bhithinn a' ràdh, cho neo-choireach 's gun fhios agam

dè cho doirbh 's a bha, "Dhèanainn fhìn siud. Agus feuchaidh mi a-nochd." Agus thòisich mi a' sgrìobhadh.

Agus cha robh duine a' cur bacadh orm. M' athair, well cha robh e aig an taigh, mo mhàthair, cha chuireadh i stad orm, bha i dìreach a' leigeil leam a bhith ag obair le peansail is pàipear aig a' bhòrd. Bha mi air mo neo-ar-thaing, mar gum biodh. Mar sin, 's dòcha nam b' e, canaidh sinn, 's dòcha nam b' e dotair a bha nam athair, agus tidsear a bha nam mhàthair, 's dòcha gun robh iadsan air a ràdh, "Carson a tha thu a' bodraigeadh – cuir sìos sin is dèan na sums agad, no dèan an litricheadh. Na bi a' feuchainn ri bàrdachd a sgrìobhadh, no sgeulachd ghoirid a sgrìobhadh." 'S dòcha gun robh iad air stad – cò aige a tha fios?

Ach mo mhàthair, cha do chuir i bacadh orm riamh. So, bha mi saor, mar a thoilichinn fhìn. Dh'faodainn rud sam bith a dhèanamh, agus o chionn 's gun robh mi òg is neo-choireach, bha mi a' ràdh, "Nì mise an dearbh rud a rinn Richmal Crompton, no a rinn Teàrlach Dickens. Cò th' ann an Teàrlach? Tha mi cheart cho math ris." Cha robh duine gam cheartachadh.

GW 26.54

Dè mu dheidhinn comedy, ma tha?

TM 26.58

Comedy, well, bha sin annam. Tha mi a' smaointinn air fear aig a bheil a' choire gun do dh'fheuch mi ri bhith a' toirt air coigrich gàire a dhèanamh. 'S e fear à Beinn na Faoghla, 's e Tormod Ruadh MacMhaoilinn an t-ainm a bh' air. 'S phòs e ban-Deasach agus għluais e, chaidh e air imprig gu – cà' robh, shuas aig deas, Bagħasdail, tha mi a' smaointinn, no Cille Pheadair 's dòcha.

Bha, an tè a phòs e, 's e tidsear a bh' innte, agus bha Tormod Ruadh, bha e uabhasach fhèin èibhinn. A' chiad cuimhne a th' agam air comedy fhaicinn air an àrd-ùrlar, 's ann ann an Sgoil Chnoc na Mònadh a bhiodh iad a' cumail nan cèiliidhean an uair sin. Agus bha Tormod Ruadh ann, agus bha prabalais aige mu dheidhinn iacht a dh'fhàg e ann am Pol nan Crann. Bha e gu math èibhinn.

Agus tha cuimhne agam, bhiodh e a' tighinn chun an taighe, agus daonnaen bhiodh e a' feuchainn ri gàire a thoirt oirnn. Bhitheamaid nar lùban aig èisteachd ris. So nam cheann bha mi a' ràdh, "Chòrdadh e riumsa rudeigin mar sin a dhèanamh latha brèagha air choireigin".

Cuideachd, bha Seumas Mhurchaidh èibhinn, e fhèin, agus a charaid Iain Ruairidh Fhearchair. Sin fear eile a bha èibhinn. Agus shaoil mise, "Seo na daoine a tha mise airson a bhith a' leantail". Nach eil e neònach, a-nis, bha fear Leòdhasach ann a thàinig a Bhaile a' Mhanaich – 's e Cailleach an Deucoin a chanadh iad rithe, agus cha do chòrd e riumsa idir. Bhiodh e, bhiodh e a' dèanamh full drag. Chan ann, you know, 's ann dha-rìreabh a bha e – brollach agus dreasaichean fada is bhiodh e a' bìogail cuideachd, "Cò, ma tha, às a thàinig thu?" Mar sin. OTT, chanainn-sa, agus cha robh na h-Uibhist ga fhaighinn èibhinn ann. Ach co-dhiù, bha meas mòr aig na Leòdhasaich air – Cailleach an Deucoin – "Oh, bha e mìorbhaileach." Cha do chòrd e riumsa.

B' fheàrr leamsa Tormod Ruadh agus na breugan a bha e ag innse dhomh mu dheidhinn iacht a bh' aige a-muigh air a' bhàgh, agus mar a fhuair e cigarette bho choileach a bha san taigh bheag còmhla ris. Sin an seòrsa fantasy a bh' aig Tormod Ruadh, agus sin an rud a chòrd riumsa.

Agus, nach eil e neònach, lean mi fear Caitligeach, fear air a bheil mar ainm Billy Connolly. Nis, bha mi gu math sean an uair sin. Bha mi, oh ghràidhein, bha mi a' streap ri dà fhichead bliadhna, thirty six, thirty seven no rudeigin mar sin, 's chuir pal dhomh, chuir e thugam cassette dhen fhear-sa. "Connolly... còir agaibh... St Gerrard's..."

Dh'èist mi ris. Thuig mi – sin an seòrsa rud a tha mi airson a dhèanamh. Thuige sin, tha, luchd comedy ann an Alba, 's e Merry Mac's Fun Page a bh' ann, you know, "I went into the garage, asked the guy to check my tyres, he said, 'you've got four', hahaha." Sin an seòrsa stuth a bha iad a' dèanamh, ach bha Connolly a' ràdh gun robh cuimhne aige air Màiri's Wedding, agus an tidsear aig a' phiano. Ars mise, "Dh'fhaodainn-sa siud a dhèanamh."

Agus ann an ùine nach robh fada às a dhèidh, leth-bhliadhna, bha mi ga dhèanamh.

GW 31.13

Ach bha sibhse ga dhèanamh gu dà-chànanach.

TM 31.16

Bha, bha, san dà chànan, bha.

GW 31.18

An fheadhainn ron sin, nuair a bha sibh ann an Uibhist fhèin, agus an fheadhainn a chòrd ribh an uair sin, an robh iadsan a' bruidhinn ann an Gàidhlig a-mhàin?

TM 31.27

Ann an Gàidhlig, seadh, ann an Gàidhlig, bha a h-uile duine, agus na seinneadairean cuideachd. Mhìll iad mise cuideachd, a thaobh seinn. Cuimhne agad, cha robh leithid de rud mun mhicrophone aca an uair ud ann. Agus nam b' e seinneadair a bhiodh annad, dh'fheumadh tu a bhith cinnteach gun robh thu a' cur a-mach na faclan, a' cur a-mach na loidhne.

Agus 's e an aon rud sna h-eaglaisean. Chan eil fhios agam dè bha na Caitligich a' dèanamh, ach san eglais againne, an eglais stèidhete ann an Grìminis, bha precentor ann. Bha esan a' cur a-mach na loidhne agus a' cho-thional a' seinn còmhla ris às a dhèidh. Ach, dh'fheumadh – mas e seinneadair a bha gu bhith annad, dh'fheumadh tu a bhith cinnteach gun robh guth làidir agad.

Agus mhìll sin mi, ann an Gàidhlig, agus cuideachd ann am Beurla. Thoradh an aon fheadhainn a chluinninn a' seinn ann am Beurla, 's e mar a chanas iad, backstreet singers a bh' annta. Bodaich robach – bha seo goirid às dèidh a' chogaidh, cha robh airgead ann, tha mi a' smaoineachadh gur e saoghal cruaidh a bh' aig mo phàrantan, cha robh againne, bha sinn alright – ach bhiodh na bodaich a bha seo agus còtaichean mòra trom orra, agus bha iad gu math robach, ach neo-ar-thaing guth. Bha iad uile a' seinn bel canto.

Agus 's e a bhiodh na boireannaich sna tenements a' dèanamh, bhiodh iad a' togail sgillinnsean, ga pasgadh ann am pàipear naidheachd, agus ga tilgeil a-mach. Agus bhiodh esan ann an teis-meadhan O sole mio "Thanks very much, missis", agus chumadh e air. So stiog sin nam cheann – seinneadair, guth mòr làidir.

Nis, nuair a thàinig na microphones, an uair sin ghabh mi gràin. Well, chan e gun do ghabh mi gràin, ach dìreach chuir mi mo chùl riutha. Cho luath 's a chuala mi Tommy Steele, Never felt more like singing the blues, sin nuair a roghainnich mi, chan e sin an t-seinn as toil leamsa. Agus sheachain mi Anglo-American pop on uair sin.

Cha chuala mi na Fab Four nas mothà. Chuala mi aon triop iad, thoradh bha fèill mhòr orra, toiseach na trì ficheadan, chan eil fhios agam cuine, trì fichead 's a ceithir no rudeigin mar sin, agus dh'èist mi ri, tha mi a' smaointinn, dà òran a rinn iad agus a' chiad char, thuirt mi rium fhìn, "Chan eil guthan seinn aca idir". Cha robh làidir, cha sheasadh iad ann an Sgoil Chnoc na Mònadh.

Cuideachd bha mi a' ràdh, "Na h-òrain, tha iadsan feumach air beagan obrachadh fhathast." Bha mi a' smaointinn gun robh na briathran caran lag – She loves you, yeah, yeah, yeah, um, All you need is love. Cha chuirinn sin a-mach idir, cha chuirinn m' ainm ri bàrdachd mar sin, ach co-dhiù, tha mi air a bhith a' seachnad Anglo-American pop on uair sin.

Agus gu dearbh fhèin, cha do dh'fhairich mi an diofar, thoradh tha ceòl agam fhìn ann. Ach, nach eil e neònach, tha iad uile math air seinn. An-dràsta chanainn-sa gur e Eadailtich, Gearmailtich cuideachd, Kaufmann agus tha tè bheag à Latvia ann, soprano – 's toil leam daoine aig an robh trìanadh airson seinn. Mura bheil sin agad, biodh agad.

Nach mi a tha cruaidh orra, ach nuair a chluinneas mi seinneadairean an latha an-diugh – chan èist mi riutha ro fhada, deich diogan, tha mi dìreach a' ràdh rium fhìn, "Och, mike-gobbler, no use, no." Agus chan eil mi a' faireachdainn dona mu dheidhinn idir. Tha mi beò, agus faodaidh mi uair sam bith a dhol gu Pavarotti no Kaufmann no tha fear eile ann a thàinig am bàrr, oh aidh, Roberto Alagna. 'S toil leam – agus 's toil leam feedhainn dhe na Latinas, Ana Gabriel, Celia Cruz. Cuideachd, nach eil e neònach, 's fior thoil leam Édith Piaf, ann am Fraingis. Bha guth aicese. Gilbert Bécaud ann am Fraingis. 'S toil leam a bhith ag èisteachd ri siud, agus tha mi toilichte gu leòr. Chan e gnothach duine sam bith eile dè tha còir agam a bhith ag èisteachd ris. 'S toil leam fhìn mo shaoghal beag a bhith timcheall orm ann an sheo.

GW 37.27

Ach tha farsaingeachd ann, sna stoidhlichean a tha a' cordadh ribh ge-tà, no na seinneadairean – tha iad bho air feadh an t-saoghail.

TM 37.40

Oh, tha. 'S e dìreach am pop. Chan dèan mi bun no bàrr de rap is garage is, dè na gnèithean eile? Chuala mi mun deidhinn, hip hop, garage, grunge. Agus chan eil mi airson faighinn a-mach mun deidhinn nas mothà.

GW 38.07

Agus, a' toirt sin air ais a-rithist gu dà-chànanas, agus an stoidhle a bh' agaibh nuair a bha sibh ri comedy, mar eisimpleir, bhiodh sibh a' cleachdadadh an dà chànan aig an aon àm, bhiodh sibh gam measgachadh ri chèile.

TM 38.25

Oh bha, bha. Dh'fheumadh tu. Cha dèan thu, well nam latha-sa, cha dèanadh duine sam bith a bheò-shlaint le bhith a' dèanamh comedy ann an Gàidhlig a-mhàin. Cha robh e riamh air a dhèanamh. Well, chanainn-sa gun robh Tormod Ruadh ga dhèanamh, ach bha Tormod Ruadh, 's ann eadar Loch Baghasdail agus Baile a' Mhanaich a bha esan. Cha deach e gu tuath riamh.

Cailleach an Deucoin, bho na Lochan a bha esan, bha esan ann an Steòrnabhagh is aon oidhche thàinig e a dh'Uibhist, thàinig e a Bhaile a' Mhanaich, dhan gym. Chaidh e fodha.

Mar sin cha robh e na chleachdadh aig daoine èibhinn a bhith air an àrd-ùrlar a' bruidhinn ann an Gàidhlig. Ach, in fact nuair a smaointicheas mi, gus an tàinig am fear beag Leòdhasach a bha siud, Calum Ceanadach, cha robh duine a choisich a-mach à saoghal na Gàidhlig chun an àrd-ùrlar Albannach, mar gum biodh, ach e fhèin.

Nis, bha seinneadairean na b' fheàrr ann. Bha fear Aonghas MacLeòid à Sgalpaigh, bha guth fada nas fheàrr aig Aonghas, ach 's e Calum còir am prìomh fhear a choisich a-mach à saoghal na Gàidhlig, agus a chaidh gu saoghal Albannach. Agus, ged 's mi fhìn a tha ga ràdh, 's mise a' chiad fhear a bha a' feuchainn ri bhith èibhinn a choisich a-mach à saoghal na Gàidhlig chun an t-saoghal Albannaich.

Ach, nuair a rinn mi sin, dh'fheumainn tòrr dhen act, mar a chanas iad, a bhith ann am Beurla, thoradh cha robh a' mhòr-chuid dhe na daoine ann an, ge brith cà robh thu, Obar Dheathain no Inbhir Nis, no Peart, no eadhan Glaschu, cha robh cus Gàidhlig aca.

Ach bha feedhainn a bha a' tighinn dha na cèilidhean agamsa, bha buintearas aca le Gàidhlig air dòigh air choireigin. Air neo, cuiridh mi mar seo e, bha meas aca air a' Ghàidhlig. 'S dòcha nach robh, well, 's dòcha gun robh beagan Gàidhlig aig am pàrrantan, ach chan ann a' dèanamh di-meas air Gàidhlig a bha iad. So bha iad air mo thaobh, ged a bhithinn a' bruidhinn ann am Beurla. Agus leigeadh iad leam bristeadh a-staigh gu Gàidhlig ma bha mi, mar shamhla, ag atharras air Tormod Ruadh no Seumas Mhurchaidh no Iain Ruairidh Fhearchair no fear dhe na daoine a tha sin. Nan robh mi ag innse pàirt dhen stòiridh ann an Gàidhlig, bha iad a' leigeil leam. Bha iad a' leigeil leam. So, mar a thuirt thu, bha an dà chuid fillte ri chèile an-còmhnaidh.

GW 41.32

Agus, nach robh sin fhèin ga dhèanamh sònraichte?

TM 41.37

Oh bha, bha gu dearbh, bha. Agus, nach eil e neònach, luchd-sgrìobhaidh dha na pàipearan, bhiodh iadsan a' dèanamh a-mach gur e Gaelic comedian a bh' annam. Cha b' urrainn a leithid de rud a bhith ann an uair sin, you know. Ach, bha e na b' fheàrr dhaibhsan a ràdh, "Thusa, tha thu Gallda, thusa, tha thu Gàidhealach". So, am fear seo, Maclean, 's ann Gàidhealach a tha e, cha bhi e a' bruidhinn Beurla ann, agus cha robh sin fior. Cha robh sin fior.

GW 42.15

Agus bha traídisean air choireigin ann cuideachd, nach robh, airson a bhith a' dèanamh òrain macaronic, mar gum biodh, eadar an dà – òran a' b'hirthday party...

TM 42.28

Bha agus, well, dh'fheuch mi ri deannan dhiubh siud a dhèanamh mi fhìn. Oh bha siud ann. Agus, an ann an-dè no a bhòn-dè, oh aidh, bha mi ag aithris A h-uile h-aon dhem stocainnean – bu toil leamsa na h-òrain cracte tha sin mu dheidhinn duilgheadasan cumanta timcheall air an taigh.

Mo mhallachd air a' cheàrd sin
A reic thu ri mo nàbaidh

'S toil leamsa na h-òrain mun bhaile. Agus bu toil leam riamh, ged nach e bàrdachd a th' ann, bu toil leam riamh na h-òrain a rinn na seòladairean, feadhainn mar Peigi a ghràidh, agus òrain Murdani.

Gur ann air oidhche Haoine a bh' ann
Chaidh sinne sìos Corunna Street
Gun deach sinne gun smaointeachadh
A-steach dhan Anchor Bar

Mu sabaid a bh' ann eadar balaich Ghlaschu agus na Leòdhasaich, far a' bhàta. Bu toil leam riamh sin. Cha robh mi riamh a' dèanamh a-mach gur e bàrdachd mhòr bhrèagha ga choimeas ri obair Shomhairle MhicGill-Eain. Cha b' ann mar sin, ach chòrd e rium. Chòrd e rium, agus tha e a' còrdadh rium chun an latha an-diugh.

Friday: Gàidhlig

GW 00.20

So, an cuspair mu dheireadh againn, no cuspair an latha an-diugh, co-dhiù, chan e – chan eil fhios agam an e “saoghal leasachadh na Gàidhlig” a bu chòir dhomh a chur air, no dìreach saoghal nam buidhnean Gàidhlig, no – really, an t-àite a th’ aig a’ Ghàidhlig ann an inntinn nan daoine, mar gum bitheadh.

TM 00.44

Well, tha e uabhasach fhèin doirbh, a Ghòrdain, faighinn a-steach do dh’inntinn duine eile. Chan eil uinneag ann an ceann chlaiginn sam bith a chunnaic mise. Bidh mi a’ feuchainn, bidh mi a’ dèanamh tomhas an-dràsta ’s a-rithist an saoghal fhaicinn tro shùilean caractaran eile, ach air mo shon-sa, eadar an dà shùil tha seo, chan eil, chan eil gnothaichean ro ghealltanach idir.

Tha seo cho simplidh ’s cho górách ga ràdh. Bidh an saoghal ag atharrachadh, gun sgur. Agus ’s ann a dh’fheumas sinne atharrachadh còmhla riutha. Agus an saoghal a bh’ agamsa sna leth-cheudan, no an dèidh a’ chogaidh ann am Beinn na Faoghla, dh’fhalbh sin, agus thàinig seo.

Agus, bidh fhios agad fhèin nas fheàrr, co mheud taigh a ràinig sibh anns an robh daoine a’ bruidhinn Gàidhlig? Bidh sinn fortanach ma bha an dàrna leth dhiubh. Agus chan eil mise ro dhòchasach idir gun leudaich sin gu ìre sam bith.

Ach, nach eil e neònach, ’s dòcha beag air bheag, tha an sluagh a’ gabhail a-staigh nach e droch rud a th’ ann a bhith dà-chànanach. Beag air bheag, tha mar gum biodh deòir a’ tighinn a-nuas an-dràsta ’s a-rithist, agus a’ toirt nan cuimhne, tha barrachd seansa aig a’ chloinne agad ma tha dà chànan aca na mura h-eil aca ach Beurla. Agus ’s dòcha gu bheil sin a’ brosnachadh phàrantan gu bhith ga bruidhinn ris a’ chloinn. Ach, mar a thuirt mi – chan eil fhios agam an ann an-dè no a’ bhòn-dè – tha feadhainn dha na párantan, gu h-àraid an fheadhainn nach d’ fhuair foghlam ro àrd, dhan bheachd gur e zero sum game a th’ ann. Mar is mothà a th’ agad de Ghàidhlig ’s ann nas lugha a bhios agad de Bheurla. “Oh, mo chreach ’s a thàinig, feumaidh sinn, feumaidh sinn brosnachadh Alasdair gu bhith a’ bruidhinn Beurla,” thoradh tha barrachd seansa aige airson deagh obair fhaighinn. Tha tòrr dhe na párantan mar sin.

Agus, an rud nach gabh atharrachadh, chan eil atharrach air, tha uiread de chlann Gallda a-nis a’ dol dhan sgoileadh, agus tha e uabhasach doirbh dha na indigenous, dhan fheadhainn aig a bheil Gàidhlig a’ dol aig an taigh, a bhith a’ bruidhinn Gàidhlig a-muigh aig a’ phleidhe, ma tha a’ chlann tha siud a’ bruidhinn Beurla.

GW 04.04

Seadh, bha an trioblaid sin agaibh fiù ’s air ais sna fifties ann an Glaschu, bha sibh ag ràdh.

TM 04.10

Bha, bha. Bha, ach bha, mar gum biodh, loidhnichean ann agus bha crìochan ann. Chan eil fhios agam ciamar a thog sinn na riaghailtean a bha sin, ach bha fhios againn, nuair a bha thu a’ bruidhinn ris an fhear ud, an gille aig Màiri Fhraochain, dh’fhaodadh tu Gàidhlig a bhruidhinn ris. Ma bha thu a’

bruidhinn ri Francis Aloysius Carrabine, Beurla. Nuair a bha thu a' bruidhinn ri Miss Condie, an tidsear anns an sgoil, Beurla le, caran diofraichte.

So, mar sin, bha na riaghailtean soilleir an uair sin. An-diugh, chan eil fhios agam. Tha, mar gum biodh, ola is uisge. Seo an rud, tha e a' cur iongnadh ormsa, nuair a chluinneas mi daoine òga ann an sheo ga bruidhinn, neo-ar-thaing nuair a thèid mi a Thrianaid. Tha fhios agam, ma bhruidhneas mi ri duine sam bith, Raghnaid, Marion Ann, 's ann à – cha chreid mi nach ann à Cnoc Cuidhein a tha i siud – an fheadhainn a tha rud beag nas sine na dà fhichead bliadhna, chan eil teagamh ann, faodaidh tu bruidhinn riutha ann an Gàidhlig. Staff a tha nas òige na sin, tha e caran cugallach. 'S dòcha gum freagair iad thu, canaидh iad, "Hullo a Thormoid, ciamar a tha thu an-diugh?" 'S chanadh tu rudeigin gòrach, "Oh, chan eil guth ri ràdh. Tha i fuar a-muigh." Tha fhios agad gu bheil iad ga thuigsinn, ach tha mise a' faighinn vibe nach eil iad cho comhfhurtail a' bruidhinn Gàidhlig, agus cho luath 's a gheibh iad an cothrom tha iad a' tionndadh gu Beurla.

'S ann mar sin a tha ann an Roinn na Gàidhlig shìos ann an Glaschu, Pacific Quay. Ma bhruidhneas tu ri duine sam bith a tha ag obair aig a bheil cumhnant bhon BhBC, neo-ar-thaing fileanta, "Hullo, Ghòrdain, nach tu a tha a' coimhead math, nach fhada on uair sin, ghille! Dè bha an sin? Now, what were we talking about? Your proposal about a Creative Lego programme." Tha iad nas comfhurtaile a' bruidhinn Beurla, agus tha sin nàdarrach. 'S ann ann am Beurla a tha iad a' bruidhinn nam measg fhèin a-nis.

Uabhasach doirbh. Chan eil mi airson a bith dubhach, brònach an-diugh air an latha mu dheireadh. Ach chan eil fhios agam dè ghabhas dèanamh a thaobh a bhith a' brosnachadh phàrantan aig a bheil Gàidhlig gu bhith ga bruidhinn ris a' chloinne aca.

GW 07.20

Seadh. A' dèanamh rudeigin comparative a-rithist, mar gum biodh. Aig an àm a bha sineach ann an Glaschu, bha sibh ag ràdh gun robh na pàrantan aig an àm sin, mar a bha iadsan a' faicinn an t-saoghail, bha iadsan airson gum biodh an cuid chloinne ag ionnsachadh Beurla.

Bha mi dìreach a' uandraigeadh an robh for aca mu dheidhinn dè bhiodh sin a' ciallachadh dhan Ghàidhlig? Neo, an robh iad a' smaoineachadh, "Well, chan eil cothrom againn air. Feumaidh sinn sin a dhèanamh."

An robh daoine ann a bha a' faicinn gun robh cunnart ann, neo an robh iad ga fhaicinn mar chunnart nach biodh daoine a' bruidhinn Gàidhlig?

TM 08.17

Cha robh, cha robh iad ga fhaicinn idir. Bha iad na bu ghlice na pàrantan an latha an-diugh. Bha fhios aca, an rud a b' fheàrr a dhèanadh iad, iad fhèin agus a' chlann, Beurla ionnsachadh sa bhad, thoradh bha aca ri beò-shlàint a dhèanamh. Agus bha iad a' tuigsinn "Beurla, beò-shlàint, right, okay." Ach, am broinn an taighe, cha robh dad ceàrr a bhith a' bruidhinn Gàidhlig. Feadhainn dha na teaghlaichean – chanainn-sa gun robh muinntir a' Chinn a Deas agus muinntir Bharraigh, bha iadsan na b' fheàrr gu bhith a' glèidheil na Gàidhlig. Ach bha iad math ann an Uibhist cuideachd – Uibhist a Tuath – in fact bha, tha cuimhne agamsa... Cuine bha seo? Nuair a bha mi san oilthigh. Bha mise

dhan bheachd gur e a' Ghàidhlig a b' fheàrr a chuala mi eadar mo dhà chluas Gàidhlig a' Chinn a Tuath.

Agus tha cuimhne agam air a bhith ag ràdh ri daoine, "Thig crìoch air an t-saoghal, agus bidh muinntir Ghriomasaidh, bidh iadsan a' bruidhinn Gàidhlig." Chan eil fhios agam – bha mi ceàrr. Ach 's e an rud a bha mi a' feuchainn ri ràdh, anns na leth-cheudan, ann an Glaschu, bha pàrantan Gàidhealach, eileanaich, bha iad a' tuigsinn an rud a b' fheàrr a dhèanadh iad, Beurla ionnsachadh sa bhad, ach cha robh sin a' cur bacadh air Gàidhlig am broinn an taighe. Agus bha e cho nàdarrach dhaibh. Bha iad a' ràdh, "Ionnsachaidh sinn Beurla, feumaidh sinn, thoradh tha Alasdair againn, tha e airson a bhith na phoileas nuair a dh'fhàsas e an àird. Feumaidh e beagan Bheurla a bhith aige. Ach a-staigh an seo, tha e nas comfhurtaille a bhith a' bruidhinn Gàidhlig."

GW 10.26

Ach, air an taobh a-muigh cuideachd, bha taic ann gu ìre, bha Comunn Uibhist is Bharraigh ann, bha Comunn Leòdhais 's na Hearadh ann, agus aig ìre nàiseanta bha an Comunn Gàidhealach ann, so bhiodh am Mòd ann gach bliadhna is rudan mar sin, so bhiodh cùisean ann airson...

TM 10.48

... a bhith a' cleachdadadh Gàidhlig. Oh, bha, bha. Agus air Latha na Sàbaid bha agamsa ri dhol gu dà sheirbheis, seirbheis ann am Beurla sa mhadainn agus seirbheis Ghàidhlig air an oidhche aig sia uairean. Agus feumaidh mi aideachadh, cha robh cus agam mu dheidhinn Latha na Sàbaid ann, ach 's a .. coltach ris na gilleann eile a bha a' dol còmhla rium dhan sgoil Shàbaid.

Ach, seo an rud, cha robh na pàrantan sna leth-cheudan, na h-eileanaich aig an robh Gàidhlig, cha robh iad a' saoilsinn gur e droch rud a bhiodh ann a bhith ga cleachdadadh am broinn an taighe, agus a-muigh còmhla ri feadhainn a b' aithne dhaibh.

GW 11.43

Aig an drochaid.

TM 11.44

Aig an drochaid, ach cul an inntinn bha iad a' ràdh, "S fheàrr dhuinn Beurla tha seo ionnsachadh gu ceart, agus gu cliobhair, air neo chan fhaigh sinn obair." Agus sin an rud a bha iad a' dèanamh.

M' athair fhèin. Tha mi air mo mhaslachadh an-diugh nuair a chì mi an làmh-sgrìobhaidh aige. Chan eil fhios agam an robh e a' dèanamh seo nuair a bha e aig muir, ach dh'ionnsaich e fhèin mar a sgrìobhadh e ann am Beurla, agus bha e math air. Bha e uabhasach math air.

So, tha mi a' smaoineachadh gur e siud – nam bu mhì righ an t-saoghail – sin mo chomhairle do phàrantan. Dallaibh oirbh a' brosnachadh na cloinne gu bhith a' bruidhinn Beurla, thoradh an-dràsta airson greis, airson, cò aige a tha fios, ceud bliadhna gu leth a tha romhainn, bidh a' Bheurla gu math cudromach san t-saoghail. Mar a bha mi – chan ann ri fealla-dhà a bha mi nuair a thuirt mi 's dòcha gur e a b' fheàrr dhut Hindi no Mandarin ionnsachadh. Co-dhiù, tha Beurla, bidh e feumail airson ceud bliadhna gu leth a tha romhainn. So nam bithinn-sa a' ruith an t-saoghail bhithinn-sa ag ràdh ris na pàrantan sna h-eileanan, "Cho luath agus is urrainn dhuibh, ionnsaich Beurla, agus ionnsaich

Beurla cheart. Chan eil sinn airson an text speak a tha seo. Ionnsaich na riaghailtean co-cheangailte ri Beurla, agus, mas urrainn dhut, bi ga bruidhinn mar duine nàdarrach. Cha leig thu leas a bhith RP, ach dìreach los gun tuig cuideigin ann an Astràilia no ann an New Zealand thu.

Ach, aig an aon àm, a chàirdean, na diochuimhnichibh, na diochuimhnichibh a' Ghàidhlig. Tha cothroman ann, broinn an taighe, timcheall air a' chagait, a-muigh aig cèlidhean, anns an eaglais. Tha tòrr chothroman ann gu bhith a' bruidhinn Gàidhlig. So na curibh ur cùl ri Gàidhlig idir. Dèan an dà chuid." Sin mo chomhairle.

GW 14.21

Seadh. Deagh chomhairle, chanainn fhèin.

TM 14.26

Chanainn-sa. Nach eil e neònach, a-nis. Leugh mi rudeigin, Ghòrdain, san Òlaind, fhios agad, an fheadhainn, na h-immigrants a tha seo, Syrians is Afghans is a h-uile sian, well, cha chreid mi gun tug iad a-staigh uiread 's a thug A' Ghearmailt a-staigh. Chan eil ann ach dùthaich bheag. 'S e a tha an luchd-riaghlaidh a' ràdh a-nis ri na h-immigrants a tha siud, "Ionnsaichibh sibh a' chainnt againn an toiseach, cho luath agus as urrainn dhut, air neo bidh sibh air leth, bidh sibh ann an ghetto fad ur beatha. Ionnsaich Dùitseach, ach aig an aon àm cum grèim teann air a' chainnt agaibh fhèin". Tha mi a' creidsinn bu bheil sin ciallach.

GW 15.21

Seadh, well, sin an obair a bh' agam fhèin ann am Birmingham as dèidh dhomh ceumnachadh.

Well, poille, bha mi ann an Japan, a' teagasc Beurla, agus an uair sin thàinig mi air ais agus bha mi ag obair ann an Industrial Language Training fad ceithir no còig bliadhna ann am Birmingham. Agus, so 's e na Pakistanis, na Bangladeshis, na h-Innseanaich a bha ag obair sna foundries agus rudan mar sin.

Agus, an obair a bh' agamsa, 's e a bhith a' toirt Beurla dhaibh. Ach aig an aon àm agus a bha sinn ag ràdh "Tha còir agaibh Beurla ionnsachadh, chan eil sin a' ciallachadh nach bu chòir dhuibh an cànan agaibh fhèin a chumail a' dol". So, sin agaibh mise ag innse dha na h-Innseanaich gun robh còir acasan an cainnt mhàthaireil a chumail a' dol ged nach robh cànan mo mhàthar agam fhèin. 'S ann mar sin a thòisich mi fhèin air Gàidhlig ionnsachadh.

TM 16.21

Well, nach eil e neònach, ach chanainn-sa gur e deagh chomhairle a tha siud. Feuch, chionn 's gur ann san rioghachd-sa a tha thu a' fuireach, feumaidh tu cainnt an t-sluaigh ionnsachadh. Mar as Iuaithe 's ann nas fheàrr. Ach chan eil sin a' ciallachadh gu bheil thu a' trèigsinn na Gàidhlig no a' cànan agaibh fhèin. Feumaidh sibh siud a chumail a' dol.

Agus, nam bharail-sa, agus cha tàinig an reusan thugam fhathast airson m' inntinn atharrachdainn, tha mi a' smaoineachadh nach e droch rud a th' ann dà cànan aig a' char as lugha a bhith agad. 'S dòcha gum biodh e na b' fheàrr trì no ceithir no còig, ach tha mi a' smaointinn gu bheil dà math gu leòr dhomhsa.

Thoradh, well, chan eil agad ach coimhead air mac Mhàiri Chaluim, 's e am bumalair sna Stàitean Aonaichte, Dòmhnull Trump. Nis, 's cinnteach gum faigh e an nomination airson na Republicans, ach nuair a bhios tu a' coimhead air na daoine, aithnichidh tu, well 's e mo bheachd-sa nuair a bhios mi a' coimhead air na daoine is iad a' crathadh bratach "The Donald's the man", aithnichidh tu gu bheil iad, chan e dìreach gu bheil iad aineolach, ach gu bheil iad air leth, agus 's e is coireach – chan eil aca ach aon chànan. Tha sin gam fàgail, mar gum biodh, ann an ghetto Beurla.

Agus tòrr dhan fheadhainn a tha airson Dòmhnull còir, 's ann mar sin a tha iad. Tha iad gu h-ìseal measg an t-sluagh, tha an caothach orra, tha iad a' faicinn gu bheil an obair a' falbh gu ruige Mexico agus air feadh an t-saoghal – globalisation, liberal capitalism – tha sin gam fàgail fiathaich, agus tha iad a' smaointinn, mac Mhàiri Chaluim, our town..., gur esan an slànaighear. Ach, a' coimhead orra, nam bharail-sa, chanainn-sa, bha iad air a bhith na b' fheàrr nan robh iad air an togail ann an California a Deas, no Florida, no Texas even, agus Spàinntis a bhith aca cuideachd. Cha bhiodh iad cho fiathaich.

So, tha cunnart ann a bhith a' dèligeadh le aon chànan a-mhàin. Tha e gad fhàgail, tha thu nas buaitiche a bhith fiathaich agus a bhith air do dhalladh air an dealbh as fharsaing. Ma tha càin eile agad tha an saoghal a' sìor leudachadh a-muigh, agus faodaidh tu roghainn a dhèanamh, faodaidh tu deagh thaghadh a dhèanamh.

GW 19.58

Chunna mi litir sa phàipear. Mar as trice, nuair a bhios daoine a' bruidhinn mu dheidhinn na daoine a tha a' tighinn a-staigh dhan dùthaich, tha iad ag ràdh, "Well, feumaidh iad Beurla ionnsachadh". Sin an aon rud a dh'fheumas iad a dhèanamh. Sin an rud as cudromaire.

Ach an litir a bha seo, 's ann mu dheidhinn immigrants a bha, agus an rud a bha an duine seo ag ràdh, "That's not fair. These people, they've got two languages, because they learn English as well, so they've got an advantage over us."

TM 20.35

Tough, tough.

GW 20.38

Sin an rud a th' ann mu dheidhinn a' Bheurla, ann an dòigh. 'S e double-edged sword a th' ann. Ma chaidh do thogail leis a' Bheurla, tha e doirbh dhut cànan eile ionnsachadh.

TM 20.48

Oh, tha, tha fhios agam air an sin. Agus tha an aon rud ann an Ameireagaidh. Tha iadsan, 's dòcha gu bheil iadsan nas miosa na sinne. Ach na Sasannaich gu h-àraid, chan ionnsaich iad cànan sam bith eile.

Tha mise a' smaoineachadh gu bheil iad neo-chinnteach asta fhèin. Agus ma tha thu neo-chinnteach tha thu a' greimeachadh ri rud àraid, agus na Sasannaich agus na h-imperialists agus an fheadhainn a tha fhathast a' bruidhinn mu dheidhinn, gum bitheamaid na b' fheàrr taobh a-muigh na Roinn Eòrpa,

tha iadsan, tha iad a' beirsinn air a' bheachd-smuain "Well, tha sinn nas fheàrr na daoine sam bith eile, agus seall an eachdraidh a th' agaínn – Agincourt, Waterloo – nach math a rinn sinn."

Saoilidh mise gu bheil daoine a tha cho dèidheil air Beurla, gu bheil iad neo-chinnteach. 'S e rudeigin ris a ghreimich iad, agus tha e doirbh a ràdh, tha e doirbh a dhol às àicheadh, 's e cànan gu math cudromach a th' ann an latha an-diugh, gun teagamh. Tha e shuas an sin còmhla ri Spàinnis, 's dòcha Portuguese, chan eil fhios agam mu dheidhinn Brazil. Ach co-dhiù, mar a bha mi a' ràdh an-dè is a' bhòn-dè, cum do shùil air taobh an ear, Hindi agus Mandarin. Sin na rudan a tha a' dol a chunntas, ann an ùine nach bi fada.

Ach na daoine a bha a' ràdh, "That's not fair, tha dà chànan aca", it's your problem. Chan eil atharrachadh air an sin. So, tha iadsan a' smaointinn gu bheil iad, gu bheil rudeigin a dhìth nam beatha. Chan eil aca ach Beurla.

GW 22.54

Taobh na Gàidhlig ge-tà, tha feadhainn ann a tha ag ràdh, "Tha dà-chànanas ceart gu leòr, ach an e dà-chànanas dha-rìreabh a th' ann mas e dìreach na Gàidheil fhèin a tha ag ionnsachadh dà chànan?"

TM 23.12

'S ann mar sin a bha mise a' smaointinn, uair dhen robh saoghal. Bha mi a' ràdh, 's dòcha dìreach na Gàidheil fhèin. A bheil àite ann do dhaoine, mar a tha thu fhèin a rinn ionnsachadh?, agus bha mi a ràdh "Umm", eadhon chun an latha an-diugh. Aithnidh mi an fheadhainn a dh'ionnsaich a' Ghàidhlig, agus an fheadhainn a fhuair i aig glùn am màthair. Tha diofar ann, tha diofar ann, agus – ach 's fheàrr dhomh sgur a' smaointinn mar sin.

Stòiridh bheag agam dhut. 'Sa bhliadhna trì fichead 's a h-aon – bha mi dìreach cuidheas on oilthigh – agus an samhradh a bha seo, bha cead dràibhidh agam, agus fhuair mi càr beag, bhan a bh' ann, Austin Van, ann am Port Rìgh, agus chaidh mi suas gu Stafainn far an robh colaiste pìobaireachd a' glèidheil campa samhraidh. Agus bha job agam mar junior instructor. Cha robh ann ach dìreach leisgeul airson smùid a ghabhail a h-uile h-oidhche. Chòrd e rium uabhasach math.

Is an fheadhainn a bha na luchd-ionnsachaidh. Nam measg bha fear de mhuinnitir Bheàrnaraigh, fear Dr John MacAskill – tha e marbh an-diugh, John – is bha fear eile ann, Robin Bennett. Tha esan sna Hearadh fhathast. Rinn e glè mhath.

Ach, nam measg, bha fear uabhasach inntinneach. 'S e George Hertz an t-ainm a bh' air. Agus abair eachdraidh a bh' aigesan. Bha a mhàthair à Czechoslovakia, no cha b' ann, bha i à Ruisia, agus a h-athair à Vienna, agus 's e lùdhaich a bh' annta, teaghlaich lùdhach. Agus timcheall air sia-deug thar fhichead, dìreach nuair a bha Hitler a' feuchainn air Sudetenland, theich iad a-mach às Austria, agus chaidh iad gu ruige Oxford. Goirid as dèidh siud, għluais am bodach – tha mi a' smaoineachadh gur e lecturer air choireigin a bha sa bhodach – għluais e gu Chicago. So, Seòras, nuair a bha e a' bruidhinn Beurla, bha sinne a' smaoineachadh gur e gangster a bh' ann. "Hey, man, how're you doing? Listen, what is this thing, this throw on D?"

Agus, co-dhiù, fhuair sinn a-mach, 's e duine sgrathail fhèin tapaidh a bh' ann. Tha mi a' smaointinn gun robh trì doctorate – bha dà dhoctorate aige. Agus an obair a bh' aige – bheil fhios agad, na glainneachan phlastaig a chì thu, air feadh an àite, 's e a' chompanaидh dha robh esan ag obair a bha a' dèanamh sin san Fhraing. Agus bha esan os cionn na Roinn Èòrpa, CEO, chan eil fhios agam dè an t-ainm a bh' air a' chompanaидh, ach bha iad mòr mòr, air feadh an t-saoghal. Bha iad san Roinn Èòrpa, bha iad ann am Ameireaga a Tuath. Agus bha e cho beartach, bha Seòras.

Ach an rud ma dheidhinn, bha e cho fileanta sna càinain. Thoradh, bha e neònach, nuair a bhiodh aige ri bhith cunntas, bhiodh e ga dhèanamh sa Ghearmailtis – "Ein, zwei, drei" – mar sin a bha e ga dhèanamh. Thogadh e am fòn, agus bhruidhneadh e ann an Suainis, agus an uair sin ann am Fraingis, agus nuair a chuireadh e sìos am fòn "Now what were we talking about, guys. Yeah, we were talking about this Gaelic."

Agus bhruidhneadh e mu Ghàidhlig, agus 's e a thuirt e, "Well, Norm, you've been broadcasting in Gaelic?"

"Oh, yeah, I've done a few wee interviews. I'm pretty good, you know."

Ars esan, "Well, man, you won't have real Gaelic revival until somebody like me, who talks like me, is reading the news in Gaelic."

Ars mise, "Cil-onaidh".

'S dòcha gu bheil e ceart. 'S dòcha gu bheil e ceart. Feumaidh sinn aideachadh gu bheil àite ann dhan fheadhainn, dhan luchd-ionnsachaidh. Agus tha mi a' smaoineachadh gu bheil àite – tha feadhainn dhe na daoine a chì mi air sgàthan an telebhisein, 's e an t-ionnsachadh a rinn iad. So, bha Seòras Hertz, an t-lùdhach, bha e ceart. Bha Tormod còir, bha e ceàrr.

Bha mise a' smaointinn, nam biodh tu airson a bhith nad chraoladair, dh'fheumadh tu a bhith a' bruidhinn Gàidhlig mar a bhiodh, dè chanas tu, am fear a bhàsaich am bliadhna, Màrtainn Dòmhnullach. Bha deagh Ghàidhlig aig Màrtainn. Air neo feumaidh tu bhith ga bruidhinn mar Seonaidh Ailig Mac a' Phearsain à Taigh a' Gheàrraiddh, Uibhist a Tuath, deagh Ghàidhlig, air neo Niall Friseil. Sin na daoine a chuir Fred MacAulay air fhastadh timcheall air. Is bha iad math. Agus bha mise dhen bheachd an uair ud, mura biodh tu cho fileanta ris na h-uaislean a tha siud, cha bhiodh cothrom agad gnothach a ghabhail ri saoghal na Gàidhlig.

GW 29.36

Ach tha diofar ann ge-tà, mar a thuirt sibh, agus dè mu dheidhinn blas?

TM 29.41

Well, blas an toiseach. Bha e a' dèanamh dragh dhomh. Bha e a' dèanamh dragh dhomh. A' chiad triop a chuala mi Gàidhlig Ghlaschu, "Ciamar a tha, a' bhalaich? A bheil thu alright an-diugh?", bha e a' dèanamh rud beag de dhragh dhomh. Chan eil an-diugh. Chan eil an-diugh.

Tha mise a' coimhead air blas direach mar dhath nan sùilean aig daoine. Feadhainn dhiubh, tha iad donn, feadhainn dhiubh tha iad liath, feadhainn dhiubh tha iad gorm. Chan eil e really gu diofar, fhad 's a nì mi a-mach dè tha iad a' ràdh. Nis, tha cunnart ann le luchd-ionnsachaidh, agus tha mise ga

fhaighinn cuideachd leis an Eadailtis an-dràsta. A' feuchainn ri bhith fileanta, daoine mar a tha mise, cil-onaidh mar a tha mise, a' feuchainn ri Eadailtis a bhruidhinn, tha mi a' bruidhinn ro chliobhair.

Agus mas fhìor tha mi a' toirt seòrsa de chreideis gu bheil mi cho fileanta, agus curidh mi geall nach tuig na h-Eadailtich mi. Tha mi a' bruidhinn ro luath, agus an fheadhainn a dh'ionnsaich Gàidhlig, feadhainn dhiubh, pàirt dhiubh, tha iad a' bruidhinn ro luath, agus tha iad a' smaintinn, "Well, ma bhruidhneas mi luath bidh daoine a' smainteachadh gu bheil mi cho fileanta." Chan e an aon rud a th' ann am "fileanta" agus "cabhag". So, mar sin, ma tha iad....

Nis, tha nighean òg ann. Boireannach òg. Tha i math gu bruidhinn. Cluinnidh mi i ann am Beurla is ann an Gàidhlig. Tè Dhòmhnullach, cha chreid mi nach ann à Eilear Nis a tha i. Ach 's e an t-ionnsachadh a rinn i, agus bidh i a' bruidhinn mun t-sìde, mun aimsir. Kirsty Macdonald an t-ainm a th' oirre. Nis, tha ise math. Nuair a bhios i a' bruidhinn Gàidhlig tha i ga ghabhail air a socair, agus tuigidh tu a h-uile facal a tha i ag ràdh. When she's reading the weather forecast in English, again the same deliberate tones. Tuigidh an t-amadan as mothà a th' ann dè, cò air a tha i a-mach.

So, feumaidh an aire a thoirt ma tha thu ag ionnsachadh cainnt mar sin gun a bhith a' feuchainn ri bhith "cool dude" agus a' bruidhinn cho cabhagach.

GW 32.32

Seadh. Seadh. Agus, chan eil fhios agam a bheil mòran ri ràdh – 's dòcha nach eil – dè mu dheidhinn na buidhnean ùra, ma tha? Bha An Comunn ann, bho thùs. Ach an uair sin, thàinig Comann na Gàidhlig, Comunn an luchd-ionnsachaidh, Comhairle nan Sgoiltean Àraich, Comann nam Pàrant, agus mar sin air adhart, sna h-eighties agus na nineties. A bheil iadsan air diofar a dhèanamh?

TM 33.04

A dh'innse na firinn, Ghòrdain, chan aithne dhomh dad mun deidhinn. Na comainn ùra a tha seo.

Bha thu ceart. Bha An Comunn Gàidhealach ann nam latha-sa. Agus am fear a b' àirde dhiubh ann an shin 's e fear Leòdhasach, Thomson a bh' air. Bha e na mhaighstir sgoile san Òban. Gille beag tapaidh. Agus an rùnaire, 's e Hearach a bh' ann, agus bha e sa cho-thional againne ann an St Columba's, Copland Road. Bhiodh e a' preseantadh ann an shin. Calum MacLeod, an t-ainm a bh' air. B' aithne dhomh an fheadhainn a bha siud.

Ach, cha robh An Comunn, well, cha robh e a' tighinn a-staigh dham bheatha-sa ach uair sa bhliadhna, nuair a bha am Mòd Rìoghail ann. Bha ùidh aig a h-uile duine ann an shin, dhe na Gàidheil. Ach a thaobh Comann na Gàidhlig agus na buidhnean eile air an tug thu iomradh chan aithnte dhomh sòn mun deidhinn. Chan eil fhios agam a bheil iad a' dèanamh feum, no – air cùl m' inntinn 's dòcha gum bi fheadhainn a' cantail, "Oh, well, tha iad math gu leòr dha na daoine a tha nam buill dhe na comainn sin", ach air feadh an t-sluaigh cò aige tha fios?

'S dòcha gu bheil thu fhèin a' dèanamh tomhas an-dràsta. Tha thu a' faighinn a-mach dè cho èifeachdach 's a tha iad, ach chan eil fhios agam an-dràsta a bheil iad gu feum, gus nach eil.

GW 34.53

So, aig ìre na coimhersnachd, mar gum bitheadh...

TM 34.56

Chan eil fhios agam a bheil iad a' dèanamh dragh do dhuine sam bith eile. Chan eil fhios agam a bheil.

GW 35.05

'S dòcha gur e deagh chomharra a tha sin, chan eil fhios agam.

TM 35.08

'S dòcha, chan eil fhios agam. Chan eil fhios agam.

Dìreach, airson a' Ghàidhlig a dhèanamh nas beòthail, agus gum biodh tarraing ann do dhaoine airson a bhith ga h-ionnsachadh – nis, tha tòrr ga h-ionnsachadh o chionn tha iad a' faicinn cànan mar phàirt dhen identity aca. Tha iad a' smaointinn, "Well, chan eil mi ro thoilichte mar a tha mi an-dràsta ag obair ann an – coma dè an obair agad, ach – ag obair ann an sgoil, no ag obair ann an call centre. Chan eil mi air mo dhòigh idir." Is an uair sin, dìreach latha brèagha air choireigin, gheibh iad a-mach mu dheidhinn Gàidhlig.

Agus tha feedhainn dhiubh air an tarraing gu Gàidhlig, o chionn tha cothrom ann a bhith nad dhuine eile. Agus tha iad, tha iad ga h-ionnsachadh, ach chan eil, mar gum biodh, an cultar aca. Tha dìreach na faclan aca, mar a tha mise le Eadaitis. Bidh na faclan agam, neo-ar-thaing tha mi math gu actadh agus bidh mi a' ràdh, "Scusa mi, Senorina, vuole mangiare". Cho cinnteach, cha bhi mi nam Eadailteach gu bràth. Chan eil mi ag iarraidh a bhith. 'S e dìreach, bha mise riamh a' coimhead air cànanan mar ionnsramaid far am feudar dhomh eòlas air daoine eile. Sin uile. Sin uile.

Ach, feumaidh tu an aire a thoirt, an fheadhainn a tha a' tighinn a-staigh gu saoghal na Gàidhlig, tha tòrr dhiubh, chan eil iad mar gum biodh nan seasamh air cloich, air glugaman. Chan eil iad stèidhete ann.

Tha feedhainn eile ann, agus tha iad airson iad fhèin a bhàthadh ann an Gàidhlig, agus 's toil leamsa an fheadhainn a bhios a' feuchainn ri leughadh agus a' sgrìobhadh ann an Gàidhlig. Sin far a bheil e doirbh, neo-ar-thaing tha e furasta gu leòr cil-onaidh mar a tha mi fhìn a ràdh, "Che bella cosa na jurnata 'e sole". Chan eil e a' ciallachdainn sòn, really. Chan eil ann ach dìreach mise ag actadh. Agus 's e an rud a tha mi a' feuchainn ri ràdh – 's fior thoil leam agus tha moladh mòr agam air daoine a dh'ionnsacheas mar a sgrìobhas iad, 's mar a leughas iad Gàidhlig. Thoradh, thuirt mi mar-thà, agus tha mi cho cinnteach ris a' bhàs, mura bi comas leughaidh is comas sgrìobhaidh aig sluagh, bàsaichidh cainnt am beòil. Thèid e bhàs.

Sin an aon rud a tha a' cumail cainntean, cànanan, beò. Cuimhne agam, chuala mi stòiridh a bha seo, às na ficheadan, ann am Prague. Agus tha mi a' smaoineachadh gur ann an uair sin, an robh iad saor às an Austro-Hungarian Empire? 'S dòcha gun robh. Na Slavs aig a' cheann a tuath, an dèidh a' chiad chogaidh. Co-dhiù, bha suail de dh'fhaireachdaiann anns an dùthaich gum bu chòir dhomh an cànan Czech a thogail. Agus aig coinneamh ann am Prague, ann an rùm, ann an clòsaid a bh' ann, bha còignear aig an robh Czech mar chainnt mhàthaireil. 'S e cainnt am màthar a bh' aca.

Agus am fear a bh' ann, chan eil cuimhne agam dè an t-ainm a bh' air. Choimhead e air an doras. Ars esan ris an fheadhainn a bha timcheall air a' bhòrd, "Nan tigeadh Serb no Gearmailteach cracte le

boma na làimh, nan sprèigheadh e boma nar measg, rachadh ar cànan bas, cha bhiodh guth tuilleadh air.” A dh’aindeoin sin, chùm iad orra. Cha tàinig mad bomber, agus a-nis ann an Czechoslovakia tha a h-uile duine ga bruidhinn.

Gabhaidh a dhèanamh, agus tha eisimpleir eile againn ann an Israel. Dh’ionnsaich iadsan Eabhra gun dragh sam bith. Feumaidh meas mòr no miann aig an luchd-riaghlaidh airson cànan a bhrosnachadh. Feumaidh tòrr airgid a bhith ann. Well, tha mi a’ smaintinn, ’s dòcha gu bheil sin againn. ’S iomadh rud a chì am fear is fhaide beò. Thig air ais an ceann deich bliadhna. Bidh mise san t-sèithear ’s mi a’ ràdh “bha mi ceart”.

GW 40.57

Agus bha sibh ag ràdh cuideachd gu bheil an cultar cudromach, a bharrachd air a’ chànan fhèin.

TM 41.05

’S e rud a tha cho doirbh, greimeachadh ri cultar an latha an-diugh. Bha e furasta gu leòr nuair a bha mise a’ fàs an àird. Dh’aithnicheadh tu an cultar. Cha robh sna daoine ach peasant farmers, agus bha iad ag obair cruaidh agus bha iad tapaidh.

Seanair a’ ghille ud a bha a-staigh, tha mi a’ creidsinn seanair Gillian a bha a-staigh, bha iad uile ag obair cruaidh, agus an rud bu chudromaiche mu dheidhinn a’ chultair aca, ’s e cobhair. Bhiodh iad a’ cuideachainn a chèile. Bhiodh iad a’ cuideachainn a chèile. Cha shaoileadh iad dad sgioba buain mònadh a chur a-mach gu banntrach shìos an rathad, thoradh bha fios aca gun robh iad uile san aon staid. Agus mur an toireadh tu cuideachadh no taic dha do nàbaidhean bha thu ullamh. Bha thu ullamh.

Sin an rud bu mhòtha. Nis, dh’atharraich an cultar. Tha mi a’ smaoineachadh gur ann à Ameireaga a thàinig e, individualism a tha seo. Mi-fhìn, mi-fhìn. Dèan cinnteach gu bheil thu fhèin math gu leòr mun toir thu sùil air do nàbaidh. Agus coma ged a bhios an tè a tha shìos an rathad ann an shin ann an dòrainn is ann an staing. Chan e do ghnothach-sa a bhith a’ dol na measg. Fuirich far a bheil thu, agus dèan cinnteach gu bheil a’ chlann agadsa a’ faighinn gu leòr de bhiadh. Agus tha rud dhan sin san t-sluagh againne an-dràsta.

Chan eil duine as aithne dhomhsa a chuireadh a chùl ri airgead san t-saoghal a tha seo. Tha iad uile làn capitalist ach mi-fhìn, ’s dòcha. An aon duine nach eil dragh aige mu airgead.

Ach, tha an cultar air atharrachadh. Agus uair dhen robh an saoghal bhithinn a’ smaintinn gur e am buadh as motha a bh’ againn mar Ghàidheil gun robh sinn math ann am blàr. Oh bha, bha sinn foghainteach. Na saighdearan Gàidhealach, cho math ’s bha iad gu sabaid. Ach a-nis, tha mi a’ smaintinn gun robh còirneal O’ Neill, fear Èireannach a bha gar toirt timcheall air Èirinn. Cuine a bh’ ann – còrr is dà fhichead bliadhna bhuaithe – bha esan ag ràdh gur e coibhneas, coibhneas, sin agad am buadh a b’ fheàrr a bh’ aig na Ceiltich. Agus tha mi a’ smaoineachadh gu bheil e ceart.

So, mar sin, tha rud beag dhan sin a’ dol fhathast an seo. Chan eil agad ach a ràdh, mar shamhla – cuimhne agad gun robh mi ag innse dhut mun bhàrdachd a sgrìobh mi do Phòl – chan eil agad ach a ràdh ann an Uibhist, “Tha Ronald John, tha e a’ ruith ann an Lunnaidh sa mharathon agus tha sinn ag

iarraidh beagan airgid thoradh tha e ga chur airson pancreatic cancer no rudeigin”, gheibh thu – tha iad math. Tha iad uabhasach math.

Cuiridh mi geall gum bi sluagh mòr ann an Càirinis air an ath mhìos airson Eilidh. Disathairne sa chaidh bha Peigi agus boireannaich eile, agus fireannaich, ’s ann a bha iad a’ sgioblachadh a’ Chala ann am Baile a’ Mhanaich. Thionndaidh iad a-mach nam ficheadan airson siud a dhèanamh.

So, tha rud beag de chobhair a’ dol fhathast sa chultar againn, ach tha e ag atharrachadh agus, mar a thuirt mi, tha e mar gum biodh tu a’ feuchainn ri greimeachadh ri quicksilver, mercury, grèim fhaighinn air cultar. Ach tha e cudromach cuideachd.

Agus an rud as mothà, tha mise a’ smaointinn, a tha a’ cunntas nam bheatha, ’s e sloinneadh, obair sloinneadh. Ma tha sloinneadh agad chan urrainn dhut a dhol às àicheadh. Sin an seòrsa duine a th’ annad. ’S dòcha gum feuch thu, mar a bha mise a’ feuchainn nuair a bha mi beag, a bhith nad chowboy, air neo, nuair a bha mi beagan na bu shine bhithinn ag innse do dhaoine gur e helicopter pilot a bh’ annam. Ach aig bonn mo chridhe bha fhios agam gur e Tormod an gille aig Peigi bheag, nighean Anna nighean Aonghais ’ic Iain Mhòir a bh’ annam. Chan eil atharrachadh air.

Agus tha sin cudromach an-diugh, cudromach an-diugh. Fòghnaidh mi na psycho-babble a tha seo, “Find your inner being. Centre yourself.” Well, o chionn ’s gu bheil sloinneadh agam tha mise an còmhnaidh an teis meadhan Tormod, agus tha mi gu math taingeil gu bheil, cuideachd. Tha mi gu math taingeil. Chan eil mi air mo bhuaireadh a bhith a’ feuchainn ri bhith – cuideigin eile. Tha fhios agam cò th’ annam.

Tha pìosan dhìom as toil leam. Tha pìosan dhìom a tha gu math lag, ach bidh mi a’ dèanamh mo dhìcheall airson na rudan a th’ annam a tha meadhanach math, ’s iad a leudachadh, agus na rudan a tha mi ag aithneachadh an taobh a-staigh dhìom nach eil cho làidir, tha mi a’ dèanamh mo dhìcheall airson iad siud a dhèanamh rud beag nas fheàrr. Agus chan eil dòigh eile air. Sin agad crìoch àraig Thormoid.

GW 47.55

Math fhèin. Taing mhòr, a Thormoid, bha sin dìreach – sin mar a thòisich sinn Diluain. A’ chiad rud a thuirt sibh – tha fios aig a h-uile Gàidheal cò e.

TM 48.09

Tha, tha.

GW 48.12

Agus ’s e an sloinneadh a tha ga innse dha.

TM 48.16

Tha mise cho taingeil, tha gu dearbh, thoradh, well, a h-uile h-oidhche bidh mi a’ gabhail m’ ùrnaigh. Chan eil fhios agam a bheil an cruithear air a bhith ag èisteachd rium, ach tha mi a’ gabhail m’ ùrnaigh agus ag iarraidh maitheanas om mhàthair, agus om athair, ged nach robh mi ro eòlach airson. Ach tha iad nam bheatha fad an t-siubhail, tha iad nam bheatha fad an t-siubhail.

Nis, mar a tha fhios agad, tha mi a' dol a dhèanamh òraid aig fèis litreachail ann an Ulapul. Agus mun tèid mi air an àrd-ùrlar, bidh mi gam cheasnachadh fhìn. Canaidh mi, "Nis, a bheil fhios agad, a Thormoid, cò th' annad? Tha, an gille aig Peigi..." Agus sin mi, mar gum biodh, stèidhte. Thèid mi air an àrd-ùrlar, agus bruidhnidh mi, agus 's dòcha gun còrd e ris na daoine, 's dòcha nach còrd, ach 's ann bhuamsa a thig na faclan.

Mar a thuirt am Muileach,

Òlaibh i buileach, tha tuilleadh san stòp
Deoch slàinte nam Muileach len cruinneagan bòidheach
Òlaibh i buileach, tha tuilleadh san stòp

Am Muile nan garbh-bheann, tha fiadh anns a' gharbhlaich
Tha gobhar is meanachruidh is sealgairean eòin ann
Òlaibh i buileach, tha tuilleadh san stòp

Slàinte mhath, a Ghòrdain.

GW 49.59

Fantastic. Math dha-rìreabh. Taing mhòr, mhòr, mhòr. 'S e seachdain air leth a th' air a bhith agamsa, dìreach a bhith a' còmhradh leibh agus a bhith ag ionnsachadh bhuaibh. Tha sibh air tòrr ionnsachadh dhomhsa tron t-seachdain, Thormoid, agus tha mi gu math taingeil airson sin.

TM 50.24

Tha thu dì-beathte, uair sam bith. Ceist sam bith a th' agad, thig thugam an seo. Agus 's e mo ghuidhe cuideachd, ma tha gille òg a-muigh an siud as toil leis a bhith a' seinn, ma ghabhas e nòisean dha na seann òrain a sheall mise dhuibh air tèip, faodaidh e faighinn in touch riut agus cuir e-mail thugam, no..

GW 50.56

Well, chan eil mise cho òg, ach bu toil leam fhèin feadhainn dhiubh ionnsachadh.

TM 50.59

Well, tha iad glè mhath. Chan eil iad aig duine sam bith a-nis. Chan eil. Am fear mu dheireadh a bha siud, tha mi a' smaoineachadh gur e Florag 'ain Tàilleir a thug dhomh e. Agus fhuair i fhèin e bho Anna Johnson sa ghleann ann am Bèagh a' Chaisteil. Cuiridh mi geall nach eil Muileach beò an-diugh as aithne dha an t-òran sin. Òlaibh i buileach, tha tuilleadh san stòp, Muile nan garbh-bheann. Agus feadhainn eile cuideachd. Mo nighean dubh, tha bòidheach dubh, mo nighean dubh na trèig mi, ged theireadh càch gu bheil thu dubh. Na h-òrain a tha siud. Agus, O 's toil 's gur ro thoil leam, an t-òran Sgitheanach. Chan eil duine gan seinn an-diugh.

So, ma tha cuideigin a-muigh an sin, ma tha cuideigin a chì am film agad mu dheireadh thall, bhithinn gu math deònach na faclan agus na fuinn a chur thuige, thoradh fhuair mise an asgaidh iad, agus duine sam bith aig a bheil ùidh asta, gheibh iadsan an asgaidh iad cuideachd.

GW 52.14

Well, sin againn an cultar Gàidhealach